~ A Puritan Sermon on Repentance ~



Earail Dhurachdach
do pheacaich neo-iompaichte

"Deanaibh-sa aithreachas agus bithibh air bhur n-iompachadh, chum gu'm bi bhur peacanna air an glanadh as." Gniomh. 3:19

le

Joseph Alleine

Prefixed with An Roi'radh le Rev. Richard Baxter

Originally published
1672

1860 Edition in Gaelic

A Hail & Fire REPRINT
www.hailandfire.com

"**Earail Dhurachdach do Pheacaich Neo-Iompaichte**," by Joseph Alleine, originally published 1672, to which is prefixed An Roi'radh le Richard Baxter, the 1860 Edition, is here reprinted by Hail & Fire, 2009.

Category: Religion, Christian, Sermon on Conversion

Joseph Alleine, D.D.
1634-1668, English Puritan Divine.

Richard Baxter, D.D.
1615-1691, English Puritan Divine.

Copyright 2009 Hail & Fire

This book is made available online in downloadable PDF format from www.hailandfire.com and may be downloaded for non-profit, personal uses only.

If you have obtained this book in PDF format, please be notified that it is not licensed for printing, distribution or re-publication in any form whatsoever without prior written consent from Hail & Fire.

A URL link to Hail & Fire (www.hailandfire.com) may be freely published in order to encourage online reading of this book.

NOTE: The downloadable edition may be a partial or a 'working file,' and may contain blank pages to protect the content. Books of this sort are 'in progress works' and will be made available as paperback reprints. In the interim, please enjoy watching the work progress and reading these important and historic works.

~

See the many companion volumes under Protestant Books & Sermons online at www.hailandfire.com:

"Grace Abounding to the Chief of Sinners, in a faithful account of the life and death of John Bunyan"
by John Bunyan (1628-1688)

"Spiritual Perfection Unfolded and Enforced " (Originally published 1699; 1848 Edition)
William Bates, D.D.

"The Benefit of Christ's Death" (Originally published 1543 in Italian; English & Italian Editions)
by Aonio Paleario, Protestant Martyr

"Religious Affections"
by Jonathan Edwards (1703-1758)

"The Forgiveness of Sin"
by John Owen, D.D. (1616-1683, English Puritan & Chancellor of Oxford University)

"The Works of the English Reformers: John Frith" (1831 Edition)
by John Frith (1503-1533)

"Holy Living and Dying" together with **"Prayers containing the Whole Duty of a Christian"** (Originally published 1651; 1851 Edition)
by Rev. Jeremy Taylor (1613-1667, Chaplain to King Charles I)

"The Almost Christian Discovered or the False Professor Tried and Cast" (Originally published 1661; 1819 Edition)
by Matthew Mead

"Select Practical Writings," Sermons and commentary on Galatians, Hebrews, Ephesians, Philippians, etc. & **"A Vindication of the Protestant Doctrine of Justification**
Its Preachers & Professors, from the Unjust Charge of Antinomianism" (Originally published in 1692;1845 Edition)
by John Frith Rev. Robert Traill (1642-1716)

"A Divine Cordial" or **"The Transcendent Privilege of those that Love God, and are Savingly Called"** (Originally published 1657; 1838 Edition)
by Thomas Watson, D.D. (1620 - 1686)

~

PREFACE

to the Protestant Reprint of

"**Earail Dhurachdach do Pheacaich Neo-Iompaichte**," by Joseph Alleine, originally published 1672, to which is prefixed An Roi'radh le Richard Baxter**,** 1860 Edition in Gaelic

by Hail & Fire

PROTESTANT SERMONS, EXHORTATIONS & BOOKS ON HOLY LIVING

In this age of ecumenism, when the lines have been blurred between the two major denominations and the world itself speaks of the Pope as head of all Christians, we join with so many to call to remembrance the truth of the Gospel and of those who, in times past, both well-known and unknown, answered a good answer for a pure and Gospel faith against the traditions of men. The intention of Hail & Fire is to make available Gospel and Reformed Theology in the works, sermons, exhortations, prayers, and apologetics of those who have maintained the Gospel and expounded upon the Scripture as the Eternal Word of God and the sole authority in Christian doctrine.

EARAIL
DHURACHDACH

DO

PHEACAICH NEO-IOMPAICHTE;

LE

IOSEPH ALLEINE.

EADAR-THEANGAICHTE O 'N BHEURLA, LE

I. SMITH, D.D.

A NIS AIR A LEASACHADH.

"*Deanaibh-sa aithreachas agus bithibh air bhur n-iompachadh, chum gu'm bi bhur peacanna air an glanadh as.*"—GNIOMH. iii. 19.

EDINBURGH:
PRINTED BY D. R. COLLIE & SON.

MDCCCLX.

AN CLAR-INNSIDH.

Taobh-duilleig

Do'n Leughadair..... 5

An Roi'radh le R. Baxter..... 6

Cuire teann do pheacaich gu pilleadh ri Dia chum bhi air an sabhaladh..... 15

Caib. I.—A' feuchainn ciod anns nach 'eil iompachadh a' co-sheasamh; is a' ceartachadh cuid mhearachdan m' a thiomchioll..... 18

Caib. II.—Ciod anns am beil iompachadh a' co-sheasamh..... 25

Caib. III.—Gur eigin iompachadh no basachadh... 57

Caib. IV.—Comhara na muinntir neo-iompaichte... 84

Caib. V.—Truaighe na muinntir neo-iompaichte... 103

Caib. VI.—Seolanna gu iompachadh..... 127

Caibr VII.—Argumainte gu iompachadh..... 149

Co-dhunadh an iomlain..... 161

Earail araid do cheannarda theaghlaichean..... 174

This translation of "*Alleine's Admonition to Unconverted Sinners*," was first published in 1781, at the desire and expense of Lady Glenorchy. The book has been deservedly popular, and has passed through many editions. This new edition has been carefully revised and corrected; the orthography has been modernised, which renders the work more easily read and understood by common readers. Where any obscure passage occurred, the original English was consulted, and the passage was rendered more clearly and more agreeable to the original. As a specimen of carelessness, this passage, "Come off thy knees to the sermon, and come to thy knees from the sermon," was rendered, "Thigibh do 'n t-searmoin a ris," edition 1822, p. 30. See p. 29 of this edition.

DO'N LEUGHADAIR.

A LEUGHADAIR,—Is e 'n run sonraichte bh' aig Ughdair an leabhair so t'anam a stiuradh gu sonas siorruidh. Na h-uile ni dh' fheudadh e-san a dheanamh chum na criche so, rinn e. Dean thusa nis do chuid féin do 'n obair, le *curam*, le *fein-cheasnachadh* agus le *h-urnuigh*, a chum as gu 'm biodh a shaothair air a beannachadh do t'anam.

Is ann air ghaol leas t'anama chuir air aghaidh mar an ceudna a thug aon urramach agus chrabhach fainear an leabhar a chuir sa chanain so ;* agus bha 'n run ceudna aig an neach a thagh a chuid so dheth,† is aig an neach a thionndaidh e.—'Nuair tha muinntir eile mata a' gabhail uirread shuim do t'anam priseil agus neo-bhasmhor, an e nach gabh thu féin suim dheth cuideachd? Tha dochas agam gu 'n gabh ; agus an lathair agus an ainm an Dé bheo, tha mi guidhe ort gu durachdach, air gradh t'anama féin, gu 'n leugh thu 'n leabhar so le curam, a ris agus a ris, thairis agus thairis. Ma leigeas e fhaicinn duit gu bheil thu 'n cunnart, tha mi guidhe gu 'n gabh thu gu grad rabhadh, 's gu 'n teich thu o 'n fhearg ata ri teachd ; is ma leigeas e fhaicinn duit gu bheil thu cheana air t-fhior-iompachadh, gu 'n toir thu do Dhia a ghloir, is gu n' gluais thu mar is cubhaidh do oighre na beatha maireannaich.—Agus tha mi guidhe air Dia nan uile ghras gu 'n lean e 'n obair so le cumhachd a Spioraid, is 'nuair a bhios tusa ga leughadh no ga h-eisdeachd, gu 'n toir e féin duit a bheannachadh. *Amen.*

Leugh gu curamach ann ad Bhiobul gach aon sgriobtur gus am bi thu air do sheoladh fad an leabhair.

---

* This was the pious and benevolent Lady Glenorchy, who paid for the Translation.

† This Translation is from the abridgment of Mr Thornton, entitled, "Alleine's Admonition."

AN ROI'-RADH.

A LEUGHADAIR,—Tha mi ga mheas mar thròcair mhor o Dhia, gu bheil cothrom agam aon uair eile labhairt riut le durachd mu thiomchioll leas t-anama, mun laidh mo cheann san uir, is mun d' theid mi thoirt mo chunntais suas do m' Breitheamh. Mar neach a bhios gu goirid air mo ghairm air falbh, 's nach urra labhairt riut tuille gus an coinnich sinn ann am bith-bhuantachd, tha mi guidhe ort smuainteacha gu tric agus gu cudthromach air do staid. Seall romhad, c' ait am beil thu dol; seall a'd'dheigh, cionnus o bha do chaithe-beatha; agus seall an taobh a stigh dhiot ciod an staid am beil t-anam, na'm beil e deas arson siorruidheachd. Seall cuideachd os do cheann cia gloirmhor an neamh air an d' rinn thu dearmad, agus ciod an Dia tha ri bhi na charaid no na namhaid siorruidh dhuit; a reir mar a ni thu do roghainn, agus mar a chaitheas tu do bheatha. Seall air na nithe so, agus cuimhnich do bhas mar tha focal Dé agus reusan ga d' sheoladh. Ann an ainm Chriosd tha mis' a' reic riut na teachd-aireachd so, 2 Cor. v. 19, 20, agus ma chuireas tusa cùl ri, is ann air do chunnart. Mur gabh thu cuire na trócair an dras, cha'n fhaigh thu trocair nuair a ghlaodhas tu air a son gu cruaidh la eile.

Tha fios agam, a pheacaich thruaigh, nach gabh t-anamianna suim do na nithe so; ach tha fios agam gun d' thug Dia dhuit tuigs' agus reusan, (agus tha e tairgse grais dhuit) gu t-anamianna chur fo chois; is mur bi thu 'n toiseach ad *dhuine* cha bhi thu gu brath ad *naomh*. Tha fios agam cuideachd gu bheil an saoghal mu'n cuairt duit aingidh, is gu bheil ionus gach ni agus neach a th' ann, ullamh gu d' bhaca' agus gu d' bhuair-eadh. Ach tha fios agam nach cuir so airsan tha faicinn le beo-chreide' neamh agus ifrinn air

thoiseach air, ni 's mó na chuireas fras no osag gaoithe air duine bhiodh a' teicheadh arson anama Luc. xii. 4. O dhuine, smuainich cia mor an dealacha eadar na bheil agad ri chall is na bheil agad ri chosnadh; eadar na bheir an *t-aibhisteir* dhuit is na bheir Dia dhuit; is cha'n fheud e bhith nach gabh thu suim an sin do t-anam.

Theaga' gu'n tachair cuid de dh' amadain ort (oir co ach amadain a chuireas an aghai' focail Dhé?) a their ruit nach ruig thu leas uirread shaoithreach, is fhaicill, is chrabhai' is churam; gur leor dhuit a bhi cosmhuil ri daoin' eile, 's nach 'eil ann an anbhar diadhachd ach *neonachas* agus *amaideachd*. Seadh, theaga' gu 'n dean cuid do mhinisteirean an t-soisgeil féin, (a mhuinntir bu choir misneach thoirt duit) fanaid air do chrabha, air do ghiulan faicilleach, is air do dhiadhachd; 's gun abair iad nach 'eil ann ach *cealgaireachd, cion ceille*, agus gaol a bhi *sonraichte* seach daoin' eile; nach 'eil ann ad chridhe laidir ach dochas uaibhreach, féinspeiseil, agus faoin, is nach 'eil ann ad dhearbhbheachd a grad DHE, (an deigh gach dicheall gu d' ghairm is gu d' thagha dheanadh cinnteach,) ach dannadas agus cuthach.

Cha 'n iongantach daoin' a dhi-mola' mar so an ni sin air nach 'eil iad féin eolach, is a labhairt an aghaidh iompachai agus obair an SPIORAID, o nach 'eil fios aca ciod is ciall da.—Do 'n mhuinntir so feudai sibh na ceisdean so leanas fheoruich. Ge nach dean iad iadsan atharracha', theaga' gu 'n dean iad sibh féin a dhaighneacha.

Ceisd 1. Am barail chealgach, an amaideach, mhi-cheilli' gu'm faigh daoine bas? Na 'n diong solas, no saibhreas, no inbhe 'n t-saoghail so ni sam bith do 'n anam ri uair fhaghail? Na 'n cum iad a cholann gun dol na smur san duslach.

C. 2. Am beil anam neo bhasmhor aig daoine; bhios beo fad saoghal an deigh na beatha so? Luc. xii. 40.

C. 3. Nach iomchuidh do 'n aite sam bi iad gu siorruidh, na do 'n aite sin anns nach bi iad ach tamull beag? Is nach glice dhoibh an ionmhas a thasgai' far am bi 'n co'nuidh bhith-bhuan, na far nach 'eil iad ach an diugh air thuras, is far nach bi iad theaga' nochd na maireach? Mat. vi. 19, 20.; 2 Cor. iv. 16—18.: agus v. 1—3, 6—8.

C. 4. An saoil iad nach airi' Dia air ar n-uile chridhe, 's air ar n-uile ghradh, Mat. xix. 27. Nach comhara gu bheil duine gun chiall cho math as gun chreide' ma tha tuille graidh aige do sholas peacach na do Dhia, 2 Tim. iii. 4. do 'n t-saoghal na da Chruthai'ear, 1 Eoin ii. 15, 16? Nach bu chor do dhaoine rioghachd Dhé agus fhirinnteachd iarrui' thar gach ni, Mat. vi. 33? agus saoithreacha gu h-araid arson a bhith sin a mhaireas gu siorruidh, Eoin vi. 27? Stri dheana gu dol asteach air a gheata chumhann Luc. xiii. 24. agus na h-uile dhicheall a dheana' chum ar gairm is ar taghadh a dheana' cinnteach, 2 Pead. i. 10.

C. 5. An saoil iad, as eug'ais naomhachd gu'm faic aon neach Dia? Eabh. xii. 14. Mat. v. 8; Tit. ii. 14. Nach 'eil an inntin fheolmhor na naimhdeas do Dhia agus fo bhinne bais, ach an inntin spioradail a' toirt sith agus beatha? Nach faigh iadsan a chaitheas am beatha' reir na feola, bàs; ach iadsan a ghluaiseas a reir an Spioraid, slainte? Is am buin neach air bith do Chriosd aig nach 'eil a Spiorad? Rom. viii. 1, 5—10.

C. 6. An saoil iad am feud ionmhas duine bhi air neamh, gun a chridhe bhi ann cuideachd, Mat. vi. 21. Agus nach e 'n dealacha mor tha eadar daoine aingidh agus diaghai', gu bheil an dara pairt na 'n naimhdean do naomhachd Chriosd (ge d' tha iad a giulan 'ainm) ach a phairt eile toirt speis da reachd is ag iarrui' nan nithe ta shuas; mar gu'm biodh iad marbh do 'n t-saoghal so, 's am beatha follaichte maille ri Dia ann an Criosd? Phil. iii. 18—20; Col. iii. 1—5.

C. 7. Feoruich dhiu, am beil e cosmhuil gu'n dean Dia, nach toir dhoibh tora' na talmhainn, na nithe aimsireil gun saothair, a bheatha mhairtheanach, agus neamh a thoirtd oibh gun churam, gun saothair, is gun dian-iarrui? gu sonraichte nuair dh'iarr e gun churam a bhi oirn mu 'n aon, ach cruai-spairn a dheana gu ruigheachd air an aon eile, Mat. vi. 25, 33; Eoin vi. 27 Seadh, nach e steidh gach uile chreidei' gu bheil Dia ann, is gu'n toir e duais do'n mhuinntir a dh' iarras e *gu dicheallach*, Eabh. xi. 6.

C. 8. Feoruichibh dhiu, seadh feoruichibh d' ur cluasan, agus d' ur fiosracha féin, am beil a chuid is mò do na bheil ag radh riu féin *Criosdui'ean* a' caitheamh am beatha gu diadhaidh, a cumail an anamianna fo chois, a' tasgai' an ionmhais air neamh, a gradhacha Dhia, 's ag iarruidh a rioghachd agus fhireantachd thar gach ni eile? Seadh, nach ann tha chuid is mo dhiu gun chrabha, gun churam, gun durachd ann an obair an anama: gun iomradh idir a thoirt air a mhuinntir is soilleire agus is anabharra cionta, aig am beil mar gu'm b' e an damnadh air a dheanadh cinnteach?

C. 9. Feoruich an dean ainm a' *Chriosdui'* na daoine so shabhaladh, ge nach bi iad diadhaidh na naomha? Na 'n urra iad Dia thoilleachadh le bhi, gu breugach, a giulan ainm a *Chriosdui'* gun dragh a chur orra féin le chaithe-beatha? Am beil ministeir sam bith aig am bi danadas a shearmonacha nach feum, Chriosdui'ean misgeach, neoghlan, agus saoghalta mar so, a bhi air an iompacha 's air an atharracha mu'n feud iad a bhi air an sabhaladh?

C. 10. Feoruichibh do 'n luchd-teagaisg sin a tha cur cealgaireachd as ur leth-sa, mur 'eil iad féin ag ra' gu bheil am peacadh-sa ro-ghraineil, is gu bheil Dia ga bhagradh leis a pheanas is mo ann an ifrinn, Mat. xxiv. 51. Ma seadh, ciod a thachras do na cealgairean so tha gabhai os laimh gu bheil

iad nan Criosdui'ean, nuair nach 'eil; aig am beil fios air toil am maighstir, ach nach 'eil ga deanadh.

C. 11. Nach do chuir iad cul nam *Baisteadh* ris an t-saoghal, ris an fheoil, agus ris an Aibhisteir; is nach d' thug iad suas iad féin do 'n Athair, do 'n Fhear-shaoruidh, is do 'n Fhear-naomhachaidh? Am beil chuid is mo a' coimhead nam boide so mar an dicheall? Mar 'eil, cionnas ata fear-bristidh cumhnainte ni 's iomchuidh air slainte na neach nach deachaidh riabh a bhaisteadh?

C. 12. Nach 'eil nadur Dhé cho naomha 's gur blaispheim a ra' gu' n toir e anam air bith asteach maille ris do neamh gun iompachadh 's gun athnuadhachadh? 1 Pead. i. 15, 16.

C. 13. Feoruich dhiu c' arson a thainig Criosd chum an t-saoghail. Nach ann a thearnadh a phobuill o'm peacadh? Mat. i. 21. a sgrios oibre an Aibhisteir? 1 Eoin iii. 8. a ghlanadh dha féin pobull sonruichte eudmhor mu dheadh oibre, Tit. ii. 14. 's a thoirt dhathigh chum Dhia nan anama chaìdh air seacharan? Luc. xv. agus xix. 10.—Ciod ma 'ta thachras dhoibh-san nach gabh os laimh pilleadh, na 'm peacaidh a threigsinn, na bhi air an iompachadh, na air an naomhachadh?

C. 14. Feoruich dhiu c' arson a chaidh am baisteadh ann an ainm an Spiorad naoimh? Am feud neach sam bith dol astigh do neamh gun bhi air a bhreith, leis an Spiorad, cho math as leis an uisge? Eoin iii. 3, 5, 6. Na 'm buin neach air bith do Chriosd, mur 'eil Spiorad Chriosd aige? Rom. viii. 9.

C. 15. C'arson a thug Criosd rabha do dhaoine cho bitheanta gu bhi air am faicill an aghaidh cealgaireachd nam *Pharaiseach*, nam feudadh Criosdui'ean cealgach a bhi air an sabhala? Nach robh na *Pharisich* nan luchd teagaisg urramach, foghluimte, agus faicilleach mu thiomchioll moran d' an giulan? Ach nach robh iad cuideachd a' geurleanmhuin nan naomh, nan naimhdean mi-runach

do Chriosd, da dheisciobuill, agus da phobull? Nach robh e feumail do 'n mhuinntir so bhi air an iompachadh? Agus nach 'eil na Criosdui'ean cealgach agus aingidh sin tha 'n dras a' geur-leanmhuinn nan creid'each cho olc ris na *Pharisich*, agus cho feumail air iompachadh cia math air bith an aidmheil? Seadh nach 'eil an cor ni 's measa, mar tha iad a' deanadh dearmaid air creideamh ni's oirdheirce? Mat. xv. 7, 8, agus xxiii. 23, 24.

C. 16. Am beil neach air bith as eug'ais naomhachd iomchuidh arson staid naoimh agus shona neimhe? Na'm feud anam mi-naomha Dia fhaicinn, a gradhachadh, a chliudhachadh, agus a mhealtuinn gu siorruidh; na tlachd a ghabhail ann an obair is ann an coluadar nan naomh? Taisb. xxi. 27, agus vii. 15.

C. 17. Feoraichibh dhiu ciod an dealacha tha eadar an Eaglais, no na naoimh, is a chuid eile do 'n t-saoghal? Nach e gu bheil an dara pairt air an iompachadh, air an atharrachadh, 's air an athghintein; is a phairt eile 'mhain nan luchd-aidmheil? Feoruich dhiu nach 'eil naire orra bhi 'g radh anns an *chrèud*, "Creideam anns an Spiorad naomh—gu bheil Eaglais naomh ann;—creideam ann an co-chomunn nan naomh," &c. nuair tha iad a' cur cul ris an Spiorad, a' deanadh fanaid air na naoimh, is a' seasamh an taobh amach d' an comunn? Am beil dochas aca bhi ann an comunn nan naomh air neamh, mur bi iad nan comunn air thalamh cuideachd?

C. 18. Am beil iad da rireadh a' creidsinn gu bheil neamh agus ifrinn ann? Mur 'eil, c' arson a tha iad a' gabhail os laimh a bhi nan Criosdui'ean idir? Ach ma tha, c' arson nach 'eil iad nan Criosdui'ean da rireadh, crabhach, eudmhor, naomha? Oir as eug'ais naomhachd cha 'n fhaic neach Dia.

C. 19. Nach 'eil righrean, breitheamhnan is na h-uile dhaoine a' cur dealachadh eadar duine agus duine; eadar am math agus an t-olc, an t-umhal

agus an t-eas-umhal. caraid agus eas-caraid ? Agus nach mò gu mor a ni an Dia uile-naomha dealachadh chur eadar am firean agus an t-aingidh ? Mal. iii. 17, 18.

C. 20. Feoruich dhiu c' arson a chaidh ministeirin orduchadh idir, na c' arson a tha iad a searmonacha, mur 'eil iompachadh atharrachadh, agus naomhachadh feumail ? Seadh, feoruich dhiu am beil iad a' creidsinn focail Dé, anns am beil gach ni tha thus' a' gnathachadh agus a' creidsinn, air an sparradh gu soilleir agus gu teann air na h-uile dhaoine ?

—— 'Nuair a fhreagras iad na ceisdean so air choir, bidh e soilleir co dhiu 's tusa, na iadsan, tha amaideach, cealgach, agus cuthach.—Ach ma bhios anam air bith dhiu a chi a mhearachd, agus fheum air iompachadh ; ghuidhinn airsan, ortsa, 's air gach aon, an seola na dha so leanas a thoirt fainear.

1. Na sguir am feasd do smuaineachadh le cudthrom air na nithibh so gus am bi do chridh' air atharrachadh, Salm cxix. 59.

2. Thig dh'ionnsuidh Chriosd agus gabh ris mar do Shlanui-fhear, t-Fhear-teagaisg, agus do Righ ; is bheir e dhuit maitheanas anns na chaidh seachad, le trocair agus tearruinteachd as so suas. Eoin i. 12 ; iii. 16 ; v. 40 ; agus 1 Eoin v. 11, 12.

3. Biodh dearbh-bheachd agad á gradh Dhé, á maitheanas do pheacaidh, agus á sonas siorruidh neimhe ; a chum as gu mothaiche' tu nach 'eil ann an solas an t-saoghail so ach aolach agus salchar air a choimeas ris an aoibhneas neamhaidh sin ata sruthadh o chreideamh, o dhochas, agus o ghradh o shith-choguis agus o umhlachd treibhdhireach.

4. Na peacaich ni 's mo le d' dheoin, na gu dana. Seachainn an t-olc a dh' fheuhas tu a sheachnadh. Isai. lv. 7.

5. Bi seachantach air droch chuideachd, air coslas peacaidh, agus slighe buairidh ; is gleidh cuid-

eachd na muinntir tha iriosail faicilleach, treibhdhireach, agus naomh. Salm cxix. 115, 63.

6. Feith air Spiorad Dhé le gnathachadh dicheallach, durachdach, agus coilionta air na meadhona sin a sheol e fein duit. Eisd leugh, smuainich, agus dean urnuigh. Guidh gu dian arson grais gu t-iompacha'. Feith mar so, 's cha'n fheith thu 'n diomhain, Salm xxv. agus xxxvii. 34.; lxix. 6.

Gheibh thu Seolai' eile san leabhar ro-fheumail sin (*Earail Dhurachdach I.* ALLEINE.) Leabhar a ghuidhinn ort a leugha gu tric is gu durachdach, gus am faic thu staid t-anama, 's an glaodh thu *Ciod an ni mi chum 's gu'm bithinn air mo shabhala'!*—Tha 'n t-ughdair sin, mar gu'm b' ann, a' glaodhaich riut o na mairbh, agus tha mis' a glaodhaich riut mar neach a bhios cuideachd ann an saoghal eile gu goirid, nach 'eil gliocas air thalamh, na fois na co-fhurtachd air bith aig an anam, as eug'ais bhi measarra, seirceil, cothromach, agus naomha. 'S e so ar gliocas, 's e so ar gnothach, agus ar n-obair mhor san t-saoghal so.

O Thighearna! ghabh thusa truas do gach h-uil' anam a chi na chluinneas na nithe so, 's leig fhaicinn doibh gu bheil iad uile a reir briathra firinneach Dhé. O na leig le fuil, le teagasg, le eiseimpleir, agus le Spiorad Chriosd, a bhi air an call gu siorruidh! Thoir do 'n mhuinntir neo-iompaichte bhi air an iompacha 's air an atharracha'; 's thoir do 'n mhuinntir a chuir annadsa an dochas, gun bhi gu brath air an atharracha na air an gluasad. Stiuir iad le d' Spiorad, dion iad le d' chumhachd, cum a suas iad le d' ghras, is thoir d' an anama fadheoidh seilbh air oighreachd do chloinne, trid Iosa Criosd, ar Tighearna. *Amen.*

RICHARD BAXTER.

EARAIL DHURACHDACH

DO

PHEACAICH, &c.

Cuireadh tean do Pheacaich gu pilleadh ri Dia chum bhi air an sabhaladh.

A MHUINNTIR ionmhuinn agus ghradhach, is e mo run, mar stiubhard leis am bu mhath a bhi dileas, a chuibhrionn féin a thoirt do gach aon. Ach mar a bhios iomgainn shonraicht' air an Leigh mu thiomchioll na muinntir is tinne, 's is cunthartaiche staid; is mar a mhaothaicheas cridhe athar gu h-araid osceann an leinibh tha dlu do 'n bhas; is amhlui' tha 'n aireamh do anama neo-iompaichte 'n ar measg-sa 'g iarrui' grad oidheirp a thoirt air an spionadh as an teine, Iude 23. Air an aobhar sin is ann orra so a bheir mi cheud aire.

Ach ciod an argumaint a ghnathaicheas mi? ciod na briathran a roighnicheas mi? A Thighearna, cia leis a chuireas mi iompai' orra; cia leis an ni mi 'n cosnadh? O nach robh fios agam! sgriobhainn le deoir; sparrainn gach earail le gul; ghuidhinn orra air mo ghluinean, is bheirinn dhoibh le durachd gach boinne do m' fhuil. O cia taingeil a bhithinn nan gabhadh iad os laimh, an deigh sin uile aithreachas a dheanadh agus pilleadh!

"Ach, a Thighearna, cia neo-chomasach mis' arson na h-oibre so! Cia leis a dhruigheas mi air a' chridhe tha mar chloich! an eirich na mairbh as an uaigh air m' iartas? An labhair mi ris na creagan, na 'n glaodh mi ris na sleibh-

tean, an dochas gun eisd iad ri m' earailibh? An toir mis' a fhradharc do 'n dall? c'uin a rinneadh so riabh le duine? Ach dhuit-sa, O Thighearna, cha'n 'eil aon ni eacomasach: is urra thu, seadh cridh' a pheacaich a bhioradh. Cha 'n urra mis' ach am bogh' a tharruing air thuairmeas; stiuir thus' an t-saighead eadar altaibh an airm-eididh; marbh am peaca, ach sabhail anam a pheacaich, a thionndaidheas a a shuil na chluas gus na nithe so a leugha na eisdeachd."

Mo bhraithre, ceadaichibh dhomh labhairt ribh mar charaid, gu dileas saor, anns an aon ni is cudromiche bhuineas duibh; oir is e gnothach mor an leabhair so geur-mhothacha thoirt duibh air 'ur staid; ur n-iompacha', agus 'ur sabhala'. Cha 'n 'eil mi dol a labhairt ribh ann am briathra deas-chainnteach na seolta; cha 'n e ur cluas a thoileachadh tha idir air m' aire, ach urn-anama shabhala: 's ann air ur cridhe, 's cha 'n-ann air ur cliu tha mi suireadh. Mur faigh mi ur cridhe, ciod sam bith eil' a gheibh mi, tha mi falamh. Mur biodh a mhiann orm ach ur cluas a thoileacha, sheinninn oran eile dhuibh, agus sgeul bu bhinne; chuirinn adhart socair f'ur ceann, is labhrainn sith ribh; oir cionnas is urra Ahab speis a bhi aige do Mhicaiah, bhios "do ghnath a' faisneachd uilc mu thiomchioll?" 1 Righ xxii. 8. Ach nach "fearr lotan caraid na sodal baoith? a bhios ri miodal le bilean nuair tha i sealg arson an anama;" Sean. vii. 21, 23. agus vi. 26. Nam bithinn a' dol a bhreuga naoidhein dh'fheudainn a luasga na chadal le oran fonn'ar; ach nuair a thuiteas an leanabh san teine, cha 'n fhaoineis mar so idir a bhios air aire a pharanta. Tha aobhar agamsa bhi durachdach gun amh-

arus, a chionn gu bheil fios agam "mur eirich sibhse, 's mur tig sibh leam", gu bheil sibh caillte gu siorruidh. As eug'ais iompachai cha 'n eil slainte sam bith ri fhaotainn. Is eigin domh buadhachadh oirbh na ur fagail am buillsgean truaighe.

Ach an so tha spairn m' oibre teachd orm a ris. "A Thighearna, tagh thusa clachan dhomh as a chladach, 1 Sam. xvii. 40, 45. Tha mi teachd an ainm Tighearna nan sluagh, Dia armailtean Israeil:" Tha mi teachd amach mar an t-oganach Daibhidh, a ghleachd "cha 'n ann ri fuil agus feoil, ach ri uachdranacha, ri cumhachdan, agus ri prionnsui' dorchadais an t-saoghail so," Eph. vi. 12. Air an la 'n diugh buaileadh an Tighearn am Philisteanach, is "thugadh e airm o 'n duine laidir' a chum as gu faighinn-sa na priosanaich air falbh as a lamhan. "A Thighearna, tagh mo bhriathra, tagh m' arma; 's 'nuair a chuireas mi mo lamh sa mhala, thoirt as cloich g' a tilge', dean thus 'a giulan chum a chomharai, 's a sparra, cha 'n ann an' clar-eudainn, 1 Sam. xvii. 49. ach an cridhe a pheacaich neo-iompaichte, ga bhuala chum an lair, cosmhuil ri Saul na leaga' sona, Gniomh. ix. 4t a stiuireadh air anama dh' ionnsui' do Mhic, mo mhaighstir. O Thighearna, Dhia mo mhaighstir, guidheam ort, soirbhich leam air an la so 's cuir t-aingeal air thoiseach orm a reiteacha mo shlighe, Gen. xxiv. 12. chum is mar a naisg seirbhiseach Abraham, Isaac, agus Rebecca mu'n do ghabh e fois gu'n ceanglainsa cuideachd Criosd agus anama mo phobuill, mu 'n dealaich sinn r' a cheile."

Ach tha mi a' pilleadh air m' ais ribhse. Tha cuid agaibh aig nach 'eil fios ciod is ciall do iom-

pacha na atharracha; 's is diomhain toiseacha ri 'r comhairleacha gu ni nach 'eil fios agaibh ciod e; air an aobhar sin feuchai' mi dhuibhse *Ciod e iompacha* na atharracha. Tha cuid eile g altrum duil ri trocair ge do bhuanaich iad san staid am bheil iad; agus dhoibhsan feuchai' mi *Gur eigin iompacha.* Tha cuid eil' ann am barail fhaoin gu bheil iad air an iompacha' cheana; dhoibh-san feumai' mi comharan na muinntir *neo iompaichte* a leigeil fhaicinn. Tha cuid eil' air nach 'eil eagal uilc, o nach 'eil iad ga mhothach, 's air an aobhar sin tha cadal am barr a chròinn; dhoibh sin feuchai' mi truaighe na muinntir *neo-iompaichte.* Tha cuid eil' a' suidhe sios o nach leir dhoibh an slighe mach; do 'n mhuinntir so seolai' mi *Meadhona an Iompachai'.* Agus fa dheire, chum gach aon neach a bhrosnacha', co-dhuinidh mi le *Argumainte gu Iompacha.*

CAIB. I.

A' feuchain ciod anns nach'eil Iompacha a' cosheasamh; is a ceartacha cuid mhearachdan m' a thiomchioll.

THUG pobull dall Shamaria aora' do 'n ni nach b' aithne dhoibh, Eoin iv. 22. is thog muinntir na h-Aithne altair, "Do 'n Dia neo-aithnichte," Gniomh. xvii. 23. tha fios aig gach aon, da 'n eoll nadur an duine, gu feum an inntin an toiseach solus fhaotainn ma 'm feud an t-anam a bhi air iompacha. 'Nis, a chum is gu'n leighisinn mearachdan cuid do dhaoine tha smuaineach gu bheil iad air an iompacha nuair nach eil; 's gu fograinn eagal agus iomgain cuid eile, tha saoilsinn nach 'eil iad air an iompacha nuair a

tha; feuchai' mi dhuibh nadur an iompachai', le leigeal fhaicinn duibh ciod na nithe 's nach 'eil, agus ciod na nithe sam beil e a' co-sheasamh.

Ann toiseach, feuchai' sinn ciod na nithe 's nach 'eil e.

1. "Cha 'n e aidmheil a' chreidimh Chriosdui' a ghabhail oirn féin anns am beil iompacha a' co sheasamh." Tha tuille na ainm anns a' chreideamh Chriosdui." Ma tha 'n t-abstol Pol ceart, Cha 'n ann an cumhachd, 1 Cor. iv. 20. Nam b' ann sa chreidimh Iudhach agus Phaganach a threigsinn, is ann sa chreidimh Chriosdui' aideacha', bhiodh iompacha a' co-sheasamh, co na Criosdui'ean a b' fhearr na muinntir Shardeis agus Laodicea! aca so uile bha deagh ainm agus deagh aidmheil, ach a chionn nach robh ac' ach ainm, tha iad air an dite' le Criosd agus air an sgeith amach, Taisb. iii. 1. 16. Nach lion'ar iad a tha 'g ainmeachadh ainm an Tighearn Iosa, gidheadh nach 'eil a' treigsin aingidheachd? 2 Tim. ii. 19. agus "a' gabhail os laimh eolas a bhi ac' air Dia, ach nan oibre tha ga aicheadh?" Tit. i. 16. Is an gabh Dia riu so mar fhior aithrich, arson an aidmheil amhain, ge do bhuanaich iad nam peaca? Cha 'n eil so comasach. Nan deana lochran na h-aidmheil an gnothach cha robh na h-oighean amaideach air an druideach amach, Mat. xxv. 12. Seadh tha sinn a' faicinn cha 'n e mhain luchd aid mheil, ach luchd searmonaichai' Chriosd, a's luchd deanai' mhiorbhuilean air am fogradh air falbh, a chionn gu'n robh iad cuidcachd nan luchd deanai' na h-eucorach, Mat. vii. 22, 23.

2. "Cha 'n e ionnlad an uisge, no suaicheantas Chriosd a ghabhail oirn féin ann am bais-

teadh is ciall do iompacha." Tha moran a-giulan suaicheantais Chriosd nach 'eil a seas-amh aig a bhrataich, no ga leantuin mar an ceannard. Chaidh Ananias agus Sapphira, agus Magus a bhaisteadh, cho-math ris a chuid eile.

Mo chairde dileas, "Na bithibh air 'ur meal-la, cha ghabh Dia ri fanaid," Gal. vi. 7. Co dhiu 's ann as ur baisteadh na ni air bith eile tha 'ur n-earbsa, á "urnuighean fada," Mat. xxiii. 14. a "trasg gu bitheanta," Luc. xviii. tha mise 'g innse dhuibh o'n Dia bheo, ma tha aon air bith agaibh dearmadach air urnuigh, na neoghlan, na mi-runach, na sanntach, na anacaiteach na, fanaideach, na speiseil mu dhroch chuideachd Seanr. xiii. 20. an aon fhacal, mur 'eil sibh nur Criosdui'ean naomh, faicilleach, agus fein-aich-eil, Eabh. xii. 14. Mat. xvi. 25. cha 'n urra sibh bhi air 'ur sabhala; ni 's lugha na bhios sibh as-so suas air 'ur n-atharracha 's air 'ur n-ath-nuadhacha le aithreachas.

3. "Cha 'n e giulan neo-choireach am fia-nuis dhaoine tha air a chiallacha le iompacha. Cha'n 'eil so a' toirt barr air fireantachd nan Sgriobh-ach agus nam Pharaiseach, agus air an aobhar, sin cha 'n urr' e ar toirt gu rioghachd Neimh, Mat. v. 20. "Bha Pol, mu 'n d' iompaicheadh e, neo choireach a reir na fireantachd a tha san lagh, Phil. iii. 7. Cha 'b urra duine beum a thoirt da. B' urra 'm fear a dh' fhireanaich e féin a radh gu'n robh e saor o fhoireigin ea-coir, agus adhaltrus, &c. Luc. xviii. 11. Tha ni eig-in a thuille so agad-sa ri mhuth, air neo, cionnas air bith mar tha thu ga d' fhireanacha féin, ni Dia do dhite. Cha 'n 'eil mi idir a' deana tair air giulan neo-choireach, ach tha mi toirt rabh-ai' dhuibh gun stad aige. Tha ar dleasnas do

Dhia cho fhiachuicht' oirn r'ar dleasnas do dhuine. Cha'n fheud sinn da chlar an lagh' a sgaradh o cheile.

4. "Cha mho 's e iompachadh a bhi a' coiliona' gach dleasnais diadhai' o 'n taobh amach. Tha e ro-shoilleir gu feud coslas na diadhachd a bhi aig moran as eugais a cumhachd, 2 Tim. iii. 5. Feudaidh iad urnuigh fhada, 12. eisdeachd gu taitneach, Marc. vi. 20. dragh is cosdas a chur orra féin an seirbheis Dhé, Isai. i. 11. is na dheigh sin uile bhi nan coigrich do Iompacha. Feudai' duine na dleasnais fhollais so uill' a choiliona', seadh "a mhaoin air fad a thoirt do na bochdai is a chorp gu bhi air a losga," 1 Cor. xiii. 3. 's na dheigh sin uile bhi na chealgair.

5. "Cha 'n e iompacha, cuideachd, an ceangal sin a tha oilein, cleachda na lagh dhaoine, na anshocair, a' cumail air truailleachd is coirbdeachd ar naduir." That sinn tuille 's ulla' gu oilein a ghabhail an riochd grais: ach nam foghna' sin co 'n duine b' fhearr na Iehoash? Am feadh a bha Iehoiada an sagart os a cheann, bha e cho togarach gu seirbheis Dé 's gu 'n robh e brosnacha' nan sagairt féin a leasachadh an Teampuil, 2 Righ. xii. 2, 7. Ach cha robh an so ach deadh oilein, oir cho luath 's a dhealuich am fear-stiurai' a bh' aige ris, leig e fhaicinn nach robh e ach mar mhada-alluidh air slabhrai', is thuit e air falbh gu iodhal-aoradh.

6. An ath-ghoirid; "Cha 'n ann an soilseacha, na 'n geur mhothacha, cha n' ann an cuid atharrachai' na 'm pairt leasachaidh, ata Iompacha a co-sheasamh." Feudai' duine bhi air a shoillseacha, 's na dheigh sin uile tuiteam o 'n chreideamh, Eabh. vi 4. Bha Felics air chrith fo gheur-mhothachadh, Gniomh. xxiv.

25. is leasaich Herod e féin ann am moran nithe Marc. vi. 20. Feudai am peacach bhi air a dhusga le h-uabhas agus geur-mhothacha, 's gun bhi idir air a chlaoi' na air a cheusa le cumhachd grais. Tha moran aig am bheil barail mhath air an staid, a chionn gu 'n d' fhuair an coguis dusgadh arson am peacaidh; a' gabhail *geur-mhothachaidh* an riochd *iompachaidh*. Am beachd na muinntir so bha Cain iompaichte, nuair a bha coguis chionntach ga sgiursa feadh an t-saoghail, gus an do thilg e e-féin am builsgean ghnothaiche 's ann damhair oibre, Gen. iv. 13, 14. Tha cuid eile nam barail féin iompaichte chionn gu'n do threig iad an gnathacha mi-riaghailteach as an droch cuideachd, gun do cheannsaich iad cuid d' an anamianna, 's gu'n d' fhas iad riaghailteach agus measarra. Ach feudai' gu leoir a bhi san staid so nach 'eil fathasd air an naomhacha.' Iarruidh moran dol asteach do rioghachd neimh," Luc. xiii. 24. is tha cuid nach 'eil fada uaipe, Marc, xii. 24. 's a tha ach beag nan Criosdui'ean," Gniomh. xvi. 28. gidheadh a bhios an deigh laimh air a cheann mu dheire. Tha moran, am fad a bhios an coguis gan sgiursa, ri urnuigh, ri leugha, ri eisdeachd, is ri stridh 'n aghaidh nam peacai' sin is mo do bheil speis aca; ach cha luaithe tha 'n leoghan a' cadal, na tha iad a' pilleadh athbhuailt a dh' ionnsuidh an aingidheachd.—Co bu chrabhai no na h-Iudhaich nuair a bha lamh Dhé air a leagail orra? Salm lxxviii. 34, 35. Ach cha luaithe chaidh an amhghar seachad na leig' iad Dia as an aire, 's a dhearbh iad gu 'n robh an creide' cealgach, *rann* 36, 37. Theaga' gu 'n do thilg thu mach peaca eigin nach giulaine do choguis, is ged sheachainn thu gach cionnt 'i

graineala na cheile san t-saoghal, is gidheadh gu bheil do nadur salach gun bhi fathasd air a ghlana, 2 Pead. ii. 20, 22. Feudai' tu meall luaith' a tharruing gu dealbh geige, na ainmhidh, na duine, 's a bhi fad na h-uine na-luaith': mar sin feudai duine neo-iompaicht' a choslas a chaochla' air ioma doigh, is a nadur a bhi fathasd gun mhuthadh.

An co-chur. Eisdibh ma ta, O dhaoine peacach, is thugaibh fainear, mar bu mhath leibh a bhi beo, Isai. lv. 3. C'arson a mheallas sibh sibh-féin, is a shuidhicheas sibh air ghaineamh Steidh 'ur dochais? Tha fios agam gidheadh nach gnothach furasd an dochas so a spionadh uaibh: is eigin da so bhi searbh leibhse, 's gun amharus cha 'n 'eil e taitneach leamsa. Tha mi dol na chinnseal mar Leigh a bhiodh a dol a ghearradh aon da bhuil o chaomh-charaid: is eigin da dheana, ge h-ann le cridhe goirt, le suil dheuraich, is le laimh chrithich. Ach, a bhraithre, tuigibh mi; cha 'n 'eil mi ach a leagail seann tigh, (bha ulla' gu tuiteam air 'ur ceann is 'ur brutha' fo') chum is gu 'n togainn e ni 's maisich 's ni 's fearr, air sheol as gu mair e gu siorruidh. "Basaichi' dochas a chealgair," Seanr. xi. 7. ma sheasas Dia ri fhocal. Is nach fearr dhuitsa, O pheacaich, rabha' ghabhail na thra, 's do dhochas faoin agus mealltach a leigeil dhiot, na do shuilean a bhi air am fosgla' tuille 's anmoch leis a bhas, agus tha féin fhaotainn ann an ifrinn mu 'm bheil fios agad c'ait' a bheil thu? Cha bhithinn-sa dileas do t-anam mur nnsinn duit gu bheil thu fathasd am buillsgean do pheacai' ma 's ann as aon do na nithe sin a chaidh a roi'-ainmeacha tha t-earbsa. Leig le d' choguis labhairt. Ciod a th' agad ri thagradh

air do shon féin? An e gu bheil thu giulan suaicheantais Chriosd? gur ann air a dh' ainmichear thu? gur ball da eaglais fhaicsinnich thu? gu bheil colas agad air puinca' a chreidei'; gu bheil thu riaghailteach ad ghiulan; curamach mu dhleasneas dhiadhai' o 'n leth a muigh; gu bheil thu cothromach ad ghnothaiche, 's gu 'n robh mi-shuaimhneas agad ad choguis: Tha mise 'g innse dhuit o Dhia nach dean cuis diu do lethsgeul a ghabhail aig cathair-bhreitheanais. Ge math iad so uile cha dearbh iad gu bheil thu iompaichte, 's cha 'n 'eil iad diongalt' a chum do shabhaladh! O! sibhs' uil' aig nach 'eil ach na nithe so ri thagra', smuainichibh air 'ur staid, agus grad phillibh. Bithibh durachdach ann an urnuigh, ann an leugha', 's 'nar cridheacha féin a mhion-fhiosracha. Na gabhaibh fois gus an dean Dia an obair iomlan annaibh; oir mur bi sibh air 'ur n-atharrachadh, is daoine caillte sibh.

Ach mas e 's gu bheil a mhuinntir so teachd goirid air iompacha', ciod a thachras do 'n pheacach ro-aingidh? Theaga' nach seal esan air na nithe so, 's nach mo dh' eisdeas e riu; ach ma thuiteas da an leugha na bhi 'n ait' eisdeachd dhoibh, biodh fios aige o 'n Dia sin a chruthaich e, gu bheil esan ro fhad' o rioghachd neimh. Am feud duine bhi riaghailteach agus faicilleach, is gidheadh gun bhi air iompacha? 'c aite ma ta 'n seas am misgfhear agus an geocach? Am feud duine cuideachd a ghleidhe' leis na h-oighean glice, 's gidheadh a bhi air a dhruideadh amach; agus nach mo gu mor na sin a sgriosar companach nan amadan?" Seanr. xii. 20. Ma dh' fheudas duine bhi ceart agus cothromach na ghnothaiche, 's gidheadh gun bhi air fhireanacha le Dia: ciod a thachras duista, O dhuine thruaigh, g' am bheil

do choguis ag innse gu bheil thu cuilbheartach ad dhreuchd, failneach ad fhocal, agus ulla' le teangai' bhreugach, gu cothrom a ghabhail air do choimhearsnach? Ma dh' fheudas daoine bhi air an soillseacha 's air an toirt gu dleasnais dhiadhaidh a ghnathacha', 's an deigh sin uile bhi air an call ar son fantuinn aca', gun dol air an aghaidh gu lan-iompacha; ciod a thig ribse O theaghlaiche truagha, tha caitheadh 'ur beatha gun Dia anns an t-saoghal? agus ribhse, O thruaghana peacach, aig nach 'eil Dia ach tearc 'nur smuainte; tha cho aineolach is nach aithne dhuibh, is cho neo-churamach is nach aill leibh urnuigh dheanamh? O deanaibh aithreachas is bithibh air 'ur n iompacha; "bristibh dhibh 'ur peacai' le fireantachd," rachaibh dh' ionnsuidh Chriosd arson maitheanais agus grais gu 'r n-ath-nuadhacha; thugaibh sibh féin suas da, chum gluasad maille ris an' naomhachd, air neo cha 'n fhaic sibh gu siorruidh Dia. O gu 'n eisde' sibh rabhainne Dhé! Na ainmsan tha mise aon uair eile 'g 'ur n-earalacha'. "Pillibh air mo chomhairle," Seanr. i. 23. "Treigibh a chuideachd amaideach, is bithibh beo," Seanr. ix. 6. "Bithibh measarra, cothromach, diadhaidh," Tit. ii. 12. "Glanaibh 'ur lamhan, a pheacaicha; glanaibh 'ur cridheacha sibhs' aig a bheil an inntinn dhubailte," Seum. iv. 8. "Sguiribh do 'n olc; ionnsuichibh am math a dheanamh," Isai. i. 16, 17. Ach ma ghabhas sibh air 'ur n-aghaidh, is eigin duibh basachadh, Esec. xxxiii. 11.

CAIB. II.

A' feuchainn ciod anns a bheil Iompachadh a co-sheasamh.

Cha'n fheud mi 'ur fagail le 'r suilean leth-fhosgailte, cosmhuil risan a chunnaic daoine g'

imeachd mar chraobhan, Mar. viii. 24. Tha 'm focal "prodhaiteach arson teagaisg cho math is arson achasain," 2 Tim. iii. 16. Air on aobhar sin an deigh 'ur stiurra' 'n fhad so ro' cholion cunnart agus mearachd, theid mi nis astigh leibh dh'ionnsuidh cala' na firinn.

An ath-ghoirid ma ta, tha iompacha a' cosheasamh an atharracha' iomlan a theachd air a chridhe 's air a chaithe-beatha. Nadur agus aobhar an atharrachai' so bheir mi oidhirp air a leige' ris duibh.

1. "Is e Spior ad Dé ughdair agus fhearoibreachaidh," is air an aobhar sin theirear ris "naomhacha 'n Spioraid." 2 Tesal. ii. 13. agus athnuadhacha 'n Spioraid Naoimh," Tit. iii. 5. Gidheadh cha 'n 'eil so a druideadh amach pearsa eile na Trianaid; oir tha 'n t-abstol a teagasg dhuinn buidheachas a thoirt do "Athair 'ar Tighearna Iosa Criosd, a dh' athghin sinn." 1 Pead. i. 3. agus tha air a radh gu bheil Criosd, "a' toirt aithreachais do Israel," Gniomh. v. 31. is theirear ris an t-Athair siorruidh," Isai. ix. 6. agus ruinne a shliochd, agus "a chlann a thug Dia dha," Eabh. ii. 13. Isai. liii. 10. O cia sona 'n daimh so! tha 'n Trianaid air fad mar athair aig an nuadh-chreatair; ach a chionn gu bheil an obair air a h-earbsa gu h-araid ris an Spioraid Naomh, tha e air a radh gu bheil sinn "air ar breith o 'n Spioraid," Eoin iii. 8.

Uaidh so chi sinn gu bheil an obair so osceann cumhachd duine: "Tha sinn air 'ar gineamhuin cha 'n ann o thoil na feola, na o thoil duine, ach o Dhia," Eoin i. 13. Na smuainich gu brath gu bheil thu comasach air thu féin iompacha: nam b' aill leat gu'n tachra so, na biodh suil

agad ri dheanadh ad neart féin. Is ais-eirigh o na mairbh e, Taisb. xx. 5. Ephes. ii. 1. is nuadh-chruthachadh e, Gal. vi. 15. Ephes. ii. 10. cha lugha na uile-chumhachd a tha comasach air, Ephes. i. 19. Is am bheil neart duine cosmhuil ri leithid so do nithe? Mur 'eil agad ach na deagh bheusan a fhuair thu o nadur, gne mhaith, mhacant agus stuama', &c., tha thu fathasd ad choigreach do fhior-iompacha: oir is obair osceann naduir so.

2. "Tha do cheann-aobhair aig an obair so; aon o 'n leth astigh, is aon o 'n leth amach." (1.) "Is e 'n t-aobhar o 'n leth astigh saor ghras Dhé." "Cha'n ann o oibre fireantachd a rinn sinne, ach a reir a throcair féin shabhail e sinn, le ath-nuadhachadh an Spioraid Naoimh," Tit. iii. 5. "O thoil féin ghin e sinn," Seum. i. 18. Tha sinn air 'ar tagha 's air 'ar gairm a chum bhi air 'ar naomhachd', 's cha 'n ann a chionn gu bheil naomhachd sam bith againn', Ephes. i. 4.

Cia taingeil air a shon so Peadar! "Gu ma beannaichte gu'n robh Dia agus athair 'ar'n Tighearn' Iosa Criosd, a rinn ar n-ath-ghin-tein, na mhor-throcair," 1 Pead. i. 3. 'S cia ulla' bha Pol gu saor-throcair Dhé aideacha' san ni cheudna! "Dia tha saibhir an trocair, arson a mhor-ghraidh leis 'n do ghradhaich e sinn, cho-bheothaich e sinn maille ri Criosd: le gras tha sibh air 'ur slanucha'." Ephes. ii. 4, 5.

2. "Is e aobhar ar n-iompachaidh o'n leth amuigh airidh augus eadar-ghuidh ar Slanui'ear bheannaichte." "Do dhaoine ceannairceach fhuair e tiolaca," Salm lxviii. 18. Agus is ann da thrid-san ata Dia 'g oibreachadh annainn gach ni tha taitneach na lathair féin, Eabh. xiii.

21. Is ann do thridsan ata sinn a faotainn na h-uile bheannachda spioradaill ann nithe neamhaidh. Ephes. i. 3. Is esan a rinn eadarghuidh arson nan daoine taghta mu 'n do chreid iad. Eoin xvii. 20. Is ann do thoradh a shaoithreach-san gach duine iompaichte, Isai. liii. 11. Agus co mhathair a dh' fhuiling riamh arson leinibh uirrid as a dh' fhuiling Criosd air arsonne! Gach pian, is spairn, is cradh a dh' fhuiling e air a chrann-cheusai' b' iad sin piantaidh 'ar n-ath-ghineamhuin-ne, Gniomh ii. 24. Tha e air a dheana' na naomhacha' air arson-ne, 1 Cor. i. 30. Naomhaich se e féin (na thug se e féin seachad mar naomh-iobairt) a chum as gu 'm biodhmidne air ar naomhacha', Eoin xvii. 19. Agus is ann trid ofrail a chuirp-san, aon uair arson na h-uile, tha sinn air 'ar deana naomha, Eabh. x. 10.

3. "Is iad na h-ionstrumainte leis am beil an t-iompacha so ga oibreacha' ministrealachd an fhocail, agus am focal féin." (1.) "Ann Iosa Criosd ghin mise sibh, troi' an t-soisgeil," 1 Cor. iv. 15. Is iad ministearan Chriosd an dream a th' air an cur a dh' fhosgla suilean dhaoine, 's ga 'n iompa dh' ionnsui' Dhia, Gniomh. xxvi. 18. (2.) Tha sinn air ar n-ath-ghintein le focal na firinn: is e so a shoillsicheas an t-suil, a dh' iompaicheas an t-anam, Salm xix. 7, 8, is a tha comasach air ar deana glic a chum slainte, 2 Tim. iii. 15. Is e so an siol neothruaillidh leis a bheil sinn air ar n-ath-ghintein, 1 Pead. i. 23. Ma tha sinn air ar glana', 's ann leis an fhocal, Ephes. v. 26. Ma tha sinn air ar naomhacha', 's ann trid na firinn, Eoin xvii. 17. 'S e so ata 'g oibreacha' creideimh ananinn, is ga 'r n-ath-ghineamhuin, Rom. x. 17. Seum. i. 18.

Cia mor an speis bu choir a bhi agaibhse do'n fhocal, O dhaoine naomha! oir is ann leis a bha sibh air 'ur n-iompacha? Cia durachdach bu choir dhuibhse bhi ga irruidh, O pheacaicha! oir is an leis is eigin duibh bhi air 'ur n-iompacha cuideachd; cha'n 'eil meadhon gnathaichte sam bith ann ach e. Sibhs' a mhothaich a chumhachd ga'r n-athnuadhadhacha', bithibh toigheach uime 'm fad is beo sibh; bithibh gu brath taingeil air a shon: ceanglaibh e m'ur muineal; sgriobhaibh air 'ur dearnaibh e; taisgibh nur broillach e, Seanr. vi. 21, 22. Nuair a tha sibh ag imeachd, deanadh e 'ur stiura': nuair a tha sibh a' cadal deanadh e 'ur coimhead; nuair a tha sibh a' dusga', deanadh e cainnt ribh. Abraibh leis an duine naomh Daibhi', cha dichuimhnich mi chaoidh' t-iartais, oir leo-san rinn thu mo bheothacha', Salm cxix. 93. Sibhse tha neo-iompaichte, leughaibh am focal le curam, dluthaichibh ris an aite 'm bheil e air a shearmonacha' le cumhachd; lionaibh na dorsa mar a mhor-bhuidheann easlan, dhall, bhacach, shearg-ta a' feithe' ri gluasad an uisge, Eoin v. 3. Guidhibh gu'n tigeadh an Spiorad anns an fhocal: thigibh chum na Searmoin o'ur gluinean, agus thigibh o'n t-searmoin gu'r gluinean a-ris. Cha'n fhas an siol mur be e air uisgeacha' le deoir is le urnuighean is air altrum le culsmuainte cho math as le ul'acha'.

4. "Is e crioch an iompachai (na run an Ti tha ga oibreacha') slaint' an duine, 's gloir Dhé." Tha sinn air ar tagha trid naomhachai' chum slainte, 2 Thess. ii. 13. air ar gairm, a chum as gu'm bithmid air ar gloracha: Rom. viii. 30, ach gu h-araid a chum as gu'm biodh Dia air a ghloracha', Isai. lx. 21. gu 'n cuireamaid 'n ceill

a chliu, 1 Pead. ii. 9. 's gu 'm bithmid tarbhach ann an deagh oibre, Col. i. 10. O chriosduidh! na di-chuimhnich ciod a chrioch gus an deachai do ghairm; leig le d' sholus dealra', Mat. v. 16. leig le d' lochran lasadh, is le d' thoradh a bhi math agus pailt, is an deadh àm, Salm i. 3. biodh t-uile run a reir run Dé, a chum anns gach ni gu 'm biodh esan air a ghloracha leat, Phil. i. 10.

5. "Is e an neach tha air atharracha, mar so am peacach taghta, agus sin gu h-iomlan, na uile cheatfaidh agus chumhachdan, na bhallaibh uile, 's na inntinn." Cha 'n e an seann tigh a leasachadh ach a leagail, is aitreabh ur a chur suas na aite, a ni iompacha': cha mho is e mir do eudach ùr a chur air an t-seann trusgan; ach an aitreabh is an trusgan a bhi gu h-iomlan nuadh. Tha naomhachd a' ruith ro' cheatfaidh ro' chridhe, 's ro' chaithe-beatha 'n duine iompaichte. Is duine nuadh e, Ephes. iv. 24. nuadh chreatair. "Tha na h-uile ni nuadh." 2 Cor. v. 17. Tha iompacha a' dol domhain, is a ruigheachd air a chridhe, Gniomh. ii. 37. agus vi. 14. a' tilge gach ni bun os ceann, is a' fagail duine mar gu 'm b' ann an saoghal eile. Tha e ruith air feadh an duine gu h-iomlan, na inntinn, na bhallaibh, is na chaithe-beatha anns gach earrainn deth.

1. "Na inntinn." Tha e a' deanadh atharrachadh iomlan an taobh astigh. An toiseach, tha e ag atharrachadh na barail, agus breithneachadh na h-inntinn, air chor 's gu bheil an saoghal is gach ni th' ann mar neo-ni ann an suilean an duine iompaichte, an coimeas ri Dia 's ri ghloir, Gniomh. xx. 24. Phil. i. 20. Salm lxxiii. 25. Fosglaidh e suil na h-inntinn, agus

tionndaidh e daoine o dhorchadas gu solus," Gniomh. xxvi. 18. Ephes. iii. 8. 1 Pead. ii. 12. An duine nach faca roimhe cunnart sam bith na staid, tha e nis ga fhaicinn féin caillte, caillte gu tur, Gniomh. ii. 37. ni 's lugha na bhios e air ath-nuadhacha' le cumhachd grais. Esan a shaoil roimhe nach robh moran cron sa pheaca', tha e 'nis a' faicinn nach 'eil dorainn sam bith coimeas da: tha e faicinn gu bheil am peaca' na ni mi-reusant', eacorach, agus roghraineil; air chor as gu bheil e ga sheachna 's a' teiche' uaithe, is grain aige seadh dhethféin arson bhi ciontach ann, Rom. vii. 18. Iob xlii. 6. Esec. xxvi. 31.

Nis, a reir an t-soluis nuaidh so, tha caochla inntin agus breathnachaidh aig an duine na bh' aig roimhe; nis is e Dia gach ni leisan; cha 'n 'eil neach aig "air neamh na air thalamh coimeas da," Salm lxxiii. 25. Tha e ga roighneacha' ro' 'n domhan uile; 's fearr leis a chaoi'neas gradhach na beatha: is solasaiche leis dealradh a ghnuis na ola 's fion, is gach teachdan-tir air an do shocruich e roimh sin a chridhe, Salm iv. 6, 7. 'S e so guth an duin' iompaichte; "Is e 'n Tighearna mo phòrsan, their m' anam: Co th' agam air neamh ach thusa? 's cha'n eil neach air thalamh air a bheil mo chion ach thu, Is e Dia neart mo chridhe, 's mo chuibhrionn buan am feasd," Salm lxxiii. 25, 27. Tuir. iii. 24.

San dar h-aite, "bheir iompacha' do dhuine caochla toile, araon a thaobh nam meadhona agus na criche." 1. "Tha 'n run air atharracha'," Esec. xxxvi. 26. Ier. xxvi. 33. Isai. xxvi. 8, 9. Tha crioch nuadh is run nuadh aig an duine iompaichte. Tha nis Dia thar gach ni na aire, 's cha 'n 'eil suim aige do ni san t-

saoghal coimeas ri Criosd a bhi air a chliudhacha' leis, Phil. i. 20. Tha e ga mheas féin ni 's sona' ma chuireas e onoir sam bith air Criosd, na ma ni e seirbheis sam bith dha na ghinealach, na 's na h-uile ni eile 's urr' an saoghal a thoirt seachad. Is e 'n aon ni sonraicht' a th' air aire ainm Ios', a bhi air ardacha, san t-saoghal, agus sguaban a bhrathar a striochda sios uile da sguaibsan. Gen. xxxvii. 7.

A leughdair, am beil thus' a faicinn so, nach 'eil thu feoruich dhiot féin, an e so is run duitsa? Stad tamull, agus smuainich air a ghnothach chudthromach so.

2. Tha roghainn an duin' iompaichte air a h-atharracha' cho math ri run. Tha e nis a' roighneacha' sligh' eile, Salm cxix. 15. Tha e rioghneachadh Dhia mar a chuibhrionn, Criosd mar a Shlanui'fhear is naomhachd mar a shlighe dh' ionnsuidh Dhia, Eoin xiv. 6. Rom. ii. 7. Tha e roighneachadh Iosa mar a Thighearna. Col. ii. 6. Cha 'n ann arson eigin idir a tha e dol dh' ionnsuidh Chriosd, mar gu 'n seideadh an doinionn e; ach tha e gabhail ris le run suidhichte mar an roghainn is fearr, Phil. i. 23. is an ni a thaghadh e ro' ionmhas an t-saoghail so uile, ge d' fhaigheadh e 'n t-iomlan cho fhad as a b'aill leis. A ris, tha e gabhail, naomhachd mar a shlighe, 's a' gluasad na ceima, cha 'n ann an aghaidh a thoil ach le togra' 's lan-speis di: "Roighnich mi slighe t-aitheanta," Salm cxix. 173. Tha e meas lagh Dhé, cha 'n ann mar a chuing', ach mar oighreachd, seadh oighreachd bhith-bhuan, rann 111. Tha e gabhail teisteis Dé, cha 'n ann mar chuibhreach na mar uallach, ach mar a sholas is mar a shonas, 1 Eoin v. 3. Salm cxix. 14, 16, 17. Cha 'n e mhain gu bheil

e giulan cuing Chriosd, ach tha e ga gabhal. Tha e gabhail naomhachd, cha 'n ann mar a ni 'n duine tinn deoch-leighis shearbh a's eigin da ol no basachadh, ach mar a ghabhas an duine acrach am biadh d' am bi speis aige. Cha 'n 'eil uin' air bith cho taitneach leis (nuair tha e na bheachd féin,) ris an uine sin a tha e buileachadh ann an oibre naomha. 'S iad so a sholas agus aidhear; miann a shul agus aoibhneas a chridhe, Iob xxiii. 12. Salm cxix. 82, 131, 162, 174, agus lxiii. 5. Cuir a nis do choguis dh' fheuchainn an tu féin an duine. O cia sona thu ma 's e so do chor! Ach feuch gu'm bi thu curamach agus mion ann an ceasnacha' cho chudromach.

Anns an treas aite, " bheir iompacha do dhuine caochla' aigne," 2 Cor. vii. 11. Tha so air fad a' ruith ann sruth-chlais nuadh: tha Iordan a nis air a philleadh air ais, is a shruth a' ruith an aird, an aghaidh cursa naduir.

Is e Criosd a *dhochas*, 1 Tim. i. 1. is e so *ionmhas*, Phil. iii. 8. is ann an so tha shuil, is ann an so tha chridhe. Mar cheannaiche bhiodh ullamh gu basachadh san doinionn, tha e toileach gach ni tha aige thilgeil thar bord, ma dh' fheudas e ach an t-aon seud so a ghleidhe.

Tha a cheud thogra', cha 'n ann an deigh oir, ach an deigh grais, Phil. iii. 13. Tha ciocras air na dheigh mar dhuine acrach; tha e ga iarruidh mar airgiod is a' claodhach air a shon mar ionmhas foluichte: b' fhearr leis bhi grasmhor na bhi saibhir: b' fhearr leis gu 'm b' e duine bu naomha air thalamh, na chumhachdaiche. Am fad as a bha e feolmhor b' i chainnt, O! nam biodh urram mor agam, is pailteas storais agus saibhreis; nam biodh m' ainmheach

air a phaighe', 's teachd-an-tir agam féin is aig mo chuideachd, an sin bu duine sona mi. Ach a nis tha a ghuth air atharracha' : O ! ars' an duin' iompaichte, nam biodh mo pheacaidh air an claoi', nam biodh a leithid sin do thomhas grais agam a leithid sin do cho-chomunn le Dia, ge d' bhithinn bochd agus suarach, cha bhiodh umhail agam dheth, mheasainn mi féin am dhuine sona, A Leughdair, an i so canain t-anamsa ?

Tha *aoibhneas* an duine iompaichte air atharachadh. Is aoibhniche leis slighe teisteis Dé, na saibhreas mor da mheud, Salm cxix. 14. Tha e "gabhail toil do naomh-reachd Dhé," cha 'n 'eil aoibhneas air bith aige coimeas do bhi smuainteachadh air Criosd, a' mealltuinn a chuideachd, is a faicinn a luchd-muinntir a soirbheachadh.

Tha a *churam* air a ghlan atharracha' ; bha uair a bha a chridhe leagta cho mhor air an t-saoghal as gu 'm bu leoir leis mionade iomallach uin' a bhuilleachadh air anam. Ach a nis cha 'n 'eil curam tuill' air arson nan asail, oir tha a chridh' air a shocrachadh air an rioghachd. A nis is e 'n aon ni tha cur iomgain air "Ciod a a ni mi chum as gu 'n sabhalar mi ?" Gniomh. xvi. 32. Is e churam sonraicht' anam a thearnadh. O cia taingeil a bhiodh e dhuit nan cuire' tu as amharus e mu thiomchioll so !

Tha *eagal* air atharracha mar an ceudna : Eabh. xi. 25, 27. Aon uair cha robh na sam bith a' cur uirread eagail air ri call a mhaoin na urram na toil-inntin a chairdean, is tuiteam fa diumbadh dhaoine cumhachdach ; cha robh ni air bith a b' eagalaiche leis na iomra chluinntin air pein, na bochdainn, na michliu : ach a nise tha na nithe so faoin na shuilean an coimeas ri eas-onoir na diumadh Dhé, Cia faicilleach a tha e gluasad

mu 'n saltair e air rib, na mu 'm faigh e tuisleadh! Tha eagal air an conuidh, tha e sealltuin roimhe 's tha e gu bitheanta ga tilgeil thar a ghualainn, mu 'n glacar e uair sam bith le peaca, Salm xxxix. 1., Seanr. xxviii. 14., Ecles. ii. 14. Tha e fo oillt ma thuiteas da uirread as smuainteach air fabhar Dhé a chall; is e so an t-aon ni tha eagal bais aige roimhe, Salm li. 11, 12, agus cxix. 8. Cha 'n eil ni san domhan a chraidheas e cho mor ri smainteachadh air dealacha' ri Criosd.

Tha a *ghaol* a' ruith ann am mutha' rathaid. "Chaidh mo ghaols' a cheusadh! ars' Ignatius a' labhairt mu thimchioll Chriosd. Is e so mo ghradhsa," ars' an leannan, Caintic. v. 16. Is cia mor an sòlas leis a bheil Augustin gu bitheant' a' dortadh amach a ghraidh air Chriosd? "Faiceam thu, O sholuis mo shul! Thig, O aoibhneis mo spioraid. Dearcam ort, O bheatha 'm anama. O nochd thu féin domh, mo mhor-agh, is mo lan-chomh-fhurtachd; mo Dhia, mo bheatha, 's uile ghloir m' anama Leig dhomh t-fhaicinn, O mhiann mo chridhe. Leig dhomh do ghleidhe, O ghaoil m' anama. Leig dhomh do ghlaca, leig dhomh do mhealtuinn O fhirnuadh-phosda neamhaidh."

Tha a *bhron* cuideachd a' ruith arson muth' aobhair, 2 Cor. vii. 9, 10. Sealla d a pheacai', 's do Chriosd air a cheusadh, is gann a dhruidheadh air roimhe, cia goirt a tha iad anis a ruigheadh a chridhe!

Tha *fhuath* air ghoil, is a chorruich a' lasadh an aghaidh a pheacaidh, Salm cxix. 104. Cha 'n 'eil faighidin aige ris féin; tha e ga mheas féin mar amadan, is a' meas ainm air bith tuille 's math air a shon, 'nuair tha fhearg air a dusga,

suas an aghaidh a pheacai', Salm lxxiii. 22 Seanr. xxx. 2

A nis mata "dean thusa comhra' ri d' chridhe féin," is feuch ciod an taobh tha t-aigne am bitheantas a' ruith, is do chridh ag aomadh, am beil no nach 'eil e dh'ionnsui' Dhia ann an Criosd osceann gach aon ni eile. Tha gun amharus, dusgadh aigne, grad agus laidir, r' a fhaotainn gu tric ann an cealgairean aig a bheil nadur buailteach d a leithid sin do thiomadh: agus, air an laimh eile, tha na naoimh iad féin as eugmhais an aigne mhothachail so, far am bheil an nadur ni 's maille, 's ni 's do-dhusgaidh. Is i cheist mhor am beil an inntinn is an toil gu daingean air an socrachadh air Dia, thar gach ni eile o'm bheil againn ri bheag na mhor de bhuannachd: 's ma tha 'n t-aigne gu treibh-dhireach a leantuin na roghainn so ged nach 'eil e cho laidir na cho mhothachail as bu mhath leinn cha n 'eil agadh nach 'eil an t-atharacha' slanteil.

2 Tha n t-iompacha' iomlan "air feadh nam ball uile." Na buill a bha roimhe nan ionnstruimainte do 'n pheaca', tha iad a nis nan soithiche naomh am beo-theampul Chriosd, Rom. vi. 16; 1 Cor. iii. 16. An *t-suil* a bha roimhe so luaineach, macnusach, ardanach, sanntach, tha i nis, cosmhuil ri suil *Mhuire*, ri bron osceann a peacaidh, Luc. vii. 38. a' dearcadh air Dia na oibre, Salm viii. 3. a' leughadh fhocail, Gniomh. viii. 30. a' sealltuinn sios agus arson diol-deirc 's cuspaire trocair, is arson cothrom agus fath seirbheis air bith a dheana do n Tighearna.

A *chluas* a bha roimhe so fosgailte do ghairm an Aibhisteir, is aig nach robh uirread speis do ni sam bith as a bh aice do chomhra' salach agus faoin, is do ghaire an amadain, tha i

nis air a fuaigheal ri dorus tighe Chriosd, fos gailte da theagasg. Tha i 'g ra' "Labhair, a Thighearna, oir tha do sheirbhiseach ag eisdeachd;" is tha ciocras orra 'n deigh fhocail mar an deigh uisge 's ga mhiannacha' ni 's mo na 'n teachd-an-tir a bheathaicheas e, Iob xxiii. 12. "ni 's mo na mhil is a chir-mheala," Salm xix. 10. "An *ceann*, a bha lan do innleachda' saoghalta, tha e nis air a liona' le nithibh eile, 's air a shocrachadh air toil Dé, Salm i. 2. agus cxix. 97. Na *smuainte* 's an curam a tha ga liona', 's ann mu Dhia thoileacha' 's mu 'n pheaca' sheachnadh a tha iad gu h-araid air am buileachadh.

An *cridhe* bha lan do mhianna graineil, tha e nis air fas na altar chubrai', far am bheil teine graidh do Dhia air a ghleidhe 'n conui' beo; is o 'm bheil gach aon la iobairt urnuigh, agus molaidh, maille ri tuis athchuinge naoimh, bith-urnuigh agus osnaich', a sior dhol suas, Salm cviii. 1. agus cxix. 20. agus cxxxix. 17, 18.

Tha *bheul* air fas na thobar beatha, a *theanga* mar airgiod taghta, 's a *bhilean* a beathacha' moran, o 'n tha 'nis chomh-ra' air a dheana' blasda le gras. Col. iv. 6. is am beul air a ghlanadh o choluadar salach, o mhiodal, o bhosd, o bhreugan, o mhionan, o chulchaine, bha aon uair a' bristeadh amach nan lasraichean o 'n ifrinn sin a bha sa' chridhe, Seum iii. 6, 7.

An *sgornan*, a bha roimhe mar "uaigh fhosgailte," Rom. iii. 13. tha e nis a cur amach dea'-bholadh urnuigh, agus naomh-choluadar, is tha 'n duin' a' labhairt ann an teangaidh eile, eadhon an' canain *Chanaain*, is a' gabhail an tlachd is mo ann a bhi labhairt mu Dhia, mu Chriosd, is mu shaoghal eile. Tha bheul a' cur an ceill gliocais, agus is i theanga (th' air fas na trompaid

airgid a chliudhachadh a Chruthai'ir) a ghloir, is am ball a's fearr do bhallaibh.

A nis so far am faigh thu 'n cealgair failneach Labhraidh e, theaga', mar aingeal, ach tha a chridhe, sanntach, no duais an easionracais na laimh? no ma tha a lamh glan, tha 'chridhe lan do shalchar, Mat. xxiii. 27. lan do churam milaghail, do anamianna neochlaoidhte, do uabhar agus do mhi-run. Theaga, mar iomhaigh Nebuchadnesair, gu bheil, *a cheann do dh' or*, gu bheil moran eolais aige; ach tha chasan do *chreidh*, tha aigne saoghalta, tha inntinn talmhai', tha ghiulan feolmhor. Lean an diomhair e, 's gheibh thu a lorg ann an leth-rathad-eigin peacach; cha'd atharraich e ach ann an cuid do nithibh.

3. Tha 'n t-iompacha' iomlan "air feadh a chaith-beatha 's a ghiulan." Tha 'n duine nuadh ag imeachd an slighe nuadh, Eph. ii. 2, 3. Tha a choluadar air neamh, Phil. iii. 20. Cha luaith' a ghairmeas Criosd, le ghras eifeachdach, na ni esan air ball a leantuinn, Mat. iv. 20. 'Nuair tha Dia a' toirt da cridhe nuadh, is a sgriobhadh a lagh air inntinn, tha esan air ball a' gluasad na shlighe 's a coimhead aitheanta, Esec. xxxvi. 26, 27.

Ge d' robh peaca' ann fathasd, gidheadh "cha 'n 'eil uachdranachd aige ni 's mo *os a cheann*," Rom. vi. 7. 14. "tha thoradh aige chum naomhachd," Caib. vi. 22. Is ge d' fhaigh e ioma' tuisle, gidheadh is e lagh na beatha agus Ios' a tha e ag sior-leantuinn, Salm cxix. 30. Eabh. xii. 2. is tha speis aige do aitheanta Dhé air fad, is a choguis a' gabhail suim do na peacaidh is lugha 's do na dleasnais is suaraiche, Salm cxix. 113.

Tha fhailinn agus anmhuinneachd féin nan

leth-trom air anam: cosmhuil ris an smuirnein a bhios an suil duine, ge nach 'eil e ach beag tha e ro-dhraghail. (O dhuine! 'm bheil thu a' leugha so, 's gun thu sealltuin astigh air t-anam le féin-cheasnacha'?) Cha 'n 'eil am fior-aithreach na aon duine san eaglais, is na dhuin' eil' aig an tigh; naomh air a ghluinean agus carach na bhuth agus na ghnothaichean; cha toir e deachamh a' mionnt' agus cuimin ann dochas gu'n diol sin arson dearmaid a dheanadh "air nithe cudthromach an lagha, ceartas agus trocair; cha ghabh e os laimh bhi diadhai' 'nuair tha e leigeil thairis a dhleasnais do dhaoine, Mat. xxiii. 14. ach tha e pilleadh o uile pheacaidh, is a' coimhead uile orduigh Dhé, Esec. xviii. 21. 's ge nach urradh e so dheana' gu foirfe, gidheadh tha e ga dheana' gu dicheallach agus gu treibhdhireach; gun cheadachadh dha féin aon sam bith dhiubh a bhristeadh, Rom. vii. 15. A nis tha speis aige do 'n fhocal, tha e durachdach ann an urnuigh, is tha e fosgladh a laimhe 's a tarruinn amach anama do 'n fheumach agus do 'n acrach, Rom. vii. 22; Salm cxix. 4.; Isai. lviii. 10. Tha e bristeadh air falbh a pheacai' le fireantachd, "agus aingidheachd le trocair a nochda' do na bochdaibh," Dan. iv. 27. Tha deadh choguis aige, toileach a bheath' a chaithe gu cubhaith anns na h-uile nithe Eabh. xiii. 18. 's e féin ghleidheadh gun oilbheum araon a thaobh Dhia agus dhuine.

An so a ris chi thu mi-fhallaineachd moran do luchd aidmheil, a tha ga meas féin nan Criosdui'ean math. Tha iad bristeach anns an lagh, Mal. ii. 9. a toirt fainear nau dleasnais is araide agus is usa, ach cha 'n 'eil iad a' dol roimh an obair gu h-iomlan; tha iad mar bha Ephraim o

shean, cosmhuil ri aran nach deach a thionnda', Hos. vii. 8. Theaga gu faigh thu iad faicilleach nan cainnt, is cothromach nan gnothaiche, 's gidheadh gu'n saothair air bith chur orra féin an obair na diadhachd; agus mu thiomchioll iad féin a cheasnacha', 's an cridh' a riaghla', cha 'n aithne dhoibh, ciod is ciall da. Gheibh thu iad coilionta san t-searmoin, ach lean iad gu'n teaghlaiche 's an sin chi thu gur beag aire th'aca air ni sam bith ach an saoghal; no ma tha seorta rathaid ac' air aora' nan teaghlaichean, lean iad gu 'n seomar uaigneis is chi thu 'n sin gur beag an suim da 'n anam. Theaga gu bheil beagan do choslas diadhaidh orra, 's gidheadh nach 'eil iad a' cur srein r' an teangaidh is mur sin gu bheil an diadhachd uile diomhain, Seum. i. 26. Theaga gu bheil iad a' cleachdainn urnuigh araon nan teaghlaichean agus nan seomraichean, am follais agus an diomhair, ach lean iad gu 'm buthain agus gu 'n gnothaichean, 's an sin gheibh thu iad a' gnathacha bhreug, na foill-eigin eile gu cothrom a ghabhail air an coimhearsnach. Mar so gheibh thu 'n cealgair failneach anns gach earrainn da umhlachd.—An deigh na h-uir read a ra mu thiomchioll na muinntir a th' air an *Iompacha'*, feuchamaid a nis.

6. *Co uaidh* a tha sinn a' tionndadh, agus *co dh'ionnsuidh*."

I. Is iad na nithe sin o 'm bheil sinn a tionnda' san iompacha' so, am peaca', an t-Aibhisteir, an saoghal, agus ar fireantachd féin.

An toiseach, *am peaca'*. Nuair a tha duin' air iompacha', tha e cur cul gu brath ris a pheaca'; seadh, ris gach uile pheaca', Salm cxix. 128. Ach gu sonraichte, r'a pheacaidh féin, is gu h-araid ris a pheaca' bu toighiche leis, Salm xviii.

23. Is e 'm peaca' tha dusgadh a dhiumadh agus a chorruich, 2 Cor. vii. 11. Is e so cuideachd a tha dusgadh a bhroin, ga leon agus ga lot. Tha e ga mhothacha' mar lann na thaobh, no mar bhior na shuil. Tha e caoidh agus a' gleachd fodha, 's a' glaodhaich gu goirt, Och is duine truagh mise! Cha 'n 'eil uallach air bith is truime leis na a pheaca', Salm xi. 12. Nan tuga' Dia dha a roghainn, ghabhadh e os laimh trioblaid air bith fhulang air ghaol bhi saor o pheaca: tha e ga mhothacha' so mar chloich gheir na bhroig, a tha ga lot agus ga chradh gach ceum a tha e siubhal.

Mu 'n d' iompaicheadh e bha barail fhaoin aig air a pheaca'. Mar a rinn Uriah air uan, dh' araich e 'na uchd e; "dh' fhas e maille ris." Ach air do Dhia a shuilean fhosgla' le iompacha', tha e ga thilgeil uaithe le grain, Isai. xxx. 22. 'Nuair a thig atharracha' slainteil air duine, tha geur mhothachadh aige cha 'n e mhain air cunnart, ach mar an ceudn' air graineileachd a pheacaidh; agus O cia durachdach a guidhe ri Dia gu 'm biodh e air a ghlanadh! Tha grain aige dheth féin arson a pheacai' Esec. xxxvi. 31. Tha e ruith a dh' ionnsui' Chriosd, is ga thilgeil féin san tobar-ghlanai' sin a tha arson peacaidh agus neo-ghlaine, Sechar. xiii. 1.

Tha 'n duin' iompaichte, le uile chridhe, a' gleachd agus a' cogadh an aghaidh a pheacai': tha e gu tric air a sharachadh, ach gu brath cha striochd e, 's cha leag e sios arma; ach cuiridh e cath math a chreidei' cho fhad 's is beo e. Is urradh e maitheanas a thoirt do namhdean eile, is urradh e truas a ghabhail diu, is urnuigh a dheanadh as an leith, Gniomh. vii. 60. ach an so cha ghabh e ri reite, tha e leagta ri dioghaltas:

cha choigil a shuil is cha chaomhainn a lamh, ged bhiodh e dha mar laimh dheis no mar shuil dheis. Biodh e na pheaca' prodhaiteach na solasach, na cliuteach am measg a chairde saoghalta, gidheadh is fear leis a' phrodhait, an solas, agus an cliu so chall, na ceadacha' dha féin buanachadh am peaca' sam bith le fios da, Luc. xix. 8. Cha nochd e baigh na cairdeas air bith ri aon pheaca': ait air bith an tachair e ris tha e ga chronachacha' 's a' cur na aghaidh, gun fhailt air bith aige ri chuir air is fearr na " An d' fhuair mi thu, O mo namhaid !

A leughadair, an robh do choguis aig a h-obair am feadh a bha thu sealltuin thairis air na briathran so? An do chnuasaich thu na nithe so ann do chridhe? An do leugh thu 'n leabhar an taobh astigh, a dh' fheuchainn am beil na nithe so da rireadh mar so? Mur d' rinn thu so, leugh na nithe so a ris, is thoir air do choguis labhairt, agus innse' dhuit gu soilleir an i no nach i so do staidsa.

An do "cheus thu 'n fheoil, le h-aigne 's le h-anamianna;" 's an d' rinn thu cha 'n e 'mhain do pheacaidh aideachadh, ach mar an ceudn' an treigsinn gu builleach, ad run is ad dhurachd, agus an seachnadh ann ad chaithe-beatha; gun bhi ciontach an aon air bith dhiu le d' dheoin no le fios duit? Mur d' rinn thu so cha 'n 'eil thu air t-iompacha' fathasd.

San dara h-aite, tha sinn a' philleadh o'n Aibhisteir. Tha iompachadh a' ceangal an duine laidir, a' toirt uaidh arma, tilgeil a mach 'airneis, agus a' pilleadh dhaoine o chumhachd an Aibhisteir a dh' ionnsui' Dhia, Gniomh. xxvi. 18. Roimhe so, cha luaithe a smeideadh an t-Aibhisteir le 'mheur ris a pheacach, ga ghairm gu

cuideachd olc, gu cluiche chronail, no gu solas graineil; na dheanadh e air ball a leantuinn, "mar an damh a dh' ionnsuidh a chasgraidh, is mar an t-amadan gu smachdachadh a chuip; mar a dheifricheas eun a chum an rib, is gun fhios aige gur ann chum a bhais ata e." Ach an deigh bhi air iompacha' tha e toirt seirbheis do mhaighstir eile, 's a' gabhail mutha rathaid, 1 Pead. iv. 4. tha e falbh agus a' teachd air smeide' Chriosd, Col. iii. 24. Air uairibh feudai' Satan a chas fhaotainn a sas, ach da dheoin cha bhi e na thraill aige ni 's faide. Tha e seachantach air gach rib is buaire, 's air fhaicill an aghaidh innleachdan an Aibhisteir: anns gach ni tha eud aige roimhe, eagal gu 'n toir e uair air bith oidheirp air, no gu faigh e teum air. Tha e "gleachd ri uachdrana agus ri cumhachdan," Ephes. vi. 21. Tha shuil an conuidh air a namhaid, 1 Pead. v. 8. is tha e ri faire anns gach dleasnas, a chum as nach faigh a namhaid greim air.

San treas aite, tha sinn a' pilleadh o 'n t-saoghal. Roimh iompacha' 's e 'n saoghal aig a bheil a bhuaidh. Tha duin' a striochdadh an dara cuid do Mhammon no do dheagh chliu féin; no tha "barrachd graidh aige do sholas na th' aige do Dhia," 2 Tim. iii. 4. So far am bheil freamh ar truaighe o 'n cheud leaga'; tha aomadh ar cridhe dh' ionnsuidh a chreutair ni 's mo na dh' ionnsui' Dhia, 's tha sinn a' toirt do 'n chreatair an speis, an earbsa, agus am meas sin bu chubhai' dhuinn a thoirt do Dhia na aonar, Rom. i. 25.; Mat. x. 37.; Seanr. xviii. 11.; Ierem. xvii. 5.

Ach tha gras an iompachaidh a' cur gach ni ceart a ris. Tha e cur Dhia san righ chathair, agus an saoghal aig stol a choise, Salm lxxiii. 25.

Tha e cur Chriosd anns a' chridhe, 's an saoghal fa chois. Ephes. iii. 17. Taisb. xii. 1. Is amhluidh their Pol, "tha mis' air mo cheusa' do 'n t-saoghal agus an saoghal dhomhsa," Gal. vi. 14. Roi' 'n atharracha' so b' i aon iomguin, "Co nochdas duinn (do nithe 'n t-saoghail so) aon ni math?" Ach a nis tha e seinn mutha ceileir, "A Thighearna, tog thusa dealra' do ghnuis ormsa," 's biodh coirc is fion is sochairean an t-saoghail so aig a mhuinntir leis an ail, Salm iv. 6, 7. Roimhe so, bha miann is toil-inntin a chridhe san t-saoghal; agus is e b' oran da 'n sin, "Anam, gabh t-fhois; ith, ol, is bi subhach; tha gu leoir do mhaoin agad air a thaisgai' suas arson ioma' bliadhna." Ach a nis shearg so uile, "'s cha 'n 'eil ailleachd air bith ann gur fiu leis iarruidh." Air an aobhar sin tha e seinn le Salamadair binn Israeil, "Ni m' anam uaill san Tighearna; 's e Dia cuibhrionn m' oighreachd; thuit mo chrannochar ann an aite aoibhneach, agus is breagha m' oighreachd." Tha e ga mheas féin sona, 's a' deana gairdeachas na Dhia, Salm xxxiv. 2. Tuir. iii. 24. 's cha 'n 'eil ni sam bith eile comasach air a thoileacha'. Sgriobh e diomhanas agus briste cridhe air gach aon toil-inntin shaoghalta, Eccles. i. 2. aolach agus calldach air gach ni oirdheirc air thalamh, Phil. iii. 7, 8. Is iad beath' is neo-bhasmhorachd air am bheil e nis an ti, Rom. ii. 7. Tha e dian-shire' grais agus gloir, is an toir air a chrun air nach tig smal, 1 Cor. ix. 25. Tha a chridhe leagt' air Dia iarruidh, 1 Chron. xxii. 19. agus 2 Chron. xxii. 19. agus 2 Chron. xv. 15. Air tus agus thar gach aon ni, tha e 'g iarruidh rioghachd Dhé agus fhireantachd san; is cha 'n 'eil diadhachd na shuilean ni 's mò mar ni faoin, ach mar

an ni is ro-chudthromiche. Mat. vi. 33. Salm xxvii. 4.

A nis mata, dean stad beag, is seall an taobh astigh dhiot. Ciod ris am mò do ghnothach-sa na so ? Nach 'eil thu gabhail os laimh gu 'm buin thu do Chriosd, ach nach 'eil thu toirt geill do 'n t-saoghal ; Seadh nach 'eil thu gabhail tuille speis agus tlachd san t-saoghal na annsan ? Nach 'eil thu ga d' mhothacha' féin ni 's sunntaiche 's ni 's toilichte 'nuair tha 'n saoghal a' dol leat mar do mhiann, is tu air do chuartacha' le sòlasan talmhai', na 'nuair tha thu air dol a thaoibh gu urnuigh agus smuainte 'n diomhair, na gu feitheadh air Dia na fhocal agus na aora'? Cha 'n 'eil comhar' air bith is cinntich' air neach a bhi fathasd neo-iompaichte, na nithe 'n t-saoghail a bhi 'n uachdar na thogra', na speis, agus na mheas, I Eoin ii. 15. Seum. iv. 4.

An cridhe gach neach ata fior-iompaichte, 's ann aig Criosd a tha 'n uachdranachd. Cia ionmhuinn leis an neach sin ainm ? Cia cubhrai' leis a bhola ? Caint. i. 3. Salm xlv. 8. Tha ainm Ios' air a ghearradh air a chridhe, Gal. iv. 19. 's air a thasgai' mar cheanglachan mir (mar luibhean cubhrai') na bhroilleach, Caint. i. 13, 14. Na bheachdsan, cha 'n 'eil an onoir ach àile, 's cha 'n 'eil ann an sugradh ach cuthach : is thuit Mamon sios, cosmhuil ri Dagon roimh an airce, riabh o 'n chaidh Criosd air mhodh slainteil a leige' ris da. 'S e so a chlach phriseil do 'n fhior iompachan, 's e so ionmhas, 's e so a dhochas, Mat. xiii. 44, 45. 'S e so a ghloir, " Is leamsa mo ghradh, agus is le-san mise," Gal. vi. 14. ; Caint. ii. 16. O! 's aoibhneiche le-san gur urradh e radh, Is leamsa Criosd, na ged fheudhadh e radh, Is leamsa an rioghachd, Is leamsa na h-Innsean.

Sa cheathramh aite, tha sinn a' pilleadh o 'r fireantachd féin. Mu 'n iompaichear duine, 's i oidheirp e féin a chodacha' le dhuilleaga-fige féin, Phil. iii. 6, 7. Gen. iii. 7. is a shlanacha' le oibre féin, Mic. vi. 6, 7. Tha e ulla' gu earbs' a dheanadh as féin, Luc. xvi. 15. agus xviii. 9. gu fhireantachd féin a sheide suas, agus gu striochda do fhireantachd féin, ni 's mo na gu striochda do fhirinteachd Dhé, Rom. x. 3. Ach bheir iompacha' dha mutha inntin ; tha e 'nis a tilgeil air falbh fhireantachd féin mar bhroineig shalaich, Isa. lxiv. 6. A nis tha e bochd na spiorad ; Mat. v. 3. ga dhite 's ga chasaid féin, Rom. vii. a' faicinn gu soilleir gu bheil e " ainniseach agus truagh, agus bochd, agus dall, agus lomnochd," Taisb. iii. 7. Tha e faicinn saoghal do aingidheachd feadh an nithe naomha; tha e faicinn nach 'eil ach salchar na fhireantachd féin as an robh e deana' bun, is cha ghabhadh e os laimh arson mile saoghal a bhi air fhaotainn innte tuille, Phil. iii. 4, 7, 8, 9. Tha mheur do ghnath air a leon, Salm ii. 3, air a pheacaidh, air uireasuidh. Tha nis meas mor aig air fireantachd Chriosd: tha e faicinn an fheum a th' aige air Criosd anns gach aon dleasnas, araon a chum a phearsa 's a dheanadas fhireanacha'. Cha 'n urradh e bhi beo as eugais ; cha 'n urradh e urnuigh a dheanadh as eugais. Is eigin da Chriosd dol maille ris, air neo cha 'n urradh e teachd an lathair Dhé ; tha thaice ri laimh Chriosd, 'nuair a tha e ga striochda féin an tigh an Tighearna ; tha e ga mheas féin mar dhuine caillte as eugais: tha a bheatha falaichte 's a' fas ann an Criosd, mar fhreamh craoibhe tha faotainn beatha 's daighneachaidh o 'n talamh. Roimhe su, bu sgeul faoin fuar leis iomra' mu Chriosd, ach a nis cia taitneach leis a

chluinntin! Tha e nis a' glaodhaich, mar a rinn an fhianuis, "Bhuam gach ni ach Criosd."

An deigh fhaicinn co uaidh tha sinn a' pilleadh feuchai' sinn a nis co dh' ionnsuidh.

1. Dh' ionnsui' Dhia an Athar, a Mhic, is an Spioraid Naoimh.

2. Dh' ionnsui' lagh, ordui'ean, agus slighe Chriosd.

Cha 'n 'eil duin' air bith da rireadh air a naomh-acha' gus am bi a chridhe air a shocrachadh air Dia thar gach ni', 's an roighnich e esan mar a chuibhrionn agus ard-mhath. Is iad na briathra' so is cainnt do chridhe a chreid'ich; "Is tusa O Dhia mo chuibhrionn," Salm cxix. 57. "Ni m' anam uaill san Tighearna." Salm xxxiv. 2. Is ann uaithe-san a thig m' fhurtachd; is e 'mhain mo charraig is mo shlainte, 's e mo thearmun daingean. Is ann an Dia tha mo shlainte 's mo ghloir, is e carraig mo neart agus mo chathair dhidein. Salm lxii. 1, 2, 5—7. agus xviii. 1, 2.

An aill leat a chur dh'ionnsui' na deuchainn, am beil 'na nach 'eil thu air t-iompacha'? Nis mata thuga' t-anam is gach ni tha 'n taobh a stigh dhiot fainear:

An do roighnich thu Dia arson do shonais agus t-oighreachd? C' ait a bheil toil-inntin do chridhe a' co-sheasamh? Cia uaidh tha thu faotainn an t-solais is mò? Thig mata, is le Abraham "tog suas do shuil gu deas agus gu tuath, gus an ear agus gus an iar;" seall mu 'n cuairt duit, ciod a b' fhearr leat fhaotainn do na bheil air neamh no air thalamh a chum do dheana' sona? Nan tuga' Dia dhuit do roghainn mar a thug e do Sholamh, is gu 'n abradh e riut, mar a thuirt Ahasuerus ri Ester. "Ciod a nis is aill leat, agus ciod i t-ath-chuinge, 's bithidh i air a deonacha'

dhuit?" Ester v. 3. Ciod a dh'iarra' tu? Imich gu garadh an t-Solais, agus tionail gach luibh chubhraidh an sin; an deanadh iad so do thoileachadh? Imich gu tigh-storais Mhamoin agus luchdaich thu féin cho trom as a shanntaicheas tu as sin: Falbh cuideachd gu luchairt na h-onorach, is faigh urram agus cliu mar dhaoine mora na talmhainn: An deanadh aon diu so, no iad so uile do thoileacha', 's a thoirt ort thu féin a mheas ad dhuine sona? Na 'n deana', tha thu gu deimhin feolmhor fathasd agus neo-iompaichte. Ach mur deanadh, imich ni 's faide; gabh sealla do bhuaidhean oirdheirc Dhé? do shaibhreas a throcair, do mhorachd a chumhachd, agus do dhoimhne do-sgrudaidh a naduir uile-fhoghainntich. An e so is fearr tha teachd air do cheairt, agus is mo tha ga d' thoileachadh? Am beil thu 'g radh, "Is math a bhi san aite so? Mat. xvii. 4. "An so togai' mi mo phailliun;" an so gabhai' mi gu brath comhnuidh. Am fearr leat dealacha' ris an t-saoghal uile na ri so? Ma 's seadh, tha chuis gu math eadar thu féin agus Dia. Is sona thu, O dhuine, is sona gu 'n robh thu riabh air do bhreith: ma 's urra Dia do dheana' sona, sona cha 'n fheud thu gu 'n a bhith; oir dh' aidich thu 'n Tighearn' a bhi na Dhia dhuit. Deut. xxvi. 17. Am beil thu 'g ra' ri Criosd, mar thuirt esan ruinne, "Bidh t-athair-sa na athair dhomh-sa, 's do Dhia-sa na Dhia dhomsa." Eoin xv. 17. So far am beil an dealacha, eadar an cealgair agus an creideach. An cealgair cha ghabh am feasd a thamh agus 'fhois ann an Dia: cha lugha na gras agus iompacha' bheir air duine so a dheana', 's a leighiseas truaighe an leagai', leis a chridh' a thionnda' o iodhailbhreige dh' ionnsuidh an Dia bheo, 1 Thess. i.

9. A nis their an t-anam, "A Thighearna, cia dh'ionnsui' theid mi? Agad-sa tha briathra na beatha mairtheannaich," Eoin vi. 68. An so socruichidh an t-anam is gabhaidh e fois. O, cia mor aoibhneas ri faicinn a choir air Dia! 'N tra chi e so, tha e 'g ra', "Pill gu d' shuaimhneas, O m' anam, oir bhuin an Tighearna riut gu roshaibhir," Salm cxvi. 7. Seadh, tha e ulla' gu seinn mar a rinn Simeon, "A Thighearna, ceadaich a nis do t-oglach triall ann sith," Luc. ii. 29, is ag ra' le Iacob, 'nuair a dh' ath-bheothaicheadh a chridhe aosda leis an sgeul ait a thainig g'a ionnsuidh, "Is leor e," Gen xlv. 28. 'Nuair a chi e gu bheil aige Dia ann an cumhnantan ri dol g'a ionnsuidh, "is e so uile shlainte, agus uile mhiann," 2 Sam. xxiii. 5.

A dhuine an i so do staid-sa? am beil fiosrachadh agad air na nithe so; "Ma tha, is beannaicht' thu o 'n Thighearna:" bha Dia 'g oibreachadh annad; ghabh e greim air do chridhe le cumhachd grais an iompachaidh, air neo cha bhiodh a chuis mar so.

Tha 'n duin' iompaicht a' pilleadh gu Iosa Criosd, an t-aon eadar-mheadhonair eadar Dia agus duine, 1 Tim. ii. 5. 'S i obair-san ar toirt a dh'ionnsui' Dhia, 1 Pead. iii. 18. Is e an t-slighe dh' ionnsuidh an Athair, Eoin xiv. 6, an aon dorus air am feud sinn dol asteach, Eoin x. 7, an aon mheadhon gu bhi beo, an aon rathad, an aon ainm air a thoirt fo na neamha, leis am feud sinn a bhi air ar sabhala', Gniomh. iv. 12. Cha 'n 'eil suil aig an duin' iompaichte ri slainte o neach air bith ach esan na aonar, air am bheil e ga thilgeadh féin le lan-earbsa, mar gu'n tilgeadh duin' e féin air mhuir le lamhan sgaoilte.

"An so, ars' am peacach iompaichte, gabhai'

mise do mhisneich mi féin a thilge', 's ma theid mi am mutha, theid mi am mutha; ma bhasaicheas mi, basaichi' mi san aite so." Ach, a Thighearna, na leig thusa dhomh basacha' fo shuil iochdair do throcair.——Na h-iarr' orm t-fhagail, no pilleadh o bhi 'gad leantuinn." Rut. i. 16. An so tilgidh mi mi-féin; ge d' bhuail thu mi ge d' mharbh thu mi, cha charaich mi air falbh o d' dhorus, Iob xiii. 15.

Mar so earbai' an t-anam truagh e féin ri Criosd, is leanai' e ris gu dileas agus gu daingean. Mu 'n d' iompaicheadh e bha Criosd suarach 'na shuilean, is bha tuill' aire aig air fhearann air a chairdean agus air a mhalairt, na airsan, Mat. xxii. 5. Ach a nis tha Criosd mar a theachd-an-tir dha, nach feud e sheachna'; mar aran laitheil, is mar bheatha da anam agus da chridhe, Gal. ii. 20. Is e a run suidhichte gu'm biodh Criosd air ardachadh ann, Phil. i. 10. Bha uair a thuirt a chridhe, cosmhuil riu-san a dh' fheoruich do 'n bhean-nuadh-phosda, "Ciod e do ghradhsa ni 's mo na neach eile?" Caint. v. 9. Bha tuille tlachd aige na chuideachd shugaich, na chluiche chronail, na sholas talmhai', na bh' aige 'n Criosd. Mheas e diadhachd mar ni falamh, agus a solas mar fhaoin-bhruadar. Ach a nis "is e dhasan a bhi beo Criosd." Tha e cur an neo bhrigh gach ni air an robh mor-mheas aige, "arson ro-oirdheirce eolais Chriosd," Phil. iii. 8.

Tha am fior-iompachan a' gabhail ris an iomlan do Chriosd: tha speis aige cha 'n e 'mhain do dhuais, ach mar an ceudna do obair Chriosd, Rom. vii. 12. cha 'n e 'mhain do Shochairean, ach do uallaich Chriosd mar an ceudna. Tha e toileach cha 'n e 'mhain an t-arbhar a bhualadh, ach a chuing a tharruinn cuideachd: tha e gabh-

ail air féin aintheanta' Chriosd; seadh, agus crann-ceusai' Chriosd maille riu, Mat. xi. 9. agus xvi. 24.

An duine nach 'eil glan iompaichte cha 'n aill leis ach pairt do Chriosd. Tha e toileach a bhi air a naomhacha'. Tha speis aige do shochairean, ach cha 'n 'eil meas aig air pearsai' Chriosd. Tha e mar gu 'm b' ann a roinn oifigean agus a shochairean. Is failinneach an steidh so; is mearrachd ro-chunnartach e: Co sam bith le 'n ionmhuinn anam, biodh e air fhaicill roimhe; is mearrachd mhillteach e, mu 'n d' fhuair sibh gu bitheanta' rabha'; 's gidheadh tha e fathast ro choitcheann. Tha Iosa na ainm taitneach, ach cha 'n 'eil daoin' "a' gradhachadh an Tighearna Ios' an treibh-dhireas," Ephes. vi. 24. Cha ghabh iad e mar tha Dia ga thairgse "gu bhi na Phrionnsadh agus na Shlanaighear." Gniomh. v. 31. Tha iad a sgaoile' nan nithe sin a chuir Dia cuideachd, oifige Righ agus Sagairt; seadh, cha ghabh iad slainte o Chriosd mar tha e ga tairgse; tha iad an so ga roinn o cheile. Is e guth gach duine iad a bhi air an tearnadh o fhulang, ach cha 'n 'eil iad idir cho durachdach a dh' iarrui' tearnaidh o pheacacha'. Bu mhath leo an anam a bhi sabhailt ach bu math leo an anamianna' bhi sasaichte cuideachd. Seadh, tha moran a' deana' roinn an so a ris; tha iad toileach cuid d' am peacaidh a threigsin, ach cha 'n fhag iad uchd Delilah, 's cha toir iad dealacha' dan leannan, Herodias. Cha 'n urradh iad a bhi garg ri suil dheis no ri laimh dheis; is eigin do 'n Tighearna "maitheanas a thoirt doibh san ni so," 2 Righ. v. 18.

O bithibh an-bharra' faicilleach sa chuis so; tha 'ur n-anama 'n earbsa ris. An duine tha da

rireadh iompaichte, tha e gabhail Chriosd gu h-iomlan, mar tha e, gun chur ris, a thoirt deth, no cumail air ais uaithe. Tha e toileach Criosd fhaotainn air a cumhnanta féin, seadh air cumhnanta sam bith. Tha e toileach Criosd ga riaghla,' cho math agus Criosd ga shabhaladh. Tha e 'g ra' le Pol, "A Thighearna, ciod is aill leat mis' a dheana' ?" Gniomh. ix. 6. ni sam bith, a Thighearna: tha mi g' am chur féin ad bhuil, thoir dhomh aon chumhnant is aill leat, Gniomh. ii. 37. agus xvi. 50.

2. Tha 'n duin' iompaicht' a pilleadh dh' ionsui' lagh, ordui'ean agus slighe Chriosd. An cridhe sin a bha aon uair fuathach mu na nithe so, 's nach b' urradh an cuibhreach a ghiulan, tha nis an speis is mò aige dhiu, 's tha e gan roighneacha' chum a stiura' gu brath, agus a riaghla', Salm cxix. 111, 112.

Tha ceither nithe, tha mi toirt fainear, a tha Dia 'g oibreachadh anns gach fior iompachan, a thaobh lagh agus slighe Chriosd, leis am feud sibh bhur staid aithneacha' ma bhios sibh dileas do 'r anama féin; agus air an aobhar sin biodh'ur suil gu dilinn air 'ur cridhe, 'nuair a tha sibh gan leugha na gan eisdeachd.

1. "Tha 'n inntin a gabhail gu deonach ri lagh agus slighe Chriosd, is gam meas air gach doigh cothromach agus reusanta," Salm cxix. 112, 128, 137, 138. Tha 'n cridh' a' gabhail tlachd do shlighe Dhé, 's le grain a' cur air cul gach fuath bha aige dh' i roimhe sin. Na briathra sin a bha cruai' leis roimhe so, tha e nis ga' meas "naomh, cothromach agus math." Rom. vii. 12. Cia mor an speis a bh' aig Daibhi' do lagh Dhé! 's cia ait a' cur an ceill a chliu, 's ga mholadh, araon arson a naduir oirdheirc agus a thoraidh ongantaich! Salm xix. 8—11. &c.

1. "Tha 'n cridhe 'n geall air eolas fhaotainn air an iomlan do thoil Chriosd," Salm cxix. 124, 125, 169. agus xxv. 4, 5. Is e run an duine iompaichte gun aon pheaca' bhi falaicht' air, is gun bhi aineolach air aon dleasnas tha fiachuicht' air. Is i guidhe dhurachdach a chridhe, "A Thighearna, mata slighe olc sam bith annam, leig thusa ris domh i. An ni sin nach aithne dhomh, teagaisg thusa dhomh; is ma rinn mi aingidheachd, cha dean mi mar sin ni 's mo." An duine nach 'eil glan-iompaichte, tha e aineolach da dheoin; 2 Pead. iii. 5. cha 'n 'eil toil aige teachd dh' ionnsui' an t-soluis, Eoin iii. 20. Tha e toileach am peaca' so no 'm peaca' ud eil' a ghleidhe, 's air an aobhar sin cha 'n 'eil tlachd aige fios fhaotainn gur peaca a th' ann, is cha 'n fhosgail e 'n uinneag a leigeil astigh an t-soluis. Ach tha 'n cridhe iompaichte toileach eolas fhaotainn air an iomlan do lagh a Thighearna, ciod air bhith fharsuingeachd, Salm cxiv. 18, 27, 33, 64, 66, 68, 78, 108, 124. Gabhaidh e gu h-uile-thoileach ris an fhocal a leigeas ris da aon dleasnas air nach robh aire na eolas aige roimhe, no bheir sealla dha air aon pheaca nach robh e roimhe, a' leirsinn, Salm cxix. 11.

3. "Tha run saor agus suidhichte na h-inntin an geall air slighe Chriosd, a roghainn air uile sholas a pheacaidh, agus air soirbheas an t-saoghail," Salm cxix. 103, 127, 162. Cha 'n airc no eigin idir a tha 'g aontachadh a thoile, 's cha mhò is smuainte grad no obann a tha ga h-atharachadh; ach le run suidhichte agus saor tha e gabhail slighe Chriosd mar a roghainn. Salm xviii. 3. agus cxix. 30. Ni 'n fheoil, tha e fior, cuid ar-amach, ach bithidh an toil' an conuidh a' miannacha' lagh agus riaghalt Chriosd air chor

is nach 'eil na nithe so nan uallach dha idir, ach nan sòlas, 1 Eoin v. 3. Salm cxix. 60, 70. 'Nuair a tha 'n duine mi-naomh a' siubhal an slighe Chriosd mar gu 'm biodh e 'n cuibhreachaibh no 'n geimhlibh, tha esan ga dheana' so gu reidh furasd, Salm xl. 8. Ier. xxxi. 33, 's a' meas lagh Chriosd mar a shaoirse, Salm cxix. 32. 45. Seum. i. 25. Tha e toillichte le maise na naomhachd, Salm cx. 3. agus tha 'n comhara' so aige do ghna ann féin, " Gu 'm b' fhearr leis (nam faigheadh e a roghainn) an caithe-beatha bu tinne 's bu naomha bhi aige, na bhi san inbh' a b' airde 's b' urramaich' air thalamh," 1 Sam. x. 26. " Chaidh le Saul buidheann dhaoine, a bhean Dia r' an cridheachan." 'Nuair a bheanas Dia ri cridheachan a dhaoine taghta, tha iad air ball a leantuinn Chriosd, Mat. iv. 22. agus (ged tha iad air an tarruing) ruithidh iad gu h-ait na dheigh, Caint. i. 4. is tairgidh iad gu toileach iad féin gu seirbheis an Thighearna, 2 Chron. xvii. 16. ga iarrui' le n' uile mhiann, caib. xv. 15.—Tha fheum féin ann an eagal, ach cha 'n e idir is priomh-aobhar do umhlachd chridhe naomha. Cha 'n ann a dh' aindeoin a tha Criosd a, righladh a luchd-muinntir; is ann a tha e na Righ air pobull toileach. Tha iad trid a ghrais san uile-thoileach dh' ionnsuidh a sheirbheis, agus ga deanadh o roghainn; cha 'n ann mar thraillean, ach mar a mhac no bhean, o ghradh, agus o thogradh inntin. Ann an aon fhocal, is e lagh Dhé gaol an duin' iompaichte, Salm cxix. 159, 163, 167, a mhiann, rann 5, 20, 40, a sholas rann 77, 92, 103, 111, 143, agus cuis a bhithsmuainte, rann 97, 99, agus Salm i. 2.

4. " Tha aomadh a chridhe 'n comhnuidh gu aitheanta Dhé a choimhead," Salm cxix. 4, 8,

167, 168. Is e curam gach aon latha d' a bheatha gluasad maille ri Dia. Tha a run, mor, agus oidheirp math, ged tha e teachd fada goirid. Cha lugha na bhi foirfe tha air aire. 'S e so a tha e 'g iarrui', 's e so a tha e 'g oidheirpeacha'. Cha ghabhadh e os laimh stad aig tomhas air bith do ghras gun bhi glan-shaor do pheaca', 's coilíont ann an naomhachd, Phil. iii. 11—14.

An so feudar failinn a chealgair fhaicinn. Cha 'n 'eil do dheigh aige-san air naomhachd, mur thuirt aon araid, ach nam faigheadh e drochaid a dheana' dh'i ga thoirt a chum neamh; is cha 'n 'eil e 'g iarrui' dh'i ach direach uirread as a ni ghnothach. Ma gheibh e na dh' fhoghnas ga thoirt do neamh cha 'n 'eil tuille uaithe. Ach esan a tha da rireadh iompaichte, tha speis aige do naomhachd air a son féin, Salm cxix. 97. Mat. v. 6. is cha 'n ann amhain arson neimh. Cha leoir leis uirread as a dh' fhoghnas gu thearnadh o ifrinn; tha e 'g iarruidh an tomhais is airde tha na chomas ruigheachd air: is cha 'n e 'mhain gu bheil e ga iarrui' so, ach tha e cuideachd ga shior-oidheirpeacha'. Ciod i mata do shlighe-sa, 's ciod an rathad a tha t-aomadh? An i diadhachd t-obair, an i naomhachd do rochuram? Rom. viii. 1. Mat. xxv. 16. Phil. i. 20. Mur i, tha thu fada goirid air bhi fior-iompaichte.

An co-chur. Agus an e 'n t-iompacha' so air an robh sinn a labhairt a's eigin a bhi againn mu 'm feud sinn a bhi air ar sabhaladh? Ionnsuich mata uaithe so, 1. Gur "cumhann an geata, 's gur aith-leathan an t-slighe tha treoracha dh' ionnsui' beatha'. 2. Nach 'eil iadsan ach tearc a tha 'g amas orra. 3. Gu bheil feum air cumhachd diadhai', chum peacach air bith iompachadh air mhodh slainteil a dh' ionnsui' Iosa Chriosd.

Guidheam ort mata, co air bith thu tha ga leugha' so, no ga eisdeachd, tionndai' do shuil ort féin an taobh astigh. Ciod a their do choguis? Nach 'eil i ga d' theuma? Nach 'eil i ga d' chrádh? An ni so do bharail, an i so do roghainn, an i so do shlighe air an robh sinn ag iomra'? Ma 's i, tha chuis ceart. Ach nach 'eil do chridhe ga d' dhite', 's ag innse dhuit gu bheil a leithid so na leithid so do pheaca', ris a bheil thu cleachdta, an aghaidh do choguis? Nach 'eil e 'g innse dhuit gu bheil a leithid so 's a leithid so cheilg fholaichte sa bheil thu ciontach? A leithid so na leithid so do dhleasnas air a bheil thu deana' dearmaid.

Nach 'eil do choguis ga d' ghiulan gu d' sheomar, gu d' ionad uaigneach, agus ag innse dhuit cia tearc is faoin an sin urnuigh, leugha', agus féin-cheasnacha'? Nach 'eil i ga d' ghiulan gu d' theaghlach agus a' feuchainn duit cia dearmadach thu 'n sin air earail Dhé, 's air anama do chloinne 's do sheirbhiseach? Nach 'eil i ga d' tharruing gu d' bhuth, gu d' dhreuchd, is a' feuchainn duit an sin diomhaireachd eigin ris am bheil thu cleachdta? Nach 'eil i ga d' ghiulan gu t-ionada sugraidh', 's a' toirt ad chuimhe na cuideachd a bha thu gleidhe'; na h-uine bha thu struidheadh, is nan talantan a bha thu a' mi-bhuileacha'? Nach 'eil i ga d' tharruing gu d' sheomar uaigneis, agus a' leigeil fhaicinn duit nithe tha faluicht' o shuilean dhaoine, 's aithnichte dhuit amhain agus do Dhia?

O choguis! dean do dhleasnas. An ainm an Dia bheo, tha mi 'g aithne dhuit thu dheana' do dhleasnais. Dean greim air a pheacach, glac e, cuir an sas e, leig ris a chunnart da. Ciod! an e gu'm bi thu reidh ris na gu'n gabh thu leis am

fad as a bhuanaicheas e na pheaca'? Duisg, O choguis! Ciod is ciall duit, O chadalaiche! Am beil thu gun aon achasan ad bheul? Ciod so! an leig thu do 'n anam thruagh so basacha' na neo-churam, gun suim do Dhia na do shiorruidheachd, is tusa, gun smid as do bheul, a' fantuinn ad thosd? Ciod so! an leig thu dha sith bhi aige 's e dol air aghai' na pheaca'? O mosgail thu féin, eirich, dean t-obair! Labhair mar shearmonaiche na uchd, glaodh amach, na caomhhain: tog suas do ghuth mar thrompaid: na biodh fuil an anama so air iarruidh air do laimh-sa.

CAIB. III.

A' feuchainn gur eigin Iompacha' no basacha.

THEAGA' gu bheil thu ulla' gu radh, ciod is ciall do n iomairt so? 's gu iongantas a ghabhail c' arson a tha mi ga d' leantuinn cho durachdach, a' cumail fuaim na h-aon chaithream so gun tamh a' d' chluais, gu feum thu "aithreachas a ghabhail is a bhi air t-iompacha'," Gniomh. iii. 19. Ach is eigin domh a radh mar a thuirt Ruth ri Naomi, "Na h-iarr orm t-fhagail, na pilleadh o bhi ga d' leantuinn," Rut. i. 16. Na 'm bu ghnothach faoin a bhiodh air m' aire, cha bhithinn cho durachdach. Nam feuda' tu bhi air do shabhala' mar a tha thu, leiginn leat gu toileach. Ach am b' aill leat gun iomgain a bhi orm, nuair tha mi ga d' fhaicinn ulla' gu basacha'? Mar is beo 'n Dia sin a tha misc na fhianuis, cha 'n 'eil an dochas is lugha agam aon aghaidh agaibh fhaicinn gu brath an neamh mur bi sibh air 'ur n-iompacha'. Tha mi gu tui a call mo dhuil ri 'r slainte, ni 's lugha na ghabh-

as sibh os laimh pille' gu h-iomlan, agus sibh féin a lan-toirt suas do Dhia, ann an naomhachd agus ann an nuadhachd beatha. An dubhairt Dia "gu deimhin, deimhin, mur bi sibh air 'ur breith a ris, cha 'n fheud sibh rioghachd Dhé fhaicinn," Eoin iii. 3. is an iongha' leibh na dheigh sin gu bheil 'ur ministeirean ri saothair gus am beirthear sibh aris? Na biodh iongantas oirbh mis' a bhi sparra' naomhachd oirbh cho teann, no mi bhi cho toileach iomhaigh Dhé fhaicinn air a tarruinn oirbh: as eugais so, riabh cha deachaidh, is gu brath cha d' theid aon neach astigh do rioghachd neimh. An t-iompacha' sin air an robh sin ag iomra', cha tomhas ard e air a bheil cuid do Chriosdui'ean is naomha na cheil' a' ruigheachd: cha 'n eadh, gach aon anam a bhios air atharrachadh air an doigh so.

Tha air innse' mu thiomchioll Romanach oirdheirc nuair a bha e greasad le gran do 'n bhaile re àm gort, is a bha 'n sgioba leisg gu seola' re doininn, thubhairt e. "Is feumaladh ar turas na ar beatha."—Ciod an ni a shaoileas tus' is feumala'? Am beil t-aran feumail? Am beil do bheatha feumail? Is mor is feumala' na sin t-iompaca'. Is e so gun amharus an aon ni feumail. An coimeas ris so, cha 'n 'eil do mhaoin feumail; feudai' tu a reic uile arson na cloiche ro-phriseil so, is buannachd mhor a bhi agad na dheigh sin, Mat. xiii. 46. Cha 'n 'eil do bheatha feumail: feudai' tu dealacha' ri arson Chriosd, is buannachd an-bharr a bhi agad cuideachd. Cha 'n 'eil do chliu feumail; oir feudai' tu michliu fhaotinn arson Chriosd, is gidheadh a bhi sona': seadh moran ni 's sona' na bhiodh tu as eugmhais, 1 Pead. iv. 14. Mat. v. 10, 11. Ach tha t-iompacha' cho feumail as gu bheil do

shlainte no do dhamna' siorruidh an crocha' ris. Is nach 'eil e ro-iomchuidh ann an cuis cho cudthromach grad shealltuinn mu 'n cuairt duit! Ris an aon ni so, tha do shonas na do thruaighe fad uile shiurruidheachd ann earbsa.

Ach feuchai' mi ni 's mionaichde cho feumail is a tha e dhuit iompachadh, o na cuig nithe so a leanas; oir as eugais so, sa cheud aite, "Tha do bhith an diomhanas." Nach mor am beud thu bhi gun fheum air bith annad; a' t-ullach air an talamh; ad mhi-mhaise sa chruthacha'? Gidheadh is i so do staid gu brath gus an iompaichear thu, oir gus sin cha fhreagair thu chrioch gus an deachai' do chruthacha'. Nach ann air son toil Dé a tha thu, 's a bha thu air do chruthacha'? Taisb. iv. 11. Nach d' rinn e air a shon féin thu? Seanr. xvi. 4. An duin' thu, 's am beil reusan agad? Nach smuainich thu mata co uaith' agus c' arson a fhuair thu do bhith. Amhairc air an dealbh a thug Dia do d' chorp, agus feoruich dhiot féin, ciod a chrioch mu 'n do chruthaich Dia ni cho iongantach? Thoir fainear ceatfaidh oirdheirc agus ard t-anama: ciod an t-aobhar mu 'n do bhuilich Dia ort talanta cho priseil? An ann a chum thu féin a thoileacha', 's t-anamianna shasacha'? An do chuir Dia daoine, cosmhuil ri golain-ghaoithe dh' ionnsuidh an t-saoghail, gun ghnothach air bith ach a thional an neadan, a dh' arach an sliochd, agus an sin a bhi 'g imeachd? Bha na cinnich féin a' faicinn ni b' fhaide na so. Am beil thusa cho "uabhasach agus cho miorbhuilleach air do dhealbh," Salm cxxxix. 14. is nach 'eil thu smuaineachadh agad féin gu cinnteach gur ann arson crich' aird agus oirdheirc eigin a chaidh do chruthacha'?

O dhuine! cuir do reusan car tiota sa chathair. Nach mor am beud gu 'm biodh creatair cho oirdheirc air a chruthaca' 'n diomhanas? Gu deimhin mur freagair thu chrioch gus an deachaidh do chruthacha' tha do bhith an diomhanas, seadh ni 's measa na bhi 'n diomhain.

1. Tha do bhith ann an diomhanas. Tha duine neo-iompaichte cosmhuil ri inneal ciuil grinn aig a bheil gach aon da theuda briste, 's as an gleus: is eigin Spiorad an Dé bheo gach ni leasacha' 's a ghleusa' le cumhachd na h-athghineamhuinn, is le oibreachadh a ghrais' air neo cha bhi ann a d' urnuigh ach donnalaich, is cha bhi seirbheis no moladh air bith a bheir thu seachad binn ann an cluasan an Ti is airde, Ephes. ii. 10. Phil. ii. 13. Hos. vii. 14. Isai. i. 15. Tha gach aon do d' cheatfaidh agus do d' chumhachdan cho truailli' na 'n staid naturra, 's nach urradh thu seirbheis thaitneach a' thoirt do 'n Dia bheo gu brath, gus am bi thu air do ghlanadh o oibre marbha', Eabh. ix. 14. Titus i. 15.

An duine tha mi-naomhaichte cha 'n 'eil e comasach seirbheis a thoirt do Dhia: (1.) Cha 'n 'eil eolas aig air an obair; tha e cho ain-eolach air seirbheis as a tha e air focal na fireantachd, Eabh. v. 13. Tha cuid dhiomhaireachd ann an cleachda cho math as ann an teagasg na diadhachd: a ris cha 'n aithne dhoibh-san nach 'eil air an ath-ghintein diomhaireachd rioghachd neimh, Mat. xiii. 11. 1 Tim. iii. 16. An leugh an duine nach d' ionnsuich riabh litir; no 'n cluich esan aig nach robh clar-ciuil na laimh riabh fathasd? Cha mho na sin is urra 'n duin naturra seirbheis thaitneach sam bith a thoirt do 'n Tighearna. Is eigin da 'n toiseach a bhi air a theagasg o Dhia, Eoin vi. 45. air a theag-

asg gu urnuigh, Luc. xi. 1. air a theagasg gu buanachd, Isai. xlviii. 17. air a theagasg gu imeachd, Hos. xi. 3. air neo cha 'n aithne dha ni air bhith dhiu' so a dheana' gu ceart na gu taitneach. Is mar a tha e gun eolas arson na h-oibre, tha e cuideachd (2.) gun neart air a son. Cia lag a chridhe! Esec. xvi. 30. Air ball tha e sgith: "an t-sàbaid, cia tuirseach i?" Mal. i. 13. Tha e "gun neart, Rom. v. 6. seadh marbh ann am peaca', Ephes. ii. 5. 'S mar a tha e ain-eolaich agus ea-comasach air an obair so, is amhlui' cuidheachd a tha e (3.) gun togradh air bith aige ga h-ionnsui'. "Cha 'n 'eil iarruidh aige eolas fhaotainn air slighe Dhé," Iob xxi. 14. Cha 'n urradh e eolas fhaotainn orra. Salm lxxxii. 5. (4.) Cha 'n 'eil innleachd no inneal iomchuidh aig' arson na h-oibre. Is cho fhurasd do dhuine clach chruaidh a shnaighe gun acfhuinn, na tigh a thogail gun chungaidh, as seirbheis thaitneach air bith a dheanadh as eugmhais grasan an Spioraid. Ma 's ann arson cliu dhaoine no faoin-ghloir a bheir sinn seachad deirce, cha 'n 'eil ar seirbheis taitneach le Dia, oir cha 'n ann o ghras a tha i sruthadh. Agus ciod a th' ann an urnuigh a bheoil, gun ghras anns a' chridhe, ach colluin anns nach 'eil anam? Ciod am feum a th' ann an aidmheil ar peacai' mur ann o bhron diadhaidh agus o aithreachas neo-chealgach a tha i teachd? Ciod am feum a tha 'nar n-uile ath-chuinge, mur 'eil iad air am beothacha' le durachd naomh, is a' sruthadh o bheo-chreideimh ann am buaidheanna ann an geallana Dhé? No ciod am feum a tha 'nar moladh agus 'nar buidheacheas, mur 'eil e teachd o ghradh is o thaing do Dhia, 's o 'n fhior-mhothacha' th' aig ar cridhe air a thiolaca 's

air a throcair? Ar chor as gu'm bu cho mhath dhuit suil a bhi agad ri cainnt o na clachan, reusan o na bruidean no coiseachd o na mairbh, a's suil a bhi agad ri seirbheis air bith naomh agus thaitneach do Dhia o dhuine neo-iompaichte. 'Nuair ata chraobh olc, cionnas a dh' fheudas am meas a bhi math? Mat. vii. 18.

2. Gun iompacha', tha do bhith ni 's miosa na bhi 'n diomhanas. Tha 'n t-anam neo-iompaichte na aite-cumail no na chro aig na h-uil' ian neoghlan, Taisb. xviii. 2. na uaigh lan do thruailleachd agus do shalchar, Mat. xxiii. 27. na chairbhinn ghraineil, air ghluasad le cnuimhean, is air lobha' le samh breun gus nach feudar teachd am fagus, Salm xiv. 3. O staid uabhasach! Nach 'eil thu fathasd a' faicinn t-fheum air atharracha'? Nach cuireadh e mulad air duine na naomhshoithichean oir a bha 'n teampul Dhé fhaicinn air an tionnda' gu cupain mhisge, 's air an salacha' le iodhol-aoradh? Dan. v. 2, 3. An robh e na ni graineil leis na h-Iudhaich bhi faicinn Antiochuis a' cur suas dealbh muic' aig dorus an teampuil? Nach mor bu ghraineala' na sin an teampul féin a bhi air a dheana' na stapull no na fhailmhuc, is an t-Ionad ro-naomh air a dheana' na theampul do Bhaal? 2 Righ. x. 27. Is i so direach staid an duine neo-iompaichte: tha do bhuill uil' air an tionnda' gu bhi nan seirbhisich do 'n Aibhisteir, agus do chridhe na chro neoghlaine, Ephes. ii. 2. Titus i. 15. Feudai' tu fhaicinn ciod a tha 'sa chridhe, o na nithe a teachd amach as; oir "as a chridhe thig droch smuainte, mortadh, adhaltrus, striopachas, gadachd, fianuis-bhreige, blaispheime," &c. tha iad so a' leigeil fhaicinn ciod an ifrinn a tha 'n taobh astigh.

Cia maslach am mi ghnathachadh so! anam neamhai' ga aoirneagaich ann an clabar a pheacai'! mais' a chruthachai', triath an t-saoghail ag imlich a mhuc-amair maille ris an struidheir, agus ag ol suas gu lonach an sgeith a's graineala'! An robh e na ni cho muladach a mhuinntir aig an robh caithe-beatha soghail fhaicinn falamh anns na sraidean agus mic mhaiseach Shion, a bha mar or finealt, air am meas mar shoithiche criadha, 's iadsan a bha air an sgeadacha' le sgarlaid nan sine' san otrach! Tuir. iv. 2, 5. is nach mulaidaiche gu mor na sin a bhi faicinn an aon ni san t-saoghal so aig a bheil neo-bhasmhorachd, agus air a bheil iomhaigh Dhé, air fas "mar shoitheach anns nach 'eil maise air bith?" Ier. xxii. 28. O masladh gun choimeas? b'fhearr thu bhi air do thoirt ad mhile bloidean as a cheile na gu'n buanaiche tu ann an seirbheis cho salach.

San dara h-aite, "As eugmhais iompachai' tha 'n cruthacha' faicsinneach uile, cho math ris an duine féin, an diomhain." A mhuinntir ghradhach, rinn Dia gach creatair faicsinneach air neamh agus talamh arson seirbheis an duine, agus is e 'n duine amhain am fear-labhairt arson an iomlan. Tha 'n duine sa chruthacha' mar a tha 'n teanga' sa cholainn a chum labhairt arson nam ball eil' air fad. Cha 'n urra' na creatairean eile cliu thoirt d' an Cruthai'-fhear, ach le comharan balbha 's le sanas a thoirt do 'n duine, esan a labhairt air an son. Tha 'n duine mar gu'm b' ann na ard-shagairt ann an cruthacha' Dhé, chum iobairt mholaidh a thoirt suas arson an iomlain da cho'-chreatairean, Salm cxlvii. cxlviii. cl. Tha suil aig Dia ri cis mholaidh, o'n iomlan da oibridh, Salm ciii. 22. a nis tha chuid eil' air fad a' toirt an cis do 'n duine, chum a phaighe'

le laimh-san: is ma bhios esan fealltach no mi-dhileas, tha e deana' foill air Dia agus air a chruthacha', 's a' spuineadh a Chruthai'-fhear do 'n ghloir bu chubhai' dha fhaotainn o 'n chreatair.

O cia eagalach an smuain so? gu'n toga Dia a leithid so do shaoghal, is gu 'n cosdadh e uirread chumhachd agus ghliocais agus mhaitheis ris, uile 'n diomhain, is gu 'n deanadh an duine a spuillidh do 'n ghloir a bhuine' dha fhaotainn o 'n iomlan. O smuainich air so! am feadh a tha thu neo-iompaichte, tha uile sheirbheis nan creatairean dhuit an diomhain; tha do lon ga d' bheathacha' 'n diomhain; tha ghrian a' toirt a soluis dhuit an diomhain, tha na reultan a toirt seirbheis dhiomhain dhuit nan slighe, Breith. v. 20. Hos. ii. 21, 22. ga dheanadh sin ann an diomhain; an diomhain tha t-ainmhidh ga d' ghiulan. Ann an aon fhocal, tha uile shaothair agus uil' obair a chruthachai', ga d' thaobhsa, ann an diomhain. Arson so tha 'n cruthachadh uile 'g osnaich, Rom. viii. 22. fo chuing dhaoine mi-naomhaichte, nach 'eil gam buileachadh air gloir Dhé ach air an anamianna féin.

San treas aite, "As eugmhais iompachai' tha do dhiadhachd diomhain." Seum. i. 26. Caillidh tu do shaothair ann a d' oibre crabhaidh air fad, oir cha 'n urra' iad Dia thoileachacha', Rom. viii. 8. no t-anam a shabhaladh, 1 Cor. xiii. 2, 3. a chrioch bu choir a bhi aig do dhiadhachd. Cia math air bith aogas t-oibre, gidheadh cha 'n 'eil tlachd aig Dia innte, Isai. i. 14. Mal. i. 10. Is nach eagalach an ni t-iobairt a bhi mar mhurt, agus t-urnuigh mar ghrainealachd? Is lxvi. 3. Seanr. xxviii. 9. Tha moran a' cur rompa leasachadh, 'nuair tha iad fo eagal arson am peacai',

's a' saoilsinn gu 'n dean beagan urnuigh agus deirice gach ni chur ceart agus a leigheis. Och! a dhaoine, cha ghabh Dia ri aon diu' so am fad as a bhios 'ur cridheacha' mi-naomh. Nach bu churamach, saoithreachail Iehu? is gidheadh chuireadh a sheirbheis air fad air cul, a chionn nach robh a chridhe treibh-dhireach, 2 Righ. x. le Hos. i. 4. Nach bu neo-choireach Pol? is gidheadh gus an deachaidh iompacha cha robh anns gach ni ach calldach, Phil. iii. 6, 7. Tha daoine 'm barail gu bheil iad ri moran 'nuair a tha iad a' frithealadh air seirbheis Dhé, 's tha iad ullamh gu mhaoidh air Isai. lviii. 3. Mat. vii. 22. is gu mheas gu bheil e 'm fiacha' dhoibh, 'nuair 's ann a tha 'n seirbheis graineil leis, a chionn nach, 'eil am pearsa naomhaichte.

O anaim! na smuainich 'n tra bhios do pheacai' 'n toir ort; gu 'n dean beagan urnuighean agus caileigin do leasacha' Dia thoileacha', is eigin duit toiseachadh aig a chridhe; mur bi sin air ath-nuadhacha', cha bhi seirbheis air bith a ni thu taitneach.

Is iad cuid do na breitheanais aimseireil a bhagair Dia an aghaidh nan Iudhach, gu 'n togadh iad tighean, ach nach aiteachadh iad; gu 'n cuireadh iad, ach nach buaineadh iad; is gu 'n biodh an saothair air ithe' suas le coigrich, Deut. xxviii. 30, 38, 39, 41. Am beil e na thruaighe mhor ar saothair chumant' a chall; cur an diomhain, is togail an diomhain? is nach mor is truaighe na sin ar saothair a chall 'nar crabhadh; urnuigh, eisdeachd agus trasg a dheanamh 'n diomhain? Is truaigh agus call siorruidh so. Na meall thu féin; ma theid thu air t-aghaidh ann ad staid pheacaich, ge do sgaoile' tu mach do lamhan, fallachai' Dia uait a shuilean, is ged

dhean thu iomad urnuigh cha 'n eisd e riut, Isai. i. 15. Ma theid duine gu 'n sgil an cinnseal ar n-oibre, 's gu mill e i, cha toir sinn ach beag buidheachais da airson a shaothair. Is aill le Dia aoradh fhaotainn mar is coir, 1 Chron. xv. 13. Mu ni seirbhiseach ar n-obair direach an aghaidh ar n-orduigh, is doch e dh' fhaotainn buillean na buidheachas. Ni 's lugha na bhios obair Dhé air a deana' mar tha e féin ag iarruidh, cha bhi e toilichte: 's cha 'n fheud i bhi air a deanamh mar a tha esan ag iarruidh, mur 'eil i sruthadh o naomh-chridhe, 2 Chron. xxv. 2. Sa' cheathramh aite, " Gun iompacha', tha do dhochas ann an diomhain." Iob viii. 12, 13. " Chuir an Tighearna cul ri d' mhuinghin," Ier. ii. 37.

1. " Tha do dhochas ri solas no co'-fhurtachd an t-saoghail so an diomhain." Gun bhi air t-iompacha' cha 'n fheud thu co'-fhurtachd fhaotain ni 's mò na slainte. Gun so cha bhi sith agad, Is. lix. 8. and lvii. 21. is gun eagal Dé cha bhi " co'-fhurtachd an Spioraid naoimh agad, Gniomh. ix. 31. Tha Dia a' labhairt sith amhain ri phobull naomha, Salm lxxxv. 8. Ma tha sith mhealltach agad, is tu fathasd a' d' pheacana, cha 'n ann o Dhia tha 'n t-sith sin a' teachd: is air an aobhar sin feudaidh tu bharalacha' co's ughdair dh' i. Is fior thinneas am peaca', Isai. i. 5. seadh an tinneas is meas air bith; tha e na loibhre sa cheann, Levit. xiii. 44. na plaigh sa chridhe, 1 Righ. viii. 30. na bhriste sna cnamhain; Salm li. 8. guinidh e, lotaidh e, cradhaidh e' claoidhich e, 1 Tim. vi. 10, Feudai' duine suil a bhi aige ri fois ann an iarguin tinneis, agus 'nuair a bhios a chnamhan as an alt, ni 's luaithe na ri co'-fhurtachd gus an treig e' pheacaidh.

O dhuine thruaigh ! aig nach 'eil fois air bith

ach na thig o chion mothachaidh 'nuair is mo do chunnart, agus is dluithe do 'n bhas thu. Tha thu cosmhuil risan a their ann an eatromas fhiaruis, Tha mi gu math; 's a labhras air eiridh agus dol mu thiomchioll oibre, 'nuair a chi thu 'm bas na eudann, is a tha bheatha ionnas air caochla' cheana. Mar so, gu bitheanta saoilidh an duine neo-iompaichte gu bheil e slan an uair is mò a chunnart.

Is e nadar a pheacai' tinneas agus trioblaidean eugsamhluidh a dhusgadh feadh anama. Tha inntinn mhi-thoilichte a pheacaich ga bhuaire le doinionn; agus tha curam anbharr ga chnamh is ga ithe'. Ciod a th' ann an anamiann ach lasair a loisgeas? Ciod a th' ann an ardan ach tinneas basmhor; is an sannt ach pagha' nach gabh casgadh? Ciod a th' ann am farmad is am mirun, ach gath na cnuimh sa chridhe? 'S ciod a th' ann an leisg spioradail is an neo-churam mu staid ar n-anama, ach cadal basmhor agus tromalighe? 'S cionnas a dh'fheudas suaimhneas no sith bhith aig aon anam air am beil a leithide so do thinneis? Ach bheir gras an iompachai' leighis agus fois da? Bheir e dha sith chinnteach agus bhith-bhuan. "Is mor sith muinntir aig a bheil speis do t'aitheantean; cha toir ni sam bith oilbheum dhoibh-san." Salm cxix. 195. 'S i slighe na diadhachd amhain anns am faighear sith agus solas, Seanr. iii. 17. Uaithe so bha Daibhidh a' faotainn barrachd solais na o gach ni eile na rioghachd, Salm cxix. 103, 127. Gu brath gus am bi a choguis air a glanadh, cha 'n fheud sith bhi aice, Eabh. x. 22. Is malluichte an t-sith sin a tha r'a faotainn an slighe peacai' Deut. xxix. 19, 20. Cha 'n 'eil trioblaid anns an t-saoghal is eagalaiche na aon chuid, Sith ris a pheaca', na Sith anns a pheaca'.

2. "Gun iompacha', tha do dhochas ri slainte shiorruidh diomhain, seadh ni 's measa na diomhain;" tha e cronail do Dhia, agus sgriosach dhuit féin. Tha bas, an-dochas, blaispheimi, air am filleadh asteach ann. (1.) Tha bas ann: "spionar do dhochas as do phailliun," (spionaidh Dia as a fhreamhan e) "'s bheir e thairis gu Righ nan uabhas thu," Iob xviii. 14. Feudai' tu do thaic a leige' ris an tigh so, ach cha seas e, Iob viii. 13. tuitidh e air do cheann mar shean bhalla 'nuair a leigeas duine a thaic ris. (2.) Tha andochas ann: C'ait a bheil dochas a chealgair, 'nuair a bhuineas Dia air falbh anam? Iob xxvii. 8. an sin tha crioch gu brath air a dhochas. Cia ea-cosmhuil e ri dochas an fhirein, a chriochnaicheas ann lua'-ghaire? Seanr. x. 28. 'Nuair a their am firean ri uair a bhais, "Tha gach ni criochnaichte;" 's e is eigin do 'n aingidh a radh "Tha gach ni caillte." Feudaidh esan a radh da rireadh, mar a thuirt Iob ann am mearachd, "C'ait a nis a bheil mo dhochas? Rinn e gu tur mo sgrios; dh' fhalbh mi; 's tha mo dhochas mar chraoibh a chaidh ghearra'," Iob xix. 10. "Tha dochas aig an fhirean na bhas," Seanr. xiv. 32. 'Nuair tha cholainn is a chail a' bàsachadh, tha dhochas, a' beothacha': oir is dochas beo a dhochas-san, 1 Pead. i. 3. ach is dochas millteach dochas an fhir eile. "Nuair a bhasaicheas an t-aingidh, basaichidh a dhochas," Seanr. xi. 7. Gearrar air falbh e cosmhuil ri lionan faoin an damhain-alluidh, Iob viii. 14. agus cosmhuil ri duine toirt suas an deo failnichidh e, Iob xi. 20. O cia truagh, thar na h-uile dhaoine, iadsan aig nach 'eil dochas ach anns a bheatha so amhain! 1 Cor. xv. 19. (3.) Tha blaispheimi san dochas so. Ma tha duil againn a bhi air ar sabhaladh

as eugmhais iompachai', tha duil againn gu 'n dean sinn Dia breugach. Dh' innis e dhuit, O pheacaich. trocaireach mar tha e, nach dean e gu brath do shabhala' ma theid thu air t-aghaidh na t-aingidheachd. Isai. xxvii. 11. 1 Cor. vi. 9. Ann an aon fhocal dh' innis e dhuit nach dean ni sam bith do ghnothach ni's lugha na " fas ad' nua-chreatuir," Gal. vi. 15. Is nach dana, seadh nach cuthaich dhuit a shaoilsinn " Nach dean Dia mar tha e 'g radh ? " Cha 'n fheud sinn buaidhean Dhé chur an aghaidh a cheile. Gloraichi' Dia a throcair, ach cha mhaslaich e fhirinn : mar a mhothaicheas am peacach dana gu dhorainn shiorruidh, ma theid e air aghaidh.

Ach an so their cuid " Tha sinn a' cur ar dochuis an Dia 's a' deanadh earbs' à Iosa Chriosd, agus air an aobhar sin tha fiughair againn a bhi air ar sabhaladh."

Freagra' 1. " Cha 'n earbs' ann an Crirosd so idir, ach earbs' an aghaidh Chriosd."—Earbsa bhi agad rioghachd Dhé fhaicinn gun a bhi air t-ath-ghintein ; agus amas air a bheatha mhaireannaich san t-slighe fharsuinn ; ciod so ach earbs' a bhi agad gur faidh breige Criosd ? Is iad briathra Dhaibhi'. " Tha mo dhochas ann a t-fhocal," Salm cxix. 81. ach is ann tha do dhochas-sa an aghaidh an fhocail. Fheuch dhomh aon fhocal o Chriosd airson do dhochais, gu 'n sabhail e thu ann a t-aingidheachd, no ad neochuram, is gu brath cha ghluais mise do dhochas.

2. " Tha Dia le grain a' cur air chul a leithid so do dhochas." A mhuinntir sin a th' air an diteadh leis an fhaidh, 's a chaidh air an aghaidh 'nam peacana, tha e air a ra' " gidheadh gu 'n leigeadh iad an taice ris an Tighearna," Mic. iii. 11. Ach cha 'n fhuiling Dia bhi mar so na phrop

do dhaoine peacach. Na peacaich dhana sin a bha dol air an aghaidh nan aingidheachd, is gidheadh a' deanamh earbs' à Dia Israeil, Isai. xlviii. 1, 2. thilg an Tighearna uaithe iad, mar a chrathas duine air falbh na dreasan a leannas r'a eudach.

3. " Ma tha feum air bith ann a d' dhochas glanaidh e thu o d' pheacana;" 1 Eoin iii. 3. ach is dochas malluicht' e sin a bheir misneach do neach air bith buanachadh 'na aingidheachd.

Ceist. Am b' aill leat sinn a thuiteam ann an ea-dochas?

Freagra. Na biodh dochas gu brath agaibh dol do neamh mar tha sibh, ann an staid neo-iompaichte, Gniomh. ii. 37. Na biodh dochas agaibh gu brath gnuis Dhé fhaicinn as eugmhais naomhachd. Ach na cuiribh uaibh air chor air bith 'ur dochas ri trocair, ma dh' iompaicheas sibh is ma ni sibh aithreachas; is ni mo dh' fheudas sibh bhi gun dochas gu 'n ruig sibh air iompacha' 's air aithreachas ma ghnathaicheas sibh na meadhona mar tha Dia 'g iarruidh.

Sa chuigeadh aite. "As eugmhais iompachai', tha gach ni' rinn is' dh' fhuiling Dia an diomhain dhutsa," Eoin xiii. 8. Titus ii. 14. Cha diong e bheag air bith a chum do shabhaladh. Tha moran a thagras so mar reusan airson an dochais, "gu 'n d' fhuair Criosd bas airson pheacach." Ach cuimhnich thusa nach d' fhuair Criosd riabh bas a shabhala' nam peacach sin a bhuanicheas mar a tha iad gun iompacha' gun aithreacheas, 2 Tim. ii. 19. Is iad dà cheist a bha Diadhair araid cleachdadh ri fheoruich na cheasnacha, diomhair. 1. Ciod a rinn Chriosd air *do shon?* agus 2. Ciod a rinn Criosd *annad?* As eugmhais oibreachaidh an spioraid g' ar n-ath-

ghineamhuin, cha'n fheud pairt air bith a bhi againn do shochairean na saoirse. Tha mi 'g innseadh dhuibh o'n Tighearna, nach urra' Criosd féin 'ur sabhala' ni's lugha na ghabhas sibh os laimh bhi air 'ur n-iompachadh. Oir,

1. " Bhiodh so an aghaidh na h-earbs' a th' aig an Athair ann." Is e an t-eadar-mheadhonair seirbhiseach an Athar, Isai. xlii. 1. is an uaithe tha ughdarras aige, is ann na ainm a tha e 'g oibreachadh, agus a reir iartais a tha e a' fireanacha', Eoin x. 18, 29. agus vi. 38, 40. " Dh' earb Dia ris-san na h-uile nithe," dh' earb e ghloir féin ris agus slainte nan daoine taghta, Mat. xi. 27. Eoin xvii. 2. Do reir so, tha Criosd, mu 'm bheil e fagail an t-saoghail, a' toirt cunntais da Athair anns an da chuid so do n obair a chaidh earbsa ris, Eoin xviii. 4, 6, 12. A nis mhasluicheadh Criosd gloir Athar, an ni sonraichte sin a chaidh earbsa ris, nan deanadh e daoine a shabhala' 'nam peacaidh; oir bhiodh so an aghaidh gach cuid d'a run, is an aghaidh gach aon d'a bhuaidhean.

(1.) Bhiodh e 'n aghaidh a ruin; oir is e so a run gu 'm biodh daoine air an toirt " a chum slainte trid naomhachaidh," 1 Thess. ii. 13. " Thagh e daoine chum as gu 'm biodh iad naomha," Ephes. i. 4. Tha iad air an tagha chum maitheanais agus beatha, trid naomhachaidh, 1 Pead. i. 2. Ma's urradh thusa mata run siorruidh agus comhairle neo-chaochlaideach Dhé atharracha', no ma's urra tu thoirt air-san, a sheulaich an t' Athair brib a ghabhail, is an ni sin a dheanamh a tha 'n aghaidh ughdarais, an sin, is cha mhò na 'n sin, a dh'fheudas suil a bhi agadsa ri dol do neamh san staid a bheil thu. Dochas a bhi agad gu 'n sabhail Criosd thu gun

bhi air t-iompacha', ciod sin ach dochas a bhi agad gu'm bi Criosd neo-dhileas d'a Athair anns a ghnothach mhor sin a dh' earb e ris? Cha d' rinn is cha dean e aon anam a shabhaladh, ach iadsan a thug Dia dha le iompacha' agus le naomhacha', Eoin vi. 35, 37. Na meall thu féin mata le shaoilsinn gu 'n sabhail Criosd thu air sheol a bhios an aghaidh toil Athar, rann 38.

(2.) Bhiodh so an aghaidh gach aon d'a bhuaidhean. Bhiodh e an toiseach, "an aghaidh a cheartais;" oir an so tha ceartas breitheanais Dé a' co-sheasamh, "gu 'n toir e do gach neach a reir a ghniomhara'," Rom. ii. 5, 6. Nis na 'n cuireadh daoine do 'n fheoil, is gu 'm buaineadh iad do 'n Spiorad a bheatha mhaireanach," Gal. vi. 7, 8, c' ait am biodh gloir ceartais Dé? Nach b' ea-corach an ni gu 'm faigheadh an t-aingidh duais an fhirein! A ris, "bhiodh so an aghaidh naomhachd Dhé."—Na 'n sabhala' Dia daoine 'nam peacana bhiodh a naomhachd gu ro-mhor air a maslacha' 's air a salacha'. Tha daoine minaomh an sealla' Dhé ni 's graineala na mucan agus naithrichean, Mat. xii. 34.; Pead. ii. 22. Ciod an ea-coir is mo do fhior-ghlaine Dhé na shaoilsinn gu 'n feud an leithid so conuidh a ghabhail maille ris? "Cha 'n urra' iad seasamh na bhreitheanais; cha 'n urra' iad fuireach na fhianuis," Salm i. 5. agus v. 4, 5. Mur fuilingeadh Daibhidh an leithide so na thigh, no na shealla, Salm ci. 3, 7. an saoil sinn gu 'n fuiling Dia?—Bhiodh so "an aghaidh fhirinn": oir dh' eighich Dia o neimh, "ma their neach air bith gu 'm bi sith aige ged bhuanaicheas e na pheacaidh, gu 'n las a chorruich-san an aghaidh an duine sin," Deut. xxix. 19, 20. gur iad-san amhain a dh' aidicheas agus a threigeas am peacaidh

a gheibh trocair," Seanr. xxviii. 13. is gur iadsan amhain "aig am beil lamhan glan is cridhe neo-chiontach, a theid suas gu thulaich naomha," Salm xxiv. 3, 4. C' ait a nis am biodh firinn Dhé, nan deanadh e, an deigh so uile, peacaich a shabhaladh as eugais naomhachaidh? O pheacaich dhana! am bheil thu cho amaideach as a shaoilsinn gu 'n dean Criosd Athair breugach, is gu 'n brist' e fhocal féin a chum thus' a shabhaladh?—Bhiodh so "an aghaidh a ghliocais:" na sochairean bu phriseala' thoirt dhoibh-san aig nach biodh meas orra; 's nach biodh air chor air bith iomchui' air am faotainn.

(1.) Cha bhiodh meas ac' orra. Cha 'n 'eil moran suim aig an duine aingidh do shlainte mhoir Dhé, Matt xxi 5. Tha cho beag iarruidh aig air Criosd, as a th' aig an duine shlan air an leigh, Mat. ix. 12. Cha 'n 'eil suim aige d'a chungai'-leighis; tha e saltairt air fhuil le tair, Eabh. x. 29. Am biodh e cosmhuil ri gliocas mata slaint' a chur a dh' aindeoin air a mhuinntir sin nach tuga' buidheachas air bith air a son? An dean an Dia uile-ghlic e féin an ni sin a thoirmisg e dhuine, "a nithe naomh' a thoirt do na madraidh, is a neamhnuidhean thilgeil a dh' ionnsuidh mhuc, nach deanadh ach mar gu 'm b' ann, tionnda air agus a reubadh," Mat. vii. 6. B' e so a throcair a dheana' suarach gun amharus. Tha gliocas ag iarruidh gu 'm biodh onair Dhé air a sabhala' cho math ri anama dhaoine; is c' ait am biodh onoir Dhé na cliu a ghrais, nan tilgeadh e mar so air falbh e air an dream sin nach 'eil aon chuid airidh na toileach air fhaotainn. Seadh cuideachd.

(2.) Cha 'n 'eil iad air chor air bith iomchuidh air fhaotainn. Tha gliocas Dé soilleir ann a bhi

deana' nan uile nithe freagarach agus iomchuidh airson a cheile ; ann a bhi toirt air a chrich freagra' do na meadhona air a chuspair freagra, do 'n cheatfa', 's air a ghibht a bhi iomchuidh airson an neach a tha ga faotainn. Ach, mo thruaighe ! ciod a dheana' creatair mi-naomh an neamh ! Cha bhiodh toil-inntinn air bith aig ann, a chionn nach biodh aon ni ann iomchuidh air. Cha bhiodh an t-ait iomchuidh air, is cha bhiodh a chuideachd iomchui' air : oir "ciod an comunn th' aig dorchadas ri solus," aig truailleachd ri foirfeachd, aig graineileachd agus sailiche ri gloir agus neobhasmhorachd? Cha mho a chordadh an obair ris. Cha taitneadh mola' na neamh r'a chluais : is cha 'n fhaigheadh a bheul blas air orain nan naomh no air laoidh nan aingeal. An druigh do cheol air t-ainmhidh? na 'n toir thu e dh' eisdeachd fuaim an inneil-chiuil a's binne? Sgaoil do bhord le feisd fa chomhair an neach a tha dol eug le piantean tinneis agus ann aite solais bheir thu dha oilbheum. Och ! ma 's fada leis an duine thruagh searmoin, is ma tha e meas na sábaide na sgios agus na tuirse, Mal. i. 31. cionnus a chordadh e ris a bhi gu siorruidh anns an staid so.

Os-barr, Na 'm biodh peacaich air an sabhaladh as eugais iompachaidh, "bhiodh so an aghaidh uil'-fhiosrachaidh ; agus, an aghaidh uilechumhachd." Tha e sgriobhta mar lagh siorruidh ann an orduigh neimh "nach faic neach gu brath Dia ach iad-san aig a bheil an cridhe glan," Mat. v. 8. A nis nan tugadh Criosd aon neach do neamh gun iompacha', b' eigin da 'n toirt astigh gu 'n fhios da Athair, (agus an sin c' ait am biodh uile-fhiosracha' ! na 'n aghaidh a thoile, ('s an sin c' ait am biodh uile-chumhachd ?

air neo b eigin da thoil atharracha', ('s an sin e' ait am biodh a neo-chaochlaidheachd?)

A pheacaich, nach leig thu fathasd dhiot do dhochas faoin ri bhi air do shabhala san staid am beil thu? An treigear an talamh air do shonsa," (arsa Bildad,) "is an atharruichear a charraig as a h-aite?" Iob xviii. 4. 'S nach feud mis' air an doigh cheudn' a radh riutsa. An d' theid lagh neimh atharrachadh air do shonsa, is ordugh siorruidh Dhé thilgeadh bonn os-ceann? An toir Criosd masladh do bhuaidhean Athar? An dean e ea-coir air a cheartas; am breugaich e 'fhirinn; an naraich e 'ghliocas; an salaich e a naomhachd? O, cia neo-chomsach, amaideach agus lan do blaispheimi a leithid so do dhochas! A shaoilsinn gu 'n sabhail Criosd thu gun bhi air t-iompacha', ciod sin ach a shaoilsinn gu 'n dean thu do Shlanui'-fhear na pheacach, is gu 'n toir thu tuille maslai' dha na thug na bheil do dheamhain an ifrinn dha riabh? Agus an gleidh thu ni 's faide dochas anns a bheil uirread bhlaispheimi?

2. Cha sabhail Criosd thu gun iompacha', oir bhiodh so "an aghaidh fhocail féin." Cluinn agus creid a bhriathra': "Gu firinneach tha mi a gradh ribh, mur iompaichear sibh nach teid sibh a steach do rioghachd neimh," Mat. xviii. 3. is eigin duibh bhi air 'ur breith a ris," Eoin iii. 7. "mur dean mise do nighe', cha 'n 'eil cuid agad annam," Eoin xiii. 8. "dean aithreachas, no basaich," Luc. xiii. 3. Shaoileadh aon gu 'm bu leoir aon fhocal o Chriosd, ach cia tric is cia durachdach a ta e sparradh so oirnn. "Gu deimhinn mur beirear duine a ris, nach feud e rioghachd Dhé fhaicinn," Eoin iii. 3, 5. Seadh, cha 'n e mhain gu bheil e 'g innseadh ach a' dearbha' gu bheil so feumail, Eoin iii. 6. is gu

bheil duine cho neo-iomchuidh airson neimh as eugais as a bhiodh ainmhidh salach airson talla rioghail. 'S am beil thu fathasd a' creidsinn do dhochais dhana féin, an aghaidh briathra' Chriosd. Is eigin da dol calg-dhireach an aghaidh lagh a rioghachd agus riaghailt a bhreitheanais, mu 'm feud e thus' a shabhaladh san staid so.

3. Seadh cuideachd, "An aghaidh a mhionnan." Thog e suas a lamh ri neamh, is mhionnaich e co sam bith a bhuanaicheadh an ain-eolas agus an easumhlachd, gu brath "nach d' theid iad asteach do 'shuaimhneas," Salm xcv. 11. Agus nach ' eil thu fathasd a' creidsinn, O pheacaich, gu bheil Dia da rireadh? An saoil thu gu 'n toir e mionnan eithich air do shonsa? Tha cumhnanta nan gras air a dhaighneacha' le mionn, is air a sheulacha' le fuil, Eabh. vi 17. agus ix. 16, 18, 19. Mat. xxvi. 28. ach is eigin da so air fad a bhi air a bhriste, is rathad eile bhi air fhaotainn gu neamh ma bhios tus' air do shabhala gun do staid a bhi air a h-athrachadh. Gu brath cha sabhalar peacaich as eugais iompachaidh, ni 's lugha na gheibh iad cumhnant eile o Dhia 's a gheibh iad an soisgeul siorruidh sin a chaidh a dhaighneacha' soleimnte le fuil mhic Dhé, a chur an toiseach an neo-bhrigh: 's nach biodh iad gun chiall gun amharus na 'n saoileadh iad gu feuda' so tachairt?

4. Bhiodh do shabhaladh as eugais iompachaidh "an aghaidh onair Chriosd." Nochdai' Dia a speis do 'n pheacach, air sheol a leigeas ris cuideachd fhuath do 'n pheaca'. Air an aobhar sin, "an ti tha 'g ainmeachadh ainm Chriosd, is eigin da aingidheachd a threigsinn," 2 Tim. ii. 19. is cul a chur ris gach uile mhi-dhiadhachd. Agus esan aig a bheil dochas ri beatha trid Chriosd,

Is eigin da "e féin a ghlanadh amhluidh mar tha esan glan," 1 Eoin iii. 3. Tit. ii. 12. As eugais so bhiodh Criosd mar gu 'm b' ann a' toirt fasgaidh agus misnich do 'n pheacadh. Ach dh' innis e do 'n t-saoghal, ge do bheir e mhaitheanas do'n pheacach a ni aithreachas, nach toir e 'm feasd tearna dhasan nach dean. Ma tha Daibhidh ag radh ri uile luchd-deanamh na h-aingidheachd imeachd uaithe. Salm vi. 8. 's a' cumail gach aon diu 'n taobh amach d' a dhorus, Salm ci. 7. nach lugha gu mor a dh' fheudas iad conuidh a ghabhail maille ri naomhachd Chriosd? Am b' onair dhasan maidraidh a bhi air a bhord, mucan a bhi luidhe' le chloinn, is uchd Abraham a bhi na nead aig naithrichean?

5. Bhiodh so "an aghaidh oifigean." Dh' ardaich Dia e "chum bhi na Phrionnsa 's na Slanui'-fhear," Gniomh. v. 31. Ach cha fhreagradh e aon chrioch dhiu so nan sabhaladh e peacaich as eugais iompachaidh. Is i oifig Righ "a bhi na aobhar eagail do luchd-deanamh an uilc, ach na chliu dhoibhsan a ni gu math, "Rom. xiii. 3, 4. Is e "seirbhiseach Dhé, dioghaltair, a nochdadh feirg do 'n ti ni olc." A nis man cuma' Criosd baigh ri daoine mi-dhiadhai', ('s iad a' fuireach mar sin) is gu 'n gabhadh e mhuinntir sin chum riaghla' maille ris, "leis nach b' aill e bhi na Righ os an ceann," Luc. xix 27. bhiodh so gu buileach an aghaidh 'oifig agus a dhreuchd: oir 's e 'n t-aobhar mu 'm bheil e a' riaghladh, a chum as gu 'n "cuireadh e a naimhdean uile fo chasan," 1 Cor. xv. 25. Buinidh e do Chriosd mar Righ, cridheachan a phobuill a riaghla' 's an anamianna chlaoidh, Salm xlv. 5. agus cx. 3. Ciod mata an Righ a bheireadh a naimhdean astigh g'a chuirt fo'n arma? Nach b' e so a

rioghachd, uachdranachd, agus ughdaras a sgrios a dh' aon bheum: Ma tha Criosd na Righ, tha coir aig air onair, urram, umhlachd, Mal. i. 6. Ach nan sabhaladh e peacaich, is iad a' fuireach san naimhdeas am beil iad, ciod a bhiodh an so ach masladh a tharruinn air onair, di-meas a thoirt air ughdaras, agus na sochairean sin a cheannaich e cho daor a reic air neo-ni?

A ris, nan deana' Criosd so, cha bhiodh e na Shlanui'-fhear, ni 's mo na bhiodh e na Phrionnsa. 'S ann spioradail ata a shlainte: theirear Iosa ris, a chionn gu 'n sabhail e a phobull o'm peacaidh, Mat. i. 21. air chor as nach feudadh e bhi aon chuid na Iosa no na Thighearna, nan sabhaladh e iad nam peacaidh. Mur deanadh e ach daoine a thearnadh o pheanas a pheacaidh, gun an saoradh o chumhachd, cha deanadh e ach leith oibre, 'scha bhiodh e na Shlanui'fhear foirfidh. Is i oifig mar Fhear-saoruidh "an-diadhachd a philleadh air falbh o Iacob." Rom. xi. 26. Is i chrioch gus an d' thainig e dh' ionnsui' an t-saoghail "a chum gu 'm beannaicheadh e daoine le 'n iompachadh o 'n lochdan," Gniomh. iii. 26. is a chum gu' n cuireadh e crioch air peaca', Dan. ix. 24. A nis nan sabhaladh e daoine gun iompachadh o 'm peacaidh, chuireadh e an aghaidh na criche so, agus chuireadh e oifig féin ad neobhrigh.

An co-chur. Eirich mata, O pheacaich! ciod is ciall duit? Duisg o d' pheacadh? mosgail o d' thearuinteachd! an t-eagal gu 'm bi thu air do chaitheadh ann ad aingidheachd abair mar thubhairt na lobhair, "Ma shuidheas sinn an so gheibh sinn bas." 2 Righ vii. 3, 4. Gu deimhin cha 'n 'eil e ni 's cinntiche gu bheil thu 'n dras an taobh amach do ifrinn, na gu 'm bi thu gu grad

an taobh asteach dh' i, mur dean thu aithreachas agus mur bi thu air t-iompachadh. So an t-aon dorus a th' agad gu dol as. Eirich mata, O lundaire, is crath dhiot gach uile leithsgeul: cia fhad a bhios tu a' d' shuain, is a dh' fhilleas tu do lamhan gu cadal? Seanr. vi. 10, 11. An luidh thu sios am meadhon na fairge, no'n caidil thu am barr an chroinn? Seanr. xxiii. 34. Cha'n eil caochla sam bith agad, ach an dara cuid iompacha' no losga'. Cha'n 'eil seachnadh sam bith agad air iompacha', ni 's lugha na tha thu leagta ri thu féin a sgrios, agus dol dh'ionnsui' na codach is faide leis an uile-chumhachdach. O dhuine! na dean so; ach, ma tha speis agad do t-anam, grad-eirich, agus thig air falbh. Air leam gu faic mi 'n Tighearn Iosa a' leigeil lamhan trocaireach ort, is mar gu 'm b' ann ga d' cho-eigneachadh: air leam gu bheil e buinntin riut mar a rinn na h-aingil ri Lot, Gen. xix. 15. &c. "Ann an sin ghreas na h-aingil Lot, ag radh, Eirich, mu 'm bi thu air do chaitheadh. Agus am feadh a bha e ri moille, rug na daoine air laimh air (air d'an Tighearna bhi trocaireach dha,) agus thug iad amach as a chaithir e, 's thubhairt iad ris, Teich airson t-anama, na fan sa mhachair uile, teich do'n t-sliabh, an t-eagal gu 'm bi thu air do chaitheadh."

O, cia toileil a bhios do sgrios ma chruadhaicheas tu thu féin fathasd a' d' staid pheacaich! Ach cha 'n urra' neach air bith agaibh a radh nach d' fhuair sibh rabha' trathail. Ach cha 'n urra' mi chur mar fhiach' orm féin 'ur fagail air an doigh so. Cha leor leam idir ge d' dhean mi m' anam féin a shabhala'. Ciod? an leig sibh dhomh falbh gun mo ghnothach? Nach 'eil ann air bith agaibh a dh' eireas agus a leanas mi?

An robh mi fad na h-uine so a labhairt ris a ghaoith ; a, seinn ciuil do'n nathair bhodhair; no a' traoghadh onfha na fairge le argumainte? Co dhiu tha mi labhairt ri clachan is ri cranna no ri daoine ; ri uaigh na marbh is ri leaca-lighe, no ri beo chomhthional? Ma 's daoine sibh, no ni aig a bheil mothacha', seasaibh agus smuainichibh c' ait a bheil sibh a dol: ma tha tuigs' agus reusan dhaoine agaibh, na bithibh cho cuthaich as ruith do 'n lasair, agus sibh féin a thilge' do ifrinn le 'r suilean fosgailte; ach thugaibh fainear sibh féin, agus grad chuiribh mu thiomchioll obair an aithreachais. Ciod e so! am beil sibh 'nur daoine, 's gidheadh a' ruith do 'n t-sloc, 'nuair nach gabh na bruidean féin iomain thar beul bruaiche! Ciod so! reusan agaibh is gidheadh sibh a cluiche ri bas, ri ifrinn, agus ri dioghaltas an Uile-chumhachdaich! An do dhealaich Dia sibh o na bruidean basmhor le ro'-mhothacha' thoirt dhuibhse; 's na dheigh so, nach dean sibh deasacha' sam bith airson na h-uine tha ri teachd ; nach dean sibh cabhag air bith gu dol as o phianta siorruidh? O! nach eisd sibh ri reusan, 's nach leig sibh fhaicinn gur daoine sibh. An ni reusanta' dhuibhse dol a dheanamh stri ri 'r Cruthai'-fhear?" Isai. xlv. 9. no "sibh féin a chruadhacha' na aghaidh." Iob ix. 4. "Mar gu 'n deana' neart Israeil breug!" 1 Sam. xv. 29. An ni reusanta dhuibhs' air an do bhuilich Dia caileigin do thuigse, 'ur beatha a chaithe direach an agaidh na criche gus an deachaidh 'ur cruthacha', 's a bhi air 'ur tilgeil amach, mar chre bhriste, do 'n otrach? Am beil e iomchui' gu 'm biodh an aon ni san t-saoghal so tha comasach air eolas a ghabhail air toil Dhé 's air gloir a thoirt da, aineolach air a

Chruthai'-fhear, is neo-easgaidh na sheirbhis? seadh, gu 'm biodh e ri ar-amach na aghaidh, is a' tilgeil a shile na eudan? Eisd, O neamh, agus thoir aire, O thalaimh;" thuga' na bruidean féin breith ma tha e ceart gu 'n deanadh iadsan, a rinn Dia "altrum is a thogail suas ar-amach na aghaidh," Isai. i. 2. Nach toir sibh breith cionnas a thig e do na dreasan agus do 'n droighinn dol sios an cath an aghaidh an teine mhilltich? Isai. xxvii. 4. no "do chre na talmhainn stri dheana' r' a Cruthai'-fhear? Ma tha bheag idir do reusan agaibh, is eigin dhuibh aideacha' nach 'eil so ceart: agus mu'r 'eil, c' arson a dh'fhanas sibhse ni 's faide mar a tha sibh, gu'n bhi reidh ri Dia le iompacha' 's le aithreachas?

Ciod a their mi? Dhuraiginn m' anam a bhuileachadh air a chuis so, O nan tuga' sibh ach eisdeachd dhomh! is gu 'n toisiche' sibh air ball air caithe-beatha nuadh. O, nach gabh sibh os laimh bhi glan! c' uin idir a thachras e? An e nach cuir mi iompaidh air aon neach agaibh? A leughadair, nach eisd thusa rium air a h-aon? Nach suidh thu sios, nach smuaintich thu air a chuis so, 's nach faic thu gur e do ghliocas pilleadh. Thig, agus reusanaicheamaid le cheile an glic dhuitsa fuireach mar tha thu? an suidh thu mar a th' agad gus an tig a mhuir-lan tharad? An glic dhuitsa dol a dh' fheuchainn am bi Dia cho math as fhocal; agus thu féin a mhilleadh le barail fhaoin gu 'n eirich gu math dhuit ge nach bi thu air do naomhacha'?

Ach tha fios agam nach gabh sibh mo chomhairle; gu'm bi a chuid is mo agaibh mar a bha iad; is gu 'n dean iad mar a rinn iad. Tha fios agam gu 'm pill am misg'ear gu mhisg; an cealgair gu cheilg; an slaoit-fhear gu shlaoit, is an

neo-ghlan gu neo-ghlaine a ris. Och ! an eigin domh 'ur fagail far an robh sibh, n'ur n-ain-eolas no n'ur n-aingidheachd ; n'ur fuar-chrabha no n'ur mi-mhothacha' ! Ach mur d' theid agam air tuille, suidhidh mi sios a chaoi' call mo shaoithreach, is a thaomadh amach m'osnaich osceann thruaghana' bochd tha basachadh.

O peacaich gun chiall ! ciod a chrioch gus an tig iad ! ciod a ni iad san la anns an d' thig Dia g' an amharc ? " Co dh' ionnsuidh a theicheas iad airson cobhair ? " Isai. x. 3. Cia glan a chuir am peaca' drui'eachd orra, 's a rinn Dia 'n t-saoghail so an dalladh ! Cia an bhar a tha iad air am mealladh, cia bodhar an cluasan, cia cruaidh an cridheachan ? Tha iad aig an Aibh-isteir air a smeide : ge 'd glaodh mise cian, gun neach ga'm fhreagairt. Feudaidh mi reusan-nacha' riu bliadhna an deigh bliadhna ; eisdidh iad rium agus is e sin uil' e. A dh' aindeoin na 's urra' mi radh, leanaidh iad r' am peacana ge d' innis mi dhobh gu bheil bas anns a chupa, glacaidh iad e : ge d' innis mi dhoibh gu bheil iad san t-slighe leathainn da 'n crioch leir sgrios, gidheadh theid iad air an aghaidh. Tha mi 'g innse' dhoibh an cunnart, ach cha ghabh iad suim dheth. Air uairibh, saoilidh mi gu maoth-aich trocair Dhé iad, is gu 'n toir gach caomh-chuire tha e toirt seachad na fhocal buaidh orra ; ach gheibh mi iad direach mar a bha iad. Uair eile, saoilidh mi gu 'n cuir uabhasan an Tighearn eagal orra : ach cha druigh so orra cuideachd. Eisdidh iad am focal, cordaidh an t-searmoin riu, 's molaidh iad am ministeir ; ach caithidh iad am beatha direach mar a rinn iad roimhe. Cha toir iad diultadh dhomh, ach cha mho bheir iad geill domh. Cruinnichidh iad gu focal Dhé,

suidhidh iad mu 'm chomhair mar a phobull-san eisdidh iad mo bhriathra; ach cha chuir iad aon an gniomh dhiu. Tha speis aca do mhinisteirean, agus seasaidh iad suas air an son, is tha mise dhoibh " mar oran ro thaitneach duine aig am biodh guth binn," ach cha 'n urra' mi 'm faotainn gu teachd fo chuing Chriosd. Tha gaol ac' orm, is tha iad ulla' gu radh gu 'n dean iad ni air bith air mo shon: ach airson mo bhuidheachais, airson m' anama, cha 'n urra' mi chur mar fhiach' orra cul a chur r' am peacaidh, an droch cuideachd a sheachnadh, agus sgur da 'n neo-mheasarachd, d' am buannachd eacorach, &c. Cha 'n urra' mi thoirt orra toiseacha' ri urnuigh chur suas nan teaghlaichean 's nan ionada uaigneach; ge do gheallas iad dhomh a dheana', cosmhuil ris a mhac easumhal, a thuirt, " Tha mi dol, a Thighearn" ach nach deachai, Mat. xxi. 30. Cha 'n urra mi thoirt orra gu 'n gabh iad eolas air an creide ge d' robh iad ullamh gu basacha' le diobhail eolais, Iob xxxvi. 12. Tha mi 'g innse' dhoibh an truaighe, ach cha chreid iad nach 'eil gach ni ceart. Ma dh' innseas mi dhoibh gu h-araid gu bheil eagal orm airson a leithid so, no leithid so do reusain, gu bheil an staid gu h-olc, measaidh iad mi 'm dhuine achasanach, draghail: no, ma mhosglas iad beagan san àm, air ball tha 'n t-Aibhisteir ag 'n cur nan cadal a ris, agus tha iad a' call na bh' aca do mothachadh.

Mo thruaighe! mo luchd-eisdeachd bhochda! 'n eigin dhoibh mu dheire basacha' nan ceudan, 'nuair tha am ministeirean cho deigheil air an sabhala'? Ciod an t-innleachd a ghnathaicheas mi leo, nach do ghnathaich mi cheana? " Ciod a ni mi airson nighean mo phobuill," Ier. ix. 7.

"O Thighearna Dhia cuidich. Och! am fag mi iad mar so? Mur eisd iadsan mi, gidheadh eisd thusa mi: O gu 'm bitheadh iad fathasd beo ann ad shealladh! A Thighearna sabhail iad air neo tha iad caillte. Ghuileadh mo chridhe nam faicinn an tighean ri theine mu 'n ceann, is iad nan suain chadail nan leapaichean; agus nach goirte na sin le m' anam a bhi gam faicinn a' tuiteam ann an teine siorruidh! A Thighearna gabh truas diu, agus spion amach as an tein' iad: sin amach do ghairdean cumhachdach, agus bidh an obair deanta; ach air mo shonsa dheth, cha 'n urradh mi buadhachadh."

CAIB. IV.

A' feuchainn chomharan leis an aithnichear a mhuinntir neo-iompaichte.

Cha mhor a chuireas e air daoine sinn a bhi labhairt an aghaidh a pheacaidh, ni 's lugha na th g sinn dluth 'g am broilleach agus a shonraicheas sinn amach a ghne pheacaidh sin sam bheil iad féin gu h-araid ciontach. Cha'n 'eil Daibhidh a' gabhail dusgai' sam bith le samhluidhean is coimeasan an Fhaidh, ach gus am beil e teachd direach gu uchd is ag innse dha gu soilleir, " Is tus' an duine," Aidichidh, ach beag, gach aon gu bheil iompachadh 's ath-nuadhacha' ro-fheumail, ach tha iad gan sgrios féin le barail mhealltach gu bheil an obair deanta cheana. O 'n tha fios aca gu bheil iad saor do 'n cheilg oillteil sin tha toirt air cuid do dhaoine sgail chreidimh a chur umpa chum an aingidheachd a chleith agus coimhearsnaich a mhealla', tha iad ga meas féin treibh-dhireach; gun smuaineacha' gur teaga' gu bheil ceilg is dluithe 's is cunnartaiche na i so

ceangailte riu ; a cheilg sin leis am beil neach a' mealladh anama féin, Seum. i. 26. Ach tha cridhe 'n duine na ni cho chealgach agus féinmhealltach, as nach eil fios agam co dhiu 's duiliche, is seirbhe, no is feumala' 'n obair dol gu rusgadh is gu leige' ris. Mo thruaighe mo luchd-eisdeach neo-iompaichte 's eigin doibh an cridhe fhaicinn no bhi caillte. Ach cionnas is urra' sinn a leigeadh ris doibh?

"Cuidich mi, O Sholuis a rannsuicheas na h-uile nithe, s' dean thusa soilleir do 'n fheinmhealltair am bunachar faoin air a bheil e leagail a steidhe. Stiuir mise, Thighearna Dhia, mar a rinn thu 'm faidh, gu seomraiche nan iomhaigh; cladhaich troimh a bhalla sin tha cuartachadh cridhe a pheacaich, is leig ris na graineileachda diomhair sin, tha ga 'm falach féin na ionadan dorcha'. O cuir aingeal air thoiseach orm a dh' fhosgladh gach cearna nan cridheachan 's a thoirt air na geataichean iaruin féin sgaoileadh o cheile, amhuil mar a rinn doirsan a phriosuin ro' do d' sheirbhiseach Peadar. Agus, mar nach bu luaithe bhlais Ionathan a mhil na bha' shuilean air am fosgla', mar sin deonuich, O Thighearna, 'nuair a chi no chluinneas na h-anama dalla' truagha, ris a bheil mo ghnothach-sa, na briathra so, gu 'm bi 'n inntinn air a soillseachadh, 's an coguisean air an dusgadh le geur-mhothacha', chum as gu faiceadh iad le 'n suilean is gu 'm biodh iad air an iompachadh, 's gu 'n deana' tusa an leigheas."

Is eigin duinn a thoirt fainear, mu 'n toisich sinn ris an rannsacha' so, gu bheil e deirbhte gu'm feud daoine moran earbsa bhi aca gu bheil an staid gu math 'nuair tha i gu h-olc. Cluinn beul na firinn féin a leigeil fhaicinn an cuis Lao-

dicea, gu feud daoine bhi "truagh agus bochd agus ainniseach, agus dall agus lomnochd," is gun fhios aca féin air; seadh, 'nuair a tha iad lan earbsach gu bheil iad "beartach, agus air fas saibhir ann an gras," Taisb. iii. 17. "Tha gineal-ach ann a tha glan nan suilean féin, is gidheadh nach 'eil nighte o 'n salchar." Seanr. xxx. 12. Co b' fhearr barail air a staid féin na Pol, 'nuair a bha e fathasd neo-iompaichte? Rom. vii. 9. Air choir as gu bheil iadsan gu ro-mhor air am mealladh, a tha saoilsinn gur leoir an dearbha' dhoibh gu bheil a chuis ceart ma tha 'n earbsa laidir. Iadsan aig nach 'eil barantas ni 's fearr na so air an iompachadh, cha 'n 'eil fhios aca fathasd ciod is ciall da.

Ach gu teachd ni 's dluithe d'ar gnothach: Thachair do 'n mhuinntir air a bheil sinn ag iomra' mar a thachair do luchd-leanmhuin an Ana-criosd, tha cuid dhiu tha giulan an comharan am follais air clar an eudainn; agus cuid eile, ni 's falaichte na sin, air an dearnaibh. Tha iomadh seorta air an cuir sios agus air am fagail fo bhinn bais anns na sgriobhtura eagalach so leanas d' an coir dhuibh-se aire shonraichte a thabhairt, a dh'fheuchainn nach 'eil sibh féin san aireamh. Ephes. v. 5, 6. "Oir tha fios agaibh air so, nach 'eil aig striopaichean, no aig neach neo-ghlan, no aig duine sanntach, a tha na fhear-iodhol-aoraidh, oighreachd an rioghachd Dhé agus Chriosd. Na mealla' neach air bith sibh le briathran faoin; oir arson na nithe so tha fearg Dhé a' teachd air cloinn na h-eas-umhlachd," Taisb. xxi. 8. Ach aig an dream sin a tha gealtach agus mi-chreid-each, agus graineil, agus aig luchd-mortaidh, agus striopachais agus druidheach, agus iodhol-aoridh, agus aig na h-uile bhreugaire bidh an

cuibhrionn anns an loch a ta dearg-lasadh le teine agus pronnusc ; ni is e 'n dara bas ! 1 Cor. vi. 9, 10. "Nach 'eil fios agaibh nach sealbhaich luch deanamh na h-eu-corach rioghachd Dhé? Na meallar sibh, cha sealbhaich luchd striopachais, no luchd iodhol-aoraidh, no luchd adhaltruis, no luchd macnuis, no na daoine tha ciontach an neoghloine mhi-nadurra', no luch goid, no luch sannt, no misgearan, no luchd annacainnt, no luchd foireigne, rioghachd Dhé: faic Gal. v. 19, 21. Mo thruaighe iadsan aig a bheil an anamianna, sgriobhta measg nam buidhnean so. Feadaidh iadsan fios a bhi aca, cho cinnteach as ged innse' Dia dhoibh e no neamh ; gu bheil iad fathasd gun naomhachadh, agus anns an staid sin, nach 'eil e comasach dhoibh air choir air bith a bhi air an sabhaladh.

Tha gach seorsa dhiu so mata (gun aga' air bith) neo-iompaichte ; tha iad a' giulan an comharaidh ann an clar an eudainn.

1. Na *neo-ghloin*. Tha iad so do ghnath ann an aireamh nan gobhar a sheasas oir an laimh chli ; 's eo air bith eile tha air am fagail amach, tha 'n ainmsan air a chur sios anns gach aon do na clair anamianna sin a chunnaic sinn, Ephes. v. 8. Taisb. xxii. 8. 1 Cor. vi. 9, 10.

2. Na *sanntaich*. Tha iad so anns gach ait air an sonracha' mar luchd iodol-aoraidh, is dorus na rioghachd air a dhruideadh orra air an ainm, Ephes. v. 8. ; Col. iii. 5. ; 1 Cor. vi. 9, 10.

3. *Misgearan*. Cha 'n e 'mhain iadsan a tha 'g ol air falbh an reusain, ach mar an ceudna, agus gu h-araid, iad sin tha tuille 's laidir, seadh, airson deoch-laidir. An aghaidh na muinntir so tha beul Dhé féin a' glaodhaich truaighe, 's a' barrantachadh nach 'eil "pairt sam bith aca do rioghachd Neimh." Isai v. 11, 12, 22. ; Gal. v. 21.

4. *Breugairean.* Tha 'n Dia sin nach feud breug a dheanamh ag innseadh dhoibh-san, nach 'eil cuid sam bith aca d'a rioghachd-san, is nach d' theid iad gu brath a steach d' a thulaich: ach gu faigh iad an cuibhrionn le Athair nam breug, (an ti d' am beil iad nan cloinn) anns an loch theine. Salm xv. 1, 2. Taisb. xxi. 8. 27; Eoin viii. 44. Seanr. vi. 17.

5. *Luchd-mhionn.* Gun aithreachas goirt agus grad, is i crioch no muinntir so leir-sgrios ullamh, agus damnadh cinnteach, gun innleachd air bith air a sheachnadh, Seum. v. 12.; Seach. v. 1, 3.

6. Luchd *anacainnt* agus *cul-chainidh*, a tha ullamh gu droch sgeul a thogail no airis an aghaidh an coimhearsnaich, is gach salchar a dh' fheudas iag a thilge' na eudann; no tha ga lot gun fhios da air a chul-thaobh. Salm xv. 1, 3.; 1 Cor. vi. 10. agus v. 11.

7. Luchd *goid, foireigne 's breith air-eigin*, a tha sarachadh' s a' bleith nam bochd, is a' deanadh anacothrom air bith air am braithrean gach uair a gheibh iad fath air bith air a dheanamh. Biodh fios aca so air fad gu 'm bi Dia na dhioghaltair orra, 1 Thessal. iv. 6. Cluinnibh, O sheirbhisiche bradach, mi-dhileas agus struidheil; cluinnibh O luchd-oibre cealgach anns gach ceaird; cluinnibh 'ur binne: druididh Dia gu cinnteach a dhorus oirbh-se, tionndaidh e 'ur n-ionmhas eu-corach gu ionmhas feirge, 's bheir e air 'ur n-or is air 'ur n-airgiod, a fhuair sibh gu h-eas-ionraic, 'ur claoidh mar mhiotailt leaghta 'n taobh astigh dhibh, 1 Cor. vi. 9, 10. Seum. v. 2, 3.

8. Gach uile neach a tha ri dearmad am bitheantas air *aoradh* Dhé: nach 'eil ag eisdeachd fhocail no gairm air ainm: a tha cumail air ais urnuigh o Dhia, 's nach 'eil a' gabhail suim d' an

anama féin no do anama 'n teaghlaichean, ach a tha "caitheadh am beatha gun Dia anns an t-saoghal," Eoin viii. 47.; Iob xv. 4.; Salm xiv. 4.; agus lxxix. 6.; Ephes. ii. 12.; agus iv. 18.

9. Iadsan a tha gleidhe' *cuideachd amaideach, no olc.* Thug Dia barantas seachad gu 'n sgrios e mhuinntir so air fad, is nach d' theid iad gu brath asteach da aite comhnuidh, Seanr. xiii. 20.; agus ix. 6.; Salm xv. 4.

10. Iadsan a bhios *ri fanaid* air diadhachd, is a' deana' sgeig is tair air daoine diadhaidh air an aidmheil naomha, 's air an giulan faicilleach? 's a tha deana' sporsa dhoibh féin do anmhuinneachd is do fhailinne nan creideach. Cluinnibh, a luchd-fanaid, 'ur binne eagalach. Seanr. xix. 29.; agus iii. 34. 2 Chron. xxxvi. 16.; Mat. xviii. 6.

A pheacaich, rannsuich gu curamach a dh' fheuchainn nach 'eil thu féin a measg aon seorta do 'n mhuinntir sin a chaidh ainmeachadh; oir ma 's e so do chor tha thu fathasd "an domblassath an t-searbhadais agus an cuibhreacha a pheacaidh;" oir tha gach seorta dhiu so a' giulan an comharra cho soilleir air clar an eudainn as nach 'eil aga' air bith nach clann do 'n bhas iad. Agus ma seadh, gu 'n gabha' Dia truas d' air cothionail bochda! O cia beag an t-aire bhios air fhagail 'nuair a bhios na deich seortai' so air an toirt asda! Och! cia lion dorus, cia lion eudann air an eigin duinn a sgriobhadh "Gu 'n deanadh Dia trocair oirnn!" A dhaoine cionnus is urra' sibh a chur an ceill duibh féin gu bheil 'r staid gu math, 'nuair a tha Dia o neamh a' labhairt 'nur n-aghaidh, agus a barrantacha' dhuibh gu bheil sibh an staid damnaidh? Ceadichibh dhomh reusanacha' ribh ann am briathra Dhé

"Cionnus a dh' fheudas tu radh. Cha 'n 'eil mi salach?" Ier. ii. 23. "Feuch do shlighe sa ghleann, tuig ciod a rinn thu." A dhuine nach 'eil do choguis fiosraeh air do chuil-bhearta cealgach, air do chionta uaigneach, air do shlighe bhreugaich? Seadh nach 'eil no chairdean, do theaghlach, do choimhearsnaich, nam fianuisean air do dhearmad air aoradh Dhé, air do chleachda' sanntach, air do ghiulan mirunach agus farmadach? Nach feud iadsan a chi thu dol seachad a radh Sin struidhear costail; no, Sin misg'ear poiteil; fear-taghail droch cuideach? Sin duine droch-theangach; no, fear-fanaid, no duine aig a bheil caithe-beatha mi-theisteil?—Mo mhuinntir ionmhuinn, griobh Dia mar gu 'm b' ann le gath-greine, san leabhar sin leis an toirear, breith oirbh, nach e bheag dheth so suaicheantas a chloinne-san; is nach d' theid aon neach do 'n mhuinntir so, ni 's lugha no bhios e air ath-nuadhacha' le gras an iompachaidh, gu siorruidh as o dhamnadh ifrinn.

O nach gabhadh sibh os laimh a nis "aithreachas a dheanamh, agus pilleadh o 'ur nuile chionta, chum as nach deanadh aingidheachd 'ur milleadh!" Esec. viii. 30. Och, a pheacacha' cruaidh-chridheach! an eigin domh 'ur fagail mu dheire far an robh sibh? Am feum mi 'm poit'ear fhagail san tigh-osda? Am feum mi fear an t-sugrai' fhagail r'a mhacnus? Am feum mi am mi-runach fhagail na nimh; is fear nam breug no nam mionn a' cluiche ri bruaich an teine shiorruidh? Ma 's eigin, biodh fios agaibh uile, gu'n d' fhuair sibh rabha', 's gu bheil mise saor o 'ur fuil. Agus, "co dhiu a dh' eisdeas daoine no nach eisd," fagaidh mi na sgrioptura' so maille riu, an dara cuid mar thairneanaich g'

an dusgadh, no mar iaruin-losgai' g' an cruadh-acha' 's gam fagail gun mhothacha', Salm lxviii. 21. "Ceann a naimhde bristidh Dia, agus claigeann greannach an duine sin a theid air aghaidh gu dana na aingidheachd." Seanr. xxix. 1. "An ti gheibh achasan gu minic, is a chruaidh-icheas a mhuineal, di-mhilltear e gu h-obann, agus gun teasairgin." Caib. i. 24, &c. "A chionn gu 'n do ghlaodh mi, agus gu 'n do dhiult sibh, gu'n do shin mi 'mach mo lamh, is nach d' thug duine fainear, &c. Ni mise fanaid 'nuair a thig 'ur truaighe, 'nuair a thig 'ur leir-sgrios amhuil mar ioma'-ghaoth.

Cha 'n 'eil teagamh nach 'eil moran a nis ga meas féin sonadh 's a' saoilsinn gu bheil gach ni ceart, a chionn nach feudar a bheag a chur as an leith do na peacaidh sin is soilleire 's is truime cionta, bha 'n ceart uair air an ainmeachadh. Ach is eigin domh innse' dhuibh gu bheil seort' eile do dhaoine neo-naomhaicht' ann, ge nach 'eil iad a giulan an comharai' air clar an eudainn mar a mhuinntir so; ach aig a bheil e ni 's falaichte, mar gu 'm b' ann air an dearnaibh. Tha 'n dream so gu bitheanta ga mealla' féin cho math ri daoin' eile, 's air am meas nan fior chriosdui'-ean 'nuair tha 'n cridhe fad na h-uine lan do ghaoid is do mhi-fhallaineachd. Tha moran diu dol roi' 'n t-saoghal gun uirread as duine a chur amharuis orra', gus an toir bas agus breitheanas gach ni gus solus. Tha na féin-mhealltairean so mar gu'm b' ann a' teachd direach gu geata' fhlaithinis le lan earbsa ri dol astigh; is gidheadh tha iad air an druideadh amach air a cheann mu dheire, Mat. vii. 22.

Mo bhraithre ionmhuinn, guidheam oirbh aire shonraicht' a thoirt do na smuainte cudthromach

so, 's an ghleidhe' gu daingean 'nur cuimhne, "Gu bheil na miltean air an call le bhi toirt fasgai' do pheacaidh diomhair eigin, a tha, cha 'n e 'mhain, falaichte o dhaoine, eile, ach mar an ceudna uapa féin a chionn nach 'eil iad a' mion-rannsach an cridhe." Feudai' duine bhi saor o ghraineileachd f holais, is gidheadh basacha' le gaoid ne galar faluichte. Ainmichidh mi a dha-dheug do na peacaidh diomhair so leis am beil na milte anama air an sgrios. Rannsaichibh gu curamach, a dh' f heuchainn nach 'eil aon air bith do na comharan bais 'so ri fhaotainn oirbh; oir tha gach aon diu a leigeil fhaicinn gu bheil neach air bith air am faighear iad fathasd gun ghras, gun iompachadh. Air an aobhar sin, mar is ionmhuinn leibh 'ur n-anama, leughaibh agus eisdibh na nithe a leanas le mor-f haicill agus curam, 's le eud naomh mu 'ur tiomcholl féin, eagal ge faighear oirbh aon air bith do na comh-aran sin a theid ainmeachadh.

1. "Dall ain-eolais." O, cia lion anam truagh tha 'm peaca' so a' mille' gun f hios! Hos. iv. 6. 'nuair a tha iad a' saoilsinn gu bheil an cridhe ceart, is gu bheil iad air an rathad dhireach gu neamh! 'S e so am murtair a tha sgrios nam miltean gu samhach, is gun iad a' faicinn no mothachainn co 'n lamh a tha gan cosgairt. Ciod air bith leth-sgeul a th' agaibh airson 'ur n-ain-eolas, feudai' sibh f hacinn gur peaca' mill-teach do 'n anam e, Isai. xxvii. 11. 2 Thes. i. 8. 2 Cor. iv. 3. Nam faiceadh sibh lan tighe do dhaoine, air an stiuradh a lion, aon is aon, le 'n suilean codaichte, gu beul furnais theine, 'gun fhios aca c' ait an robh iad a' dol gus am bidh iad air an tilge' sios innte, nach bidh sibh air 'ur lionadh le gairr'-eisin leis an t-sealladh? Ach

nach goirte na sin smuaineach air ceudan anns na h-uile co-thional, a th' air an tilgeil do ifrinn gun fhios dhoibh le dall aineolas. O, bithibh air 'ur faicill an aghaidh a pheacai' so. Na saoilibh gu'n gabh ni air bith 'ur leth-sgeul airson aineolais; tha sibh a gleidheadh 'ur murtair ann ur sgeith, ma 's e's gu bheil sibh a' toirt da fardaich.

2. "Bhi gleidhe' pairt do'n chridhe air ais o Chriosd." An t-iomlan a threigsinn airson Chriosd, "fuath thoirt do athair agus do mhathair, seadh agus do bheatha duine féin" air a shon "Is cruaidh an gnothach so." Luc. xiv. 26. Tha cuid a ni moran; ach cha bhi cuid aca do 'n chreidamh sin a dh' iarras gach aon ni orra. Gu brath cha toir iad féin gu builleach suas do Chriosd, is cha bhi iad iad gu h-iomlan striochdta bha. Is eigin doibh peaca' milis eigin a ghleidhe'; cha 'n 'eil toil aca iad féin a dhochann; no dealachadh ri 'm beatha, ri 'n cliu, ri 'n saorsa, ri 'm maoin, is ri 'n leithide sin do nithe. Tha moran mar so a' gabhail Chriosd air thuiteamas, gun smuaineach, air chumhanta, 's gun fhuireach gus an cunnt iad an costus. Is mearachd so anns an steigh a mhilleas an t-iomlan, is a sgriosas gu siorruidh gach neach a bhios ciontach ann, Luc. xiv. 28. Mat. xiii. 21.

3. "Fuar-chrabha'." Tha moran gan toileachadh féin le taobh amach a' chreidei', Tha iad a' dol roi' gach saothair is dleasna's naomh on' leith amuigh; is an sin tha iad a' stad gun dol ni's faide, Mat xxiii. 25. Tha 'm mearachd so a' mealla' dhaoine ni 's mò, 's gan sgrios ni's cinntiche na aingidheachd fhollais; amhuil a's mar a rinn e air no Pharaisich, Mat. xxiii. 31. Tha iad ag eisdachd, a' trasg, ag urnuigh, a' toirt deirce seachad; is uime sin cha chreid iad nach

'eil an staid gu math, Luc. xviii. 11. Ach ged dhean iad so uile, as eugais obair a chridhe, agus cumhachd is beatha na diadhachd a ruigheachd air an anam, tha iad a' tuiteam air a cheann mu dheire do ifrinn, ged bu mhor an dochas agus an earbsa gu 'n robh iad air an t-slighe dhirich dh' ionnsui' neamh, Mat. vii. 22, 23. O cia eagalach an staid so, 'nuair nach 'eil feum air bith do dhuine 'na chreideimh, ach amhain gu' chruadhachadh na chionta, 's gu anam a mhille' le mearachd!

4. " Run agus crioch mhearachdach ann an oibre mhath agus dhiadhaidh," Mat. xxiii. 25. B' e so sgrios an Pharaisich. O cia lionor anam truagh a th' air am mille' leis so, 's a tha tuiteam do ifrinn mu bheil iad a' faicinn am mearachd? Tha iad a' gnathachadh deadh oibre, 's an sin a' saoilsinn gu bheil gach ni ceart; is gun iad fad na h-uine toirt fainear gur ann o run saoghalt' agus feolar a tha so uile a' sruthadh. Tha e tuille 's fior gu 'm beil am peaca' so air uairibh a faotainn greim air an duine fhior-iompaichte féin; ach an aite buadhachadh gu bitheanta, no riaghladh ann, tha e na chuis fhuath agus irisleachaidh dha, Rom. xiv. 7. Ach 'nuair is e 'n t-aobhar mu bheil neach air bith a dol am bitheantas mu thiomchioll dleasnais mhath agus dhiadhaidh a thoileachadh a choguis, a dh' fhaotainn ainm bhi diadhaidh, a " chum as gu faichte le daoin' e," a leigeil fhacinn a ghibhtean agus a cheatfai', no sheachnadh iomradh sgainneileach a bhi mi-dhiadhai', no leithide sin; tha a chridhe fathasd cealgach agus mi-fhallain, Hos. x. 1. Sech. vii. 3, 6. O sibhs' aig a bheil deadh aidmheil! na 'm bu mhath leibh gun sibh féin a mhealla', feuchaibh nach e mhain gu bheil 'ur

n-oibre math ach mar an ceudna, seadh agus gu sonraichte, gu bheil 'ur run agus 'ur crioch math cuideachd.

5. "Earbs' as 'ur fireantachd féin," Luc. xviii. 9. Is eucail so a sgriosas an t-anam, Rom. x. 3. 'Nuair tha daoine a' deanamh bun as am fireantachd féin tha iad gun amharus a' cur cul ri fireantachd Chriosd. Mo chairden, tha faicill feumail dhuibh air gach aon taobh; oir feudai', cha n e 'mhain ur peacaidh, ach ur dleasnais mar an ceudna ur dite'. Theaga' nach d thainig so riabh fainear dhuibh; gidheadh cha 'n 'eil ni air bith is cinntiche na gu'm feud duine a bhi air a sgrios le sgail fireantachd is le samhla' grais cho math as le peacaidh graineil agus follais. Is ann mar so a thachras, 'nuair tha earbsa aig duine gu'n dean oibre féin f hireanachadh 'm fianuis Dé, a cheartas a dhioladh, a chorruich a thraoghadh, 'f habhar is a ghean-math a chosnadh, agus maitheanas a thoilltinn; oir ciod so ach Criosd a chur á dhreuchd, agus slanaighear a dheanamh d' ar grasan agus d' ar deanadas féin. Bithibh air 'ur faicill an aghaidh so, a luchd aidmheil, air lionmhoireachd no air feathas 'ur n-oibre, ni an aon ni so an t-iomlan a mhilleadh. Air an aobhar sin, 'nuair is saibhir 's is fear a ni sibh 'ur dleasnas, bithibh cinnteach nach earb sibh ni sam bith ri so, ach gu 'n leigh sibh 'ur taice gu h-iomlan ri Criosd. Measaibh 'ur fireantachd féin mar bhroineagan, Salm cxliii. 2. Phil. iii. 9. Isai. lxiv. 6. Neh. xiii. 22.

6. "Naimhdeas agus fuath os n-iosail do rof haicill is do theanndachd na diadhachd." Tha moran do dhaoine deadh-bheusach aig a bheil suim do chrabhadh is do ghiulan riaghailteach o 'n taobh amuigh, ach aig a bheil fior-naimhdeas

do ro theanndachd, agus fuath do bheatha 's do chumhachd na diadhachd, Phil. iii. 6. le Gniomh ix. 1. Cha chord e riu bhi faicinn cuid do dhaoine tuille 's diadhaidh maa tha barail acasan, is a cur tuille 's a choir do shaothair orra f:in mu thiomchioll an creidimh. Tha iad a' diteadh na mor-fhaicill is an teas-chrabhaidh so, mar neonachas, mar amaideachd agus an-bharr eud. Ma chi iad searmonaiche ro-dhurachdach, no Criosduidhean fior chrabhaidh, tha iad ga meas nan daoine neo-shuidhichte, 's air bheagan ceile.—— Tha e soilleir nach 'eil speis aig a mhuinntir so do naomhachd mar naomhachd, (oir nam bitheadh, bhiodh an speis bu mhò aca do 'n tomhas bu mhò dhi) 's air an aobhar sin tha iad gun ag' air bith mi-fhallain nan cridhe, cia math air bith a bharail a tha ac' orra féin.

7. "A bhi stad aig tomhas araid do dhiadhachd:" Nuair a bhios aca direach uirread as a shabhalas iad (nam barail féin) cha 'n 'eil iarruidh ac' air tuille; 's leis so tha iad a' nochdadh gu bheil iad fada goirid air fior ghras, a bhios a' sior-bhrosnachadh dhaoine gu dol ni's faide air an aghaidh dh' ionnsuidh foirfeachd, Phil. ii. 13. Seanr. iv. 8.

8. "An-bharr speis do 'n t-saoghal." So comhara' cinnteach air cridhe neo-iompaichte, Marc x. 22. 1 Eoin ii. 15.

Tha 'm peaca' so gu bitheanta ga fhalach féin fo sgail a chreidimh 's fo dheadh aidmheil, Luc. viii. 14. Seadh, tha 'm peaca' so cho mealltach as 'nuair a chi gach aon eile sannt agus saoghaltachd an duine, gu bheil e iomadh uair falaicht air féin, le co-lion dreach, is leth-sgeul, is aobhar a tha e toirt da féin airson a ro-churam mu'n t-saoghal; is mar tha e dalladh a shul féin air

chor as nach leir dha'n truaighe sin gus a bheil e 'g imeachd. Cia lionar iadsan a' measg luchd-aidmheil a tha toirt tuille do 'n cridhe 's do 'n aigne do 'n t-saoghal na do Chriosd; aig am bheil an air' air nithe talmhaidh:" agus mar sin a tha leigeil fhaicinn gu soilleir gu bheil iad fathasd anns an fheoil, is gu 'n criochnaich iad ann an leir-sgrios! Rom. viii. 8. Phil. iii. 19. Gidheadh, feoruich do 'n mhuinntir so, is innsidh iad dhuit gu danadh, gu bheil "speis agus meas ac' air Criosd thar gach ni, 's nior leige' Dia nach bitheadh!" ach fad na h-uine cha leir dhoibh gu bheil an inntinn talmhaidh agus saoghalta, chionn nach 'eil iad a' mion-rannsacha' no toirt fainear oibreachaidh an cridhe. Nan ceasnaicheadh iad sin le curam, gheibheadh iad amach air ball gur anns an t-saoghal is mo th' aca do thlachd is do thoil-inntinn, Luc. xii. 19. is gur ann mu thiomchioll an t-saoghail fhaotainn agus a ghleidhe tha chuid is mo d' an saothair agus d' an iomaguin. Dearbha' ni 's cinntiche na so cha ruig sinn a leas iarruidh air duine bhi fathasd neo-iompaichte. Gu 'n deonuicheadh Dia nach bi chuid is mo do luchd-aidmheil air an sgrios le laimh a pheacai' so, gun iad ga mhothacha', no ga thoirt fainear. Feudaidh daoine bhith, agus tha iad gu tric, air an cumail air an ais o Chriosd, le an-bharr speis do thiolaca laghail, cho math as leis a chaithe beatha sin is mi-laghaile sam bith, Mat. xii. 5. Luc. xiv. 18—24.

8. "Mi-run laidir agus farmad an aghai' na muinntir sin a tha ri tair no ea coir oirnn," Eoin ii. 9. 11. O cia minic a chi sinn moran air a bheil coslas bhi diadhaidh a' cuimhneachadh eacoir is a' gleidheadh iarmad feirge nan cridhe, seadh agus a' dioladh uilc airson uilc do 'n mhu-

inntir a rinn coire dhoibh' 's a' gabhail tlachd an dioghaltas, ge d' tha so calg-dhireadh an aghaidh iartais an t-soisgeil, eiseimpleir Chriosd agus naduir Dhé, Rom. xii. 14, 17. 1 Pead. ii. 21, 23. Neh. ix. 17. Gu cinnteach far a bheil an t-olc so air ghoil anns a cridhe, 's a' faotainn cead tamh a ghabhail, gun na h-uile dhicheal a dheanamh air fhuathachadh, agus air a chlaoidh, ach air a chuideachadh, tha 'n duine fathasd ann am fior dhomblas-sath an t-shearbhadais, agus ann am bas a pheacai', Mat. xviii. 34, 35. 1 Eoin iii. 14, 15.

A leughadair, am beil ni air bith dheth so 'a beantuin dhuit-sa? 'm bheil thu 'n aireamh pairt air bith do na chaidh ainmeacha'? O rannsaich agus rannsaich a ris; agus iarr gu soleimnt' air do choguis i dheanadh a dleasnais. Is an-aoibhinn dhuit gun amharus, ma 's e 's gu faighear thu 'n deigh gach aidmheil mhath a rinn thu fo chumhachd aineolais no sao-crabhaidh, an clabar an t-saoghail, an nimh a mhi ruin; air do lionadh le barail mhor air t-fhireantachd féin; do chreideamh cealgach; agus run mearachdach is crioch thalmhaidh agad ann an seirbhis Dhé, no fuath agad do fhior-theanndachd a lagha. Leigidh ni air bith dhiu' so fhaicinn gu 'm bu diomhain t-aidmheil, is nach robh thu fo chumhachd na diadhachd—Is amhuil a ni.

10. "Uabhar gun chlaoidh is gun chur fo chois."—'Nuair a tha daoine 'g iarruidh cliu dhaoine ni 's mo na cliu Dhé, 's a' leagail an cridhe air meas agus urram dhaoine, 's ni deirbhte gu bheil iad fathasd 'nam peacaidh, is gu bheil iad nan coigrich do fhior-iompacha', Eoin xii. 43. Gal. i. 10. 'Nuair nach 'eil daoine a' faicinn, a' gearan, no ag caoidh ardain an cridhe,

tha e soilleir gu bheil iad fathasd marbh ann am peacaidh. O, cia daingean agus laidir an greim a th' aig a pheaca' so gu diomhair air moran do cridheachan, a tha nan coigrich orra féin cho mor is nac 'eil fhios ac' air! Eoin ix. 40.

11. "An-bharr graidh do shochair agus do sholas," 2 Tim. iii. 4. Is dubh an suaicheantas so, 'Nuair tha daoine toirt do 'n fheoil gach ni is miann le', ga sasuchadh 's ga toileach', gun ni air bith aicheadh no dhiulta' dh'i; 'nuair a tha iad a' gabhail mor-thlachd nam broinn is nam blas a thoileacha'; ciod air bith coslas a th' air a mhuinntir sin bhi diadhaidh, tha iad gu h-iomlan mi-fhallain, Rom. xvi. 18. Tit. iii. 3. A bheatha sin a thoilicheas an fheoil, cha 'n eil e comasach gu'n toilich i Dia. "Iadsan 's le Criosd cheus iad an fheoil," is tha iad curamach gu cur na h-aghaidh, agus gu cumail fo chois mar namhaid, Gal. v. 24. 1 Cor. ix 25—27.

12. Leisg-thearuinnteachd agus dochas dana' gun bhunachar, gu bheil an staid cheana ceart," Taisb. iii. 17. Tha moran a' glaodhaich sith agus tearuinnteachd, 'nuair tha leir-sgrios a' teachd gu h-obann nan comhail, 1 Thess. v. 3. Is e so a chum na h-oighean amaideach nan cadal 'nuair bu choir dhoibh bhi 'g obair; air an leapaichean 'nuair bu choir dhoibh bhi 'sa mhargadh, Mat. xxv. 5, 10. Seanr. x. 5. Cha d' thug iad fainear gu 'n robh iad gun ola gus an d' thainig am fear nuadh-phosda! 's am feadh a chaidh iad a cheannach, bha 'n dorus air a dhruideadh. O b' fhearr gu 'm biodh na h-oighean so gun luchd-leanmhuinn aca! Ach cia an t-aite, seadh, cia an teaghlach, ach beag, anns nach 'eil iad ri fhaotainn? Tha daoine airson an reusain is faoine ulla' gu chur mar fhiacha orra féin gu

bheil an staid ceart; agus mar so cha 'n 'eil suil aca ri atharracha', 's tha iad a' basachadh nam peacaidh. Am beil sith agad? Feuch dhomh ciod an steigh air am beil i air a togail. Am beil barantas agad air a son o fhocal Dhé? an urradh thu comharan an fhior-chreid'ich a leigeil fhaicinn? am beil comhdach' agad gu bheil ni feigin annad nach 'eil ri fhaotainn 'sa chealgair? Mur 'eil, tha do shith na h-ion-eagail dhuit ni 's mo na aon trioblaid san t-saoghal; or cha 'n 'eil namhad air bith aig an anam is mo na 'n t-sith fheoloir so, tha toirt buille-bais da, 'nuair a tha i ri gean is gaire na eudann.

Air leam gu'n cluinn mi nis mo luchd-eisdeachd a' glaodhaich amach leis na deisciobuil, "Co mata a bhitheas air an sabhala'." Thoir amach as ar co-thional gach aon do na deich seortai' mi-dhiadhai' sin a chaidh ainmeacha' 'n toiseach; is thoir a ris amach gach aon do 'n da-sheorta-dheug chealgairean féin-mhealltach sin a chaidh ainmeacha' mu dheire, 's innis domh mu'r tearc am fuighleach a bhitheas na dheigh sin air an sabhala'? Cia beag an treud a bhios air am fagail 'nuair a bhios iad so air fad air an cur a thaoibh leis na gobhair? Air mo shon féin deth, do 'n aireamh lionar a tha gam eisdeachd, cha 'n 'eil an fhiughair is lugh' agam aon fhaicinn gu brath air neamh dhiu', a tha ri fhaotainn am measg an da sheort 'ar fhichead sin a chaidh ainmeacha'; ni 's lugha na bhios iad air an toirt gu caochla' staid le aithreachas agus fior iompacha'.

An cho-chur. A nis, a choguis, dean thusa do dhleasnas: labhair amach, is ruigeadh do ghuth gu anam gach neach a leughas no dh' eisdeas na nithe so. Mu gheibh thu aon sam bith air do na

comharan sin a chaidh ainmeacha', 's eigin duit binn thoirt amach, na aghai' gu bheil e gun agadh neo-ghlan, Lebh. xiii. 44. Na gabh breug ad bheul, is na labhair sith risan aig nach 'eil sith o Dhia. Na toir claon-bhreith airson anamiann air bith, is na deanadh féin-speis no baigh ris an fheoil do dhalladh. Tha mise mar mhaor o chuirt neimh a' sparradh ort teachd a thoirt seachad do chomhdaich. Tha mi ga d' ghairm an ainm Dhé gu dol maille rium a rannsachadh an tighe tha fo amharus. Mar a fhreagras tu air a shon, air do chunnart, innis gu firinneach a chor agus a staid dhasan tha leughadh an leabhair so no ga eisdeachd. A choguis, an e gu fan thu gu tur ad thosd na leithid so do am? Tha mi ga d' mhionnachadh air an Dia bheo gu 'n innis thu 'n fhirinn, Mat. xxvi. 63. Am beil an duine iompaichte, no nach 'eil? Am beil da rireadh gradh, agus umhlachd, agus urram aige do Dhia thar gach ni, no nach 'eil? Thig, cuir a chuis gu bun.

Cia fhad a bhios an t-anam so air a chumail an amharus? O choguis, thig astigh le d' chomhdach. Am beil an duine so na dhuine nuadh, no nach 'eil? Cionnus tha thu gu mhothachadh? An d' thainig atharracha' mor agus iomlan air, no nach d' thainig? Ciod an t-am, no 'n t-aite, no ciod na meadhona leis an deachaidh an t-arracha iomlan so na h-ath-bhreith a thoirt m'an cuairt na anam? Innis, a choguis, no mur urradh thu dearbhadh a thoirt seachad o fhocal Dé gu bheil an obair deanta? An deachaidh an duine chur bharr a bhuinn féin; bharr an dochais mhealltaich agus na sith mhealltaich as an robh aon uair earbsa? An d' fhuair e geur-mhothachadh air a peacaidh, 's ris féin, is an d' thug e

suas e féin gu h-iomlan do Iosa Criosd? Co dhiu' tha chuis mar so, no tha e fathasd fo chumhachd ain-eolais agus an salchar na h-aingidheachd? Nach d' fhuair thu na lamhan buannachd an easionracais? Nach 'eil e ain-eolach air urnuigh? deardmadach air an fhocal, gradhach mu 'n t-saoghal? Nach do ghlac thu iomad uair ann am breig e? Nach 'eil thu faotinn a chridhe iomad uair air ghoil le mi-run, a' losg' le anamiann, no ag aomadh gu sannt? Labhair gu soilleir mu thiomchioll gach ni chaidh ainmeachadh: an urradh thu 'n duine so, no bhean so, shaoradh o bhi measg aon air bith do 'n da sheort 'ar fhichead sin a chaidh a chur sios an ordugh. Ma tha e ri fhaotainn a measg aon diu, cuir a thaoibh e; cha 'n 'eil a chrannchur am measg nan naomh; is eigin da bhi air iompacha' 's air a dheanamh na nuadh-chreutair, air neo cha 'n fheud e air chor air bith dol asteach do rioghachd Dhé.

A mhuinntir ghradhach, na meallaibh sibh féin is na cuiribh lamh 'nur n-anam le sibh féin a dh'alla', 's le 'r suilean a dhruideadh air 'ur staid. Cuiribh cathair-bhreitheanais suas 'nur n-uchd féin thugaibh am focal agus a choguis cuideachd: "Gus an lagh is gus an teisteas," Isai. viii. 20. eisdibh ciod tha 'm focal ag radh mu thiomchioll 'ur staid: agus O guidheam oirbh na sguiribh gu brath do 'n rannsacha' gus am faic sibh 'ur staid gu soilleir. Is ionnan agus bas mearachd a dheana' sa ghnothach so. Agus thugaibh fainear gu bheil foill a chridhe, carrachd a bhuaireadair, agus mealltaireachd a pheacaidh, uile 'nur n-aghaidh, is a' co-chuideachadh a cheile chum an t-anam truagh a mhealladh, Ier. xvii. 9: 2 Cor. xi. 3. Eabh. iii. 13. Seadh is tha e cho fhurasd

agus cho bitheanta le daoine bhi air am mealla' sa chuis so, 's gu bheil an tuiteamas is mo gu 'n d' theid sibhse cuideachd am mearrachd, ni 's lugha na bhios sibh ro fhaicilleach agus mion-aideach ann 'ur staid spioradail a rannsacha', 's ro-churamach gun bhaigh air bith a chumail ribh féin. Air an aobhar sin thugaibh ro-aire do 'n obair so: rannsaichibh 'ur cridhe gu ghrunnd: iarraibh 'ur caithe-beatha gu mion, mar gu 'm b' ann le coinnlean agus thugaibh gach ni gu thomh-as air meigh an teampuill, focal Dé. Na biodh earbsadh agaibh as 'ur cridheachan féin. Rach-aibh dh'ionnsui' Dhia, "fear-sgrudai' cridhe 's airne cloinn nan daoine," chum 'ur rannsachadh 's 'ur fidreachadh, 'ur ceasnachadh agus 'ur dear-bhadh, Salm xxvi. 2. agus cxxxix. 23, 24. Ma 's e 's nach foghainn gach cuideachadh eile gus an gnothach so thoirt gu crich, is gu bheil sibh fathasd ann an agadh, leigibh ris 'ur staid gu h-iomlan ri ministeir eigin diadhaidh agus dileas, Mal. ii. 7. Na gabhaibh fois gus an cuir sibh 'ur slainte shiorruidh as an agadh, 1 Pead. ii. 10.—O Thus' a sgrudas an cridhe, cuir an t-anam so dh' ionnsuidh na h-oibre so, agus cuidich leis e féin a rannsachadh?

CAIB. V.

A' feuchainn truaighe eagalaich na muinntir neo-iompaichte.

Is cho eagalach os ceann cainnt an staid sam beil gach aon anam neo-iompaichte, 's gur tric a smuainich mi nan rachadh agam air a chur an ceill do dhaoine nach robh iad fathasd air an ath-ghintein, gu 'n robh m' obair deanta.

Ach tha fiosracha' goirt agam gu 'm beil

spiorad cadail agus suain' air faotainn greim cho daingean air daoine mi-naomha (Rom. xi. 8. Mat. xiii. 15.) 's ge d' robh iad deirbhte gu bheil iad fathasd neo-iompaichte, gidheadh gu 'n suidh iad sios gu bitheanta nun neo-churam, gun a bheag do iomaguin. Tha 'n air' air a tarruinn air falbh le solas feolar, le gnothaichean saoghalta, no le curam, anamianna, 's aigne talmhaidh, Luc. viii. 14. cho mor as gu bheil guth na coguis air a mhuchadh, air sheol as nach 'eil iad a toirt dha do fhreagradh ach athchuinge fhuar, no run faoin gu'n dean iad uair-eigin aithreachas agus leasacha'-beatha, Gniomh. xxiv. 15.

Air an aobhar so tha e ro-fheumail cha 'n e 'mhain gu'n leiginn fhaicinn do dhaoine gu bheil iad neo-iompaichte, ach mar an ceudna gun oidheirpichinn an toirt gu mothachadh air truaigh eagalaich an staid.

Ach tha mi faicinn cheana gu bheil a chuis so cruaidh orm. Ciod an teanga' tha comasach air meud an truaighe a leige' ris do oighreachan ifrinn, amach o theangai' an *duine shaibhir* a tha ga chlaoi' san lasair sin? Luc. xxi. 24. No co 's urra' truaighe na muinntir sin a chur an ceill "aig nach eil Dia anns an t-saoghal?" Ephes. ii. 12. Cha 'n urra' sinn so a chur an ceill, o nach aithne dhuinn an sonas neo-chriochnach a tha ri fhaotainn san Dia uile-beannaichte sin o 'm beil daoine air an cumail amach le 'm peacaidh. "Co (arsa Maois) a thuigeas cumhachd t-fheirge?" Salm xc. 11. 'S cionnas a chuireas mis' an ceill an ni sin nach aithne dhomh? Gidheadh tha fios againn air gu leoir, shaoilemaid, gu ball-chrith chur air neach air bith aig a bheil an deo 's lugha do bheatha spioradail no do mhothachadh.

Ach so far a bheil an cruai'-chas, gur ann ris a mhuinntir sin aig nach 'eil mothacha' tha mi nis a' dol a labhairt. So, mo thruaighe ! a chuid is measa do dhorainn dhaoine ; a bhi marbh, glan marbh, am peacadh agus ann an aingidheachd, Ephes. ii. 1.

Ge b' urra' mi Parras a leigeadh ris do 'n pheacach, no sealla' cho flathail a thoirt do air rioghachd Neimh, as a thug an t-Aibhisteir d' ar Slanaighear air rioghachdan an t-saoghail agus air an gloir: no ge b' urradh mi 'n comhdach a tharruinn bhar uachdar ifrinn, agus an fhurnais iochdrach a leige' ris le lan do uabhasan, Och! cha 'n 'eil suilean aigesan gu so fhaicinn, Mat. xiii. 14, 15. Ge b' urra' mi maise na naomhachd agus gloir an t-soisgeil a chur gu h-iomlan an ceill, no ge b' urra' mi uabharrachd agus grainealachd a pheacaidh a sgaoile' ris da, cha mho is leir dhasan maise na diadhachd no graineileachd a pheacai', na 's leir do 'n duine dhall dathan. Tha e na choigreach do bheatha Dhé, trid an ain-eolais a th' ann, a thaobh cruas a chridhe, Ephes. iv. 18. Cha 'n 'eil, is cha 'n fheud, eolas a bhi aig air nithe Dhé do bhri' gur ann air mhodh spioradail a thuigear iad, 1 Cor. ii. 14. Cha 'n fheud, a shuilean a bhi air am fosgladh air mhodh slainteil, ach a mhain le gras an iompachai', Gniomh. xxvi. 18. is ann do chloinn an dorchadais, 1 Eoin i. 6. seadh, an solus a th' annsan is dorchadas e," Mat. vi. 23.

An leugh mi do 'n duine so a bhinne, no 'n seid mi 'na chluais trompaid eagalach breitheanais Dé, a shaoileadh aon a bheireadh air a chluasan mosgladh, air uilt fuasgladh, 's air a ghluine bualadh air a cheile, mar a dh' eirich na gheilt féin do Bhelshasar? Gidheadh, mo thru-

aighe! cha mhothaich e dhomh, cha 'n 'eil cluasan aige gu 'm chluinntinn. No 'n cuir mi suas binn-cheol, is an seinn mi oran Mhaois agus an Uain? Cha ghluais so cuideachd e. An tarruinn mi e le fuaim bhinn, is le naidheachd air an t-soisgeul ; leis gach cuire, co-fhurtachd agus gealla solasach agus priseil a th' ann ? So uile cha druigh air, air mhodh slainteil, mur toir mi dha, maille ris an naidheachd, cluasan a chum a chluinntinn, Mat. xiii. 15.

Cionnus mata, dhruigheas mi air na creatairean truagha sin ris a bheil mo ghnothach? co mhaothaicheas an cridhe cloiche? Sech. vii. 11, 12. no bheir do 'n cholainn mhairbh comas mothachaidh agus gluasaid? Co 's urra' so a dheanamh ach an Dia sin amhain ata "comasach air cloinn a thogail suas do Abraham as na clachan," Mat. iii. 9. "a dhuisgeas na mairbh," 1 Cor. i. 9. agus "a leaghas na cnuic," Nah. i. 5. an Dia sin a bheir air uisge bruchdadh as a charraig chruaidh, Deut. viii. 15. is leis an ionmhuinn na h-oibre sin tha cosmhuil ris féin, mor agus miorbhuileach—os ceann dochais agus duil dhaoine: an Dia sin a dh' aiticheas eaglais le cnamha tiorma, Esec. xxxvii. 4. 's a phlanndaicheas a gharra' le croinn chrionaich, Caib. xvii. 24.—is e-san a mhain tha comasach airson na h-oibre so. "Air an aobhar sin tha mis 'a 'lubadh mo ghluin ris an Dia is airde," Eph. iii. 14, agus mar a ghuidh ar Slanaighear aig uaigh Lasaruis, Eoin xi. 38, 41. is mar a ruith a bhan-Shunamiteach gu faigh Dhé airson a leinibh mhairbh. 2 Righ. iv. 25. is amhluidh tha 'ur ministeir bronach-sa nis a' lubadh a ghluin os ceann 'ur n-uaighe, is ga 'r giulan an glacaibh urnuigh, gus an Dia sin a mhain tha comasach air cobhair oirbh.

"O Iehhbhah uile-chumhachdaich, a dh' oibricheas agus gun chomas do neach air bith do bhacadh! aig a bheil iuchair a bhais agus ifrinn, gabh thusa truas do na h-anama bochda sin tha marbh san aite so, 's abair riu teachd amach as an uaigh, mar a thubhairt thu ri Lasurus. O Sholuis gus nach feudar teachd am fagus, soillsich thus' an dorchadas so, s orduich do 'n mhadainn dealradh air aite comhnuidh nam marbh sin ris am beil mis' an dras a' labhairt; oir is urra thusa suilean nam marbh féin fhosgla'. Thus' a dhealbh a chluas, nach ann uait a thig comas eisdeachd? abair ris na cluasan so, Ephphatha, agus bidh iad air am fosgla'. Thoir suilean seachad a dh' fhaicinn t-oirdheirceis, beul a bhlasad t-fhocail, tha millis mar mhil agus cubhraidh mar ola; 's thoir mothacha' seachad a thoirt fainear cia math t-fhabhar, cia trom do chorruich, is cia do-ghiulan eallach a pheacaidh. Thoir ordugh do d' sheirbheisich fai'sneachd a dheana' do na cnamhan tiorma, s biodh iad air an tionnda', mar thachair dhoibh-san ris an do labhair am faidh, gu armailte bheo, agus anbharr lionmhor," Esec. xxxvii. 1. &c.

Ach is eigin domh dol a leige' ris a mheud agus is urra' mi do n' diomhaireachd sin nach urra' teanga, sam bith a leige' ris gu leoir no cridhe sam bith a lan-thuigsinn.—Gu brath mata gus an iompaichear thu.

1. "Tha 'n t-Uile-chumhachdach air a dhaighneacha' féin a t-aghaidh." Cha bheag an cuibhrionn do d' truaighe gu bheil thu gun Dia air bith anns, an t-saoghal, Ephes. ii. 12. Cia goirt tha Micah a' caoidh, "Thug sibh leibh mo dhée agus ciod tha agam-sa tuille?" Breith. xviii. 24. 'S cia mò gu mor a dh'fheudas tus' a

chaoidh gu bheil thu féin gun Dia; oir cha 'n fheud thu radh, gun an-danadas is mò, gu bheil pairt air bith agad dheth! Feudaidh tus' a radh mu thiomchioll Dhia, mar thubhairt Seba mu thiomchioll Dhaibhidh, "Cha 'n 'eil cuid air bith againne an Daibhidh 's ni mò tha oighreachd againn ann am mac Iesse." 1 Sam. xxi. 1. Cia bronach agus goirt an acainn sin aig Saul na airc, "Tha na Philistich air eiridh am aghaidh, agus rinn Dia mo threigsinn!" 1 Sam. xxviii. 15. Ach ciod a ni sibhs' a pheacacha, san la sin an tig Dia gur n-amharc, no c' ait an teich sibh airson comhnadh? Isai. x. 3. Ciod a ni sibh san uair a thig na Philistich oirbh féin? 'nuair a ghabhas an saoghal gu brath a chead dhibh; is 'nuair is eigin duibhse cuideachd 'ur cead a ghabhail gu brath do 'n t-saoghal? Ciod an sin; a ni sibhs' aig nach 'eil Dia air bith gus an d' theid sibh? an gairm sibh air an sin no 'n glaodh sibh ris airson cuideachaidh? Och! cha ghabh e ribh, is cha toir e idir fainear sibh, Seanr. i. 28, 29. is an a chuireas e air falbh sibh le radh, "Cha b' aithne dhomh riamh sibh," Mat. vii. 23. Iadsan aig am beil fios ciod e Dia bhi aca ri dol d'a ionnsuidh, Dia gu beatha fhaotainn uaithe; tha cail-eigin do fhios aca san cia truagh agus eagalach a ni bhi as eugais Dia. Is e so thug air an duine naomh sin glaodhaich amach, "Biodh agam-sa Dia, air neo bio'm falamh: faigheam eolas air féin agus air a thoil; ciod is aill leis, agus cionnus a mealas mi e; air neo b 'fhearr leam nach robh riamh tuigse agam gu eolas fhaotainn air aon ni eile."

Ach cha 'n e 'mhain gu bheil thu as eugais Dhia, ach tha Dia ann a t-agaidh, Esec. v. 8, 9. Nah. ii. 13. O nan seasadh Dia na thamh, ge

nach deanadh e cuideacha' sam bith leis a pheacach, cha bhiodh a staid cho anbharr truagh ged bheireadh Dia suas e gu toil a naimhdean, a dheana' ris na b' aill leo; ged bheireadh e thairis e do na ceusadairean, Mat. xviii. 34. a chum a bhi air a reubadh le aibhistcirean, cha bhiodh so cho leth eagalach. Ach cuiridh Dia e féin an aghaidh a pheacaich; agus creid e, "is eagalach an ni tuiteam ann an lamhan an Dé bheo," Eabh. x. 31. Cha 'n 'eil caraid cosmhuil ris, no namhad coimeas da. Cho fhad is a tha neamh os ceann na talmhainn agus cumhachd neo-chriochnach os ceann neo-ni, 's co fhad is sin a tha e ni 's eagalaiche tuiteam an lamhan an Dé bheo, na 'n lamhan gach aibhisteir an ifrinn, is gach fia'-bheathach air thalamh. Is e Dia féin a bhios na fhearclaoi' ort; is thig do sgrios o lathair an Tighearna, 2 Thess. i. 9. "Tha Tophet domhain agus farsuinn, is tha corruich an Tighearna ga lasadh mar shruth pronnuisc," Isai. xxx. 33. Ma bhios Dia a t-aghaidh, co bhios air do shon? "Ma pheacaicheas duine an aghaidh duine eile, bheir am breithe' breitheanas air; ach ma pheacaicheas duine ad aghaidh Dhia, co labhras air a shon?" 1 Sam. ii. 25. "Tha thusa, thusa féin, ad chuis eagail; agus co sheasas ad lathair aon uair 's gum bi corruich oirt," Salm lxxvii. 7. "Co e 'n Dia sin a theasairgeas sibh as a lamhansa?" Dan. iii. 15. An urra' Mamon? "Cha 'n 'eil buannachd air bith an saibhreas an là na feirge," Seanr. xi. 4. An urradh righre no daoine cumhachdach? Cha 'n urra': "glaodhaidh iad so ris na sleibhtean agus ris na creagan tuiteam orra, 's am falach o ghnuis an Ti tha na shuidhe air an righ-chathair, is o fheirg an Uain; oir thainig la mor fheirge-san, agus co 's urra' seasamh?" Taisb. vi. 15—17.

A pheacaich! shaoilinn gu feudadh so dol troimh do chridhe mar shaighid, fios fhaotainn gur e Dia do namhaidh: O, c' ait an d' theid thu? c' ait an gabh thu fasgadh? cha 'n 'eil seol air bith agad air bhi tearuinte, gun t-airm a leaga' sios, gun mhaitheanas a ghuidhe, 's gun Chriosd fhaotainn mar do charaid, a dheana' do shith ri Dia. Mur bitheadh so, dh' fheuda' tu teiche do 'n fhasach, is dol gu bas le bron, le an-dochas, agus le doilghios cridhe: ach ann an Criosd tha e comasach dhuit trocair fhaotainn, seadh tha trocair ann ad thairgse, 's Dia bhi leat ni 's mò na tha e 'n dras a t-aghaidh. Ach mar treig thu do pheacaidh, is mur pill thu ri Dia gu iomlan le fior-iompacha', tha corruich Dhé a' leantuinn riut is tha e 'g innse' gu bheil e t-aghaidh, mar a tha e 'g radh leis an fhaidh Eseceil, caib. v. 8. "Uime sin mar so their an Tighearna Dia, Feuch, tha mise, eadhon mise féin a t-aghaidh."

1 "Tha a ghnuis a t-aghaidh," Salm xxxiv. 16. "Tha gnuis Dé 'n aghaidh nan daoi', gu 'n cuimhn' a sgrios o'n talamh." Mo thruaighe iadsan aig am bi gnuis Dhé nan aghaidh. 'Nuair nach d' rinn e ach sealltuinn air feachd nan Eiphiteach, cia uabhasach mar thachair dhoibh! Esec. xiv. 8. "Cuiridh mise mo ghnuis an aghaidh an duine sin, agus ni mi na chomhara' is na ghna'-fhocal e, agus gearrai' mi e 'mach a' meadhon mo phobuill, agus aithnichidh sibh gur mis' an Tighearna."

2. "Tha a chridhe na t-aghaidh; oir is fuath leis gach uile luchd-dheanamh na h-eacorach. A dhuine, nach 'eil crith air do chridhe, 'nuair a smuainicheas tu gu bheil thu d' chuspair fuaith do 'n Uile-chumhachdach?" Ier. xv 1. "Ge do sheasadh Maois agus Samuel am lathair, gidheadh

cha bhiodh m' inntinn leis a phobull so ; tilg iad amach as mo shealla',' Sech. xi. 8. "Tha grain aig m' anamsa dhoibh-san, is tha fuath aig an anama-san dhomh-sa."

"Tha a lamh a t-aghaidh," 1 Salm xii. 14, 15. Tha a bhuaidhean air fad a t-aghaidh.

(1.) Tha a cheartas mar chlaidhe lasrach air a rusgadh ann a t-aghaidh: "Ma gheuraicheas mi mo chlaidhe dealrach, is ma ghabhas mo lamh greim air breitheanas, bheir mi dioghaltas do m' naimhde, agus luigheachd do 'n mhuinntir leis am fuathach mi, cuiridh mi mo shaighdean air mhisg le fuil," &c. Deut. xxxii. 41, 42.

Tha ceartas Dhé cho teann as nach saor e air chor air bith an ciontach, Exod. xxxiv. 7. Cha toir Dia matheanais duit am fiacha', "cha mheas e air choir sam bith neochiontach thu." Exod. xx. 7. iarruidh e uait an t-iomlan, ni's lugha na 's urradh thu leigeil fhaicinn o 'n sgriobtuir gu 'n d' thug Criosd dioladh air do shon, is gu bheil coir agads' air gach ni rinn e. Gus am faigh am peacach dusgadh as a chadal sin anns an robh an t-Aibhisteir ga luasga', cha leir dha gu bheil ceartas Dhé cho teann: tha e soailsinn gu bheil e air a dheana' suas air fad do throcair. Tha ceartas Dhé cho teann as gu feum e dioladh fhaotainn gus an fheoirling dheireannach; "tha e glaodhaich feirg agus corruich, trioblaid agus amhghair air gach aon anam a ni olc," Romh. ii. 8, 9. Tha e "mallacha' gach aon neach nach buanaich anns na h-uile nithe tha sgriobhta san lagh a chum an deana'," Gal. iii. 10. 'S 'nuair a shuidheas an ceartas so chum breitheanas a thoirt air a pheacach, O cia eagalach a bhios a bhinne! "Ceanglaibh eadar lamhan agus chasan e, agus tilgibh ann iomall dorchadais e ; an sin

bithidh gul agus giosgan fhiacal," Mat. xxii. 13. "Imichibh uamsa a mhuinntir mhalluichte, dh' ionnsuidh teine siorruidh," Mat. xxv. 41. So binne eagalach ceartais Dé; agus so an cruai'-cheartas leis an eigin duit-sa bhi air do dheuch-ainn, O pheacaich! agus mar is beo Dia, so a bhinne 's eigin duit a chluinntinn, mur dean thu aithreachas agus mur bi thu air t-iompachadh.

2.) "Tha naomhachd Dhé lan naimhdeas na t-aghaidh," Salm v. 4, 5. Cha 'n e 'mhain gu bheil corruich no diom aige riut air uairibh (mar a dh' fheudas bhi aige r'a chloinn féin) ach tha fuath daingean, laidir, agus suidhichte aige dhuit. "Tha grain aige dhuit féin." Sech. xi. 8. is do gach ni a ni thu, ge d' robh e air aithne' leis féin. Isai. i. 14. Mal. i. 10. Tha nadur Dhé cho naomh, as gur eigin fuath bhi aige do gach peac-ach air bith amach à Criosd.

O, cia mor an truaighe so, a bhi 'n taobh amach do ghean-math, seadh fo chorruich Dhé! Eccles. v. 6. Hos. ix. 15. Oir cha 'n urra' Dia, ni 's lugha na mhuthas e a nadur, gun bhi t-aghaidh, is gun fhuath thoirt duit, mur bi thu air t-athar-rachadh is air t-athnuadhacha' le gras. O pheac-aich! cionnus a dh' fheudas tusa sealltuinn air glaine agus naomhachd Dhé! "Cha 'n 'eil na reulta glan na shealla-san," Iob xxv. 5. "Tha e ga irisleachd féin a dh' amharc air na nithe tha ga 'n deanadh air neamh," Salm cxiii. 6. Agus cionnus a dh' fheudas an Ti naomha, 's an t-suil fhior-ghlan so, amharc ortsa?—'S cha mhò dh' fheudas suil a bhi agad gun tagair Criosd do chuis; oir cha 'n 'eil cuid air bith agad dheth-san. Ma tha chuis mar so mata, nach 'eil thu nis ulla' gu radh le eagal mar a rinn muinntir Bhetsemeis, "Co dh' fheudas

seasamh an lathair an Tighearna Dé naomh so!" 1 Sam. vi. 20.

(3.) "Tha cumhachd Dhé mar chanan millteach air a shocrachadh a t-aghaidh." Tha gloir cumhachd Dhé ri bhi air a foillseachadh an sgrios na muinntir sin nach 'eil a' toirt geill do 'n t-soisgeul, 2 Thess. i. 8, 9. Ni e "a chumhachd aithnicht' annta," Rom. ix. 22. a leigeil fhaicinn cho uabhasach is urradh e 'n claoidh. Airson na chriche so tha e g' an togail suas "a chum as gu foillsich e annta a chumhachd," Rom, ix. 17. O dhuine! am beil thusa comasach air cur an aghaidh do Chruith fhear? An seas a chuiseag an aghaidh corrain a bhuaniche? no 'n duilleag sheargta roi sguaba' na garbh dhoininn?

A pheacaich, tha cumhachd agus fearg Dhé ann a t-aghaidh; Salm xc. 11. agus 'nuair a bhios cumhachd agus corruich a'g oibreacha' le cheile, 's truagh aon duine air an tuit iad. B' fhearr dhuit an domhan air fad a dh'eiridh ann a t-aghaidh, na Dia na aonar a bhi 'n corruich riut. "Tairneanach a chumhachdsan co dh' fheudas a thuigsinn," Iob xxvi. 14. Mo thruaighe e-san d'an eigin so a thuigsinn le bhi ga fhulang gu siorruidh! "Ma ni e stri ris, cha 'n urradh e freagra' thoirt da airson aon ann am mile: tha e glic an cridhe, 's treun an neart, co riabh a chruadhaich e féin na aghaidh 's a thug buaidh air? Is e dh' atbarraicheas na sleibhtean 's gun fhios ac' air, is a thionndas iad bun os ceann na chorruich; is e chrathras an talamh as aite, 's a chuireas air chrith a phuist: ma bheir e aithne do 'n ghrein cha 'n eirich i; 's tha na reultan air an glasadh suas leis! Feuch, bheir e leis, agus co dh' fheudas a bhacadh; no co their ris, Ciod a tha thu deana'? Mur pill Dia air falbh a

chorruich, cromai' na treun uaibhreich sios fo'," Iob ix. 3, &c. Agus am beil thus' iomchuidh air blar a chumail ri leithid so do namhaid? O! thugaibh fainear so, sibhs' a tha deanamh dearmaid air Dia, eagal gun reub e sibh'nur bloidean 's gun neach a bhi ann g'ur teasairginn," Salm 50. 22. Striochdaibh do throcair; cha seasa' duslach agus luaithre 'n aghaidh an uile-chumhachdaich: na cuiribh dreasan agus droighean roimhe sa chath, mun d' theid e rompa 's mun loisg e le cheil' iad; ach deanaibh greim air a neart, agus "deannaibh sith ris," Isai. xxvi. 4, 5. "Mo thruaighe e-san a ni stri' r'a Chruith-fhear," Isai. xiv. 9.

(4.) "Tha gliocas Dé ann an ti air do mhilleadh." "Mur pill thu, chuir Dia faobhar air a chlaidhe, lub e a bhogha, dheasaich e shaighde', 's rinn e acfhuinn-bhais air fad ullamh," Salm vii. 12, 13.—Tha comhairle Dhé ann a t-aghaidh, a dhealbh do sgrios, Ier. xviii. 11. Ni e fanaid ort 'nuair a thig la do theinn ort, Salm xxxvii. 13. Tha e faicinn gu bheil an latha dluth anns an tuit thu gu leir-sgrios obann, as nach 'eil gu brath tearnadh.

(5.) "Tha firinn Dhé air toirt mionn a t-'aghaidh," Salm xcv. 11. Mata e-san fior, is eigin duit basacha' ma theid thu air t-aghaidh, Luc. xiii. 3. Mur breugaichear e-san na fhocal, is eiginn duit dol am mugha mur dean thu aithreachas, Esec. xxxiii. 11. "Mur creid sinne, gidheadh tha e-san a' fantuinn firinneach, cha 'n 'eil e 'n comas da e féin aicheadh," 2 Tim. ii. 13. tha e firinneach 'na bhagraidh cho math agus 'na gheallaidh, mar a dhearbhas e 'nar sgrios ni 's lugha na chreideas sinn. Dh' innis Dia cho soilleir as a dheanadh cainnt e "Mur nigh esan

thu nach 'eil cuid agad maille ris," Eoin xiii. 8. "ma chaitheas tu do bheatha reir na feola' gu faigh thu bas," Rom. viii. 13. is mur bi thu air t-iompachadh, "nach d' theid thu air chor sam bith a steach do rioghachd neimh," Mat. xviii. 3. Agus, ma chreideas no nach creid thusa e, seasaidh Dia ri f hocal. Mar tha ghealla' neo-chaochlaideach agus a mhionn, nan co-f hurtachd laidir do 'n dream a chreideas, Eabh. vi. 18. is amhluidh tha iad nan uabhas eagalach do 'n dream nach creid. Innis domh, O peacaich, ciod i do bharrail air bagraidh uabhasach Dhé th' air an cur sios a t-aghaidh? Am beil no nach 'eil thu creidsinn gu bheil iad fior? Mur 'eil, cha Chriosdui' thu ach mi-chreideach: is air an aobhar sin buini' dhuit cul a chur ri ainm agus ri dochas a Chriosduidh. Ach ma tha thu g'an creidsinn, O cia cruaidh agus dolubai' do cridhe, 'nuair a tha thu siubhal nios agus sios am fois, 'n tra tha thu faicinn firinn Dhé mionnaicht' agus leagta ri d' sgrios! air chor as ma 's urradh an t-Uile-chumhachdach, gu 'm bi thu cho cinnteach air do mhilleadh 's air do dhamnadh. O dhuine? tha leabhar Dhé gu h-iomlan a' togail fianuis a t-aghaidh, am fad as a tha thu gua naomhacha'; tha e ga d' dhiteadh anns gach earrainn, is tha e dhuit cosmhuil ri rola Eseciel, "sgriobht' an taobh amach agus astigh le tuireadh, is le bron, is le truaighe," Esec. ii. 10. 's cha 'n 'eil ni dhiu so nach lean thu agus nach glac thu (Deut. xxviii. 15.) ni 's lugha na ni thu aithreachas. "Theid neamh agus talamh thairis, ach cha d' theid aon lid no aon phuinc do na nithe so thairis, gun bhi air an co-lionadh," Mat. v. 18.

A nis cuir so uile ri cheile, is innis domh mur 'eil staid na muinntir neo-iompaichte truagh agus

eagalach da rireadh. Mar tha sinn a' leughadh mu thimchioll cuid a cheangail iad féin le mionnan agus mallucha gu marbhadh iad Pol, is amhluidh, O pheacaich, (eisd so le h-eagal) tha uile bhuaidhean an Dé uile-chumhachdaich air an ceangal le mionn' gu thus' a mhilleadh, Eabh. iii. 16. O dhuine! ciod a na thu? c' ait an teich thu? ma 's urra' uile fhiosracha' Dhé t-fhaotainn amach, cha d' theid thu as; ma sheasas an Dia fior r'a mhionna, is eigin gu 'm basaich thusa, ni 's lugha na chreideas tu, 's a ni thu aithreachas: ma tha do neart aig an Uile-chumhachdach na's urra' do chlaoidh, bithidh tu lan-thruagh a' t'anam is a'd' chorp, fad saoghal nan saoghal, ni 's lugha' na bhacas tu an dorainn so le grad iompachadh.

II. "Tha cruthachadh Dhé gu h-iomlan a' t-aghaidh." "Tha 'n cruthachadh uile (arsa Pol) ag osnaich agus am pein mar mhnaoi ri saothair," Rom. viii. 22. Agus c' airson tha 'n cruthachadh 'g osnaich, ach airson a mhi-ghnathachai' oiliteil da' m bheil e buailteach ann am fritheala' do anamianna dhaoine peacach? C'airson tha e 'g osnaich ach airson saorsa o 'n mhi-ghnathacha' so; oir cha 'n ann le thoil a tha 'n cruthachadh fo leithid so do dhaorsa? Rom. vii. 19—21. Nam biodh cainnt agus reusan aig na bruidean is aig a marbh-chruthacha', ghlaodhadh iad amach fo 'n daorsa do-ghiulan so leis am beil iad air am mi-ghnathacha' le droch dhaoine, fad' an aghaidh an naduir agus na criche sin gus an do chruthaich Dia iad. Am fad is a bhios Tighearn nam feachd a' t-aghaibh, bi cinnteach gu 'm bi feachd an Tighearna ann a t-aghaidh cuideachd. Gus an dean thu cumhnanta do shith ri Dia, cha toir Dia gu brath dhuit cumhnanta sith ris a chruthacha', Iob xxii. 21—24; Hos. ii. 18—20.

III. "Tha aig an leomhan bheucach a lan-chumhachd os do cheann." 1 Pead. v. 8. Tha thu glaist' ann an iongan an leomhain sin tha ulla' gu slugadh; tha thu 'n rib an Aibhisteir, aig am beil thu air do bheoghlaca chum a thoile, 2 Tim. ii. 26. Is e so an spiorad tha 'g oibreachadh an cloinn na h-easumhlachd, Ephes. ii. 2. Is ann da tha iad nan traillean, agus is i thoil a tha iad a' deanamh. 'S e-san fear-riaghlai' dorchadais an t-saoghail so, Ephes vi. 12. aig am beil uachdranachd os ceann pheacach dorcha' agus ain-eolach. Is truagh leibh na h-Innseanaich tha toirt aoradh do 'n Aibhisteir, ach cha 'n 'eil sibh a' toirt fainear gu bheil sibh féin ris an ni cheudna; oir is i so truaighe choitcheann na muinntir mhi naomh air fad, gur e 'n t-Aibhisteir is Dia dhoibh, 2 Cor. iv 4 Cha 'n e gu bheil na 'n aire urram no aoradh a thoirt da, oir bheir iad dulan do aon neach a theireadh e; gidheadh tha iad fad na h-aine ri seirbhis da; a falbh agus a' teachd air a smeide, 's a' caitheadh am beatha fo uachdranachd agus fo lagh. "Is seirbhisich sibh do 'n ti sin d' am bheil sibh a' toirt seirbhis agus umhlachd," Rom. vi. 16. Cha 'n e seirbhis a thoirt do 'n Aibhisteir, ach a phrodhait féin, a tha 'n run a bhreugair, gidheadh is e so maighistir a tha ga bhrosnacha, ged nach 'eil e ga fhaicinn, is a cur na chridhe nan nithe sin a tha e labhairt, Guiomh. v. 3. Eoin viii. 44. 'Nuair a reic Iudas a mhaighistir airson airgid, is 'nuair a spuil na Caldeanaich 's na Sabeanaich Iob, is cinnteach nach e'n t-Aibhisteir a thoileachadh an run a bh' aca na dheanadh, ach an cridhe sanntach féin a shasachadh; gidheadh is e-san a bhrosnaich iad dh'ionnsui' na h-oibre, 's a chuir air an aghaidh iad nan aingidheachd, Eoin xiii. 27. Iob i. 12,

15, 17. Feudai' daoine bhi nam fior-thraillean do 'n Aibhisteir is gun iad féin a bhi ga thoirt fainear, is a bhi fo' shlabhruidh aigesan 'nuair a tha iad gu h-amaideach a' saoilsinn gu bheil iad saor agus sona, 2 Pead. ii. 19.

Am beil thu fathasd an ain-eolas, gun bhi air do thionndadh o dhorchadas gu solus? mata, tha thu fo chumhachd an Aibhisteir, Gniomh. xvi. 18. Am beil thu ann ad chaithe-beatha cleachdta ri peaca' sam bith a chur an gniomh le d' thoil agus le d' fhiosracha'? ma tha, bi cinnteach gur ann do'n Aibhisteir a bhuineas tu, 1 Eoin iii. 8. Am beil do chaithe-beatha ann an stri, no am farmad, no am mi-run; gu deimhin ma tha 's e-san is athair dhuit, Eoin viii. 40, 41. O mata cia eagalach do chor! oir ciod air bith solas a bheir Satan da thraillean san t-saoghal so, Tit. iii. 3. cha 'n 'eil e ga dheanadh ach a chum am mealladh na dheigh gu truaighe shiorruidh san t-saoghal eile. Tha an nathair (mar a thainig i gu h-Eubh) a' teachd à t-ionnsuidh le ubhal na beul, ach cha leir dhuit an gath basmhor a th' air a chul. Esan a tha 'n dras ga d' bhuaireadh ni e do chlaoi fathasd. O, nach b' urra' mi fheuchainn duit cia duaichnidh am maighstir da'm beil thu toirt seirbhis, cia trailleil t-obair, is cia neo-iochdmhor an t-an-tighearna sin a tha thu toilleacha', leis nach 'eil ni air bith cho taitneach ri bhi ga d bhrosnacha' gus an obair sin a ni do sgrios agus do dhamnadh cinnteach, agus ri bhi deana' na furnais sin ni 's teoithe 's ni 's teoithe anns an eigin duitse bhi ga d' losga' fad mhilte do mhilte aimsir.

IV. "Tha cionnta do pheaca" na luidhe air do mhuin mar bheinn, am fad as a tha thu neo-iompaichte." Anam thruaigh! cha 'n 'eil thusa

ga mhothachadh so, ni 's mò na mhothaicheas a cholann mharbh an leac a tha na luidhe orra: agus is e thu bhi marbh mar so tha fagail do thruaighe iomlan. Gun iompachadh cha 'n fheud aon do d' pheacaidh bhi air an dubhadh amach, Gniomh. iii. 19. tha iad uil' air chunntas a t-aghaidh. Tha iompacha' is maitheanas do ghnath ceangailte, r'a cheile. A mhuinntir nach 'eil air an naomhacha' cha 'n 'eil iad air chor air bith air am firineacha' no air an saoradh, 1 Cor. vi. 11.; 1 Pead. i. 2.; Eabh. ix. 14. O cia eaglach an ni bhi a'm fiacha do Dhia! Mur 'eil thus' a' faicinn so, feoruich do 'n pheacach a fhuair sealladh air a chionta: O cia trom a chridhe, cia goirt a ghearan, cia beag fhois, gus am beil mothachadh aige gu bheil Dia reidh ris?

Cia suarach air bith so leats' an dras, mothaichidh tu aon la gur trom an t-ullach cionta' a pheacai' gun bhi air a mhaitheadh. Is clach uabhasach so, mu 'm feudar a radh, "ge b' e neach a thuiteas orra gu 'n bristear e; ach ge b' e air an tuit ise, ni i min-luaithre dheth," Mat. xxi. 41. Cia goirt a bhuin toilteannas a pheacai' ri 'r Slanaighear beannaichte? dh' fhaisg e'n fhuil amach as a chuislean, is chraidh e gu ruig am bas na anam e; 's ma rinn e so 'sa gheig uir, ciod nach dean e 'sa chrann sheargta?

O smuainich na thra' air do staid! An urradh thu sealltuinn air a bhagra' sin gun bhall-chrith, "basaichi' sibh 'nur peacaidh?" Eoin viii. 24. O b' fhearr dhuit am bas a b' eagalaich air bith fhaotainn, na basach ann ad pheacaidh. Nan deanadh am bas, 'nuair a bheir e air falbh t-uile cho-fhurtachd, do pheacai' thoirt air falbh cuideachd, bu rud-eigin do shòlas e; ach leanai' do pheacai' thu 'nuair a threigeas do chairdean thu,

is' nuair a ghabhas do sholais shaoghalt' air fad an cead dhiot. Cha 'n fhaigh do pheacai' bas maille riut, Cor. v. 10. Taisb. xx. 12. mar a gheibh na fiacha' bas leis a priosunach; ach leanaidh iad gu breitheanas chum do dhiteadh, is gu ifrinn a chum do chlaoidh. B' fhearr dhuit co-lion Aibhisteir agus droch spiorad a bhi mu d' thimchioll na do pheacaidh a luidhe ort an sin, is a dheana' greim ort. O cia anbharr a phein a bheir iad sin duit! O seall air t-fhiachaibh na thra'; feuch cia mor a tha thu 'm fiacha do lagh Dhé 's do gach aon da aitheantean; tha ullamh air fad gu greim a dheanamh ort mar am priosunach! Is ciod a ni thu 'nuair a dh' eireas iad uile na t-aghaidh! O fosgail suile' do choguis a dh' fhaicinn so, a chum as gu 'n leige' tu dhiot gach earbs' air bith asad féin, as gu 'n teicheadh tu dh' ionnsuidh Chriosd "airson didein, a chum greim dheanamh air an dochas a chuireadh romhad," Eabh. xi. 18.

V. "Ann ad staid neo-iompaichte, tha t-anamianna ceann-laidir ga d' chumail a' d' thraill bhochd fo smachd." Gu brath gus a bheil thu air do thoirt fo cheanglaiche ri Dia, tha thu 'na d' sheirbheiseach is 'na d' thraill do 'n pheacadh, Eoin viii. 34, 36. Tit. iii. 3. Rom. vi. 12, 14, 16, 17. Nis cha 'n 'eil ain-tighearn air bith ann coimeas do 'n pheacadh. O cia eagalach is graineil an obair gus an cuir e sheirbhisich! Nach cradhadh e cridhe duine bhi faicinn buidheann do thruaghana bochda g' m pianadh 's g' an saracha' féin a' tionail connai' gu iad féin a losga? 'S nach e so 's gna'-obair do uile thraillean a pheacaidh? Anns a cheart àm sa bheil iad aoibhneach le duais na h-eacorach is a' seinn nan sòlas peacach, cha 'n 'eil iad ach a'

carnadh feirg suas dhoibh féin airson an teine shiorruidh, a' cur tuille connai' nam furnais, agus a' deanamh na lasrach ni 's braise le bhi tilgeil ol' innte. Co bheireadh seirbhis do 'n mhaighistir sin aig neach 'eil obair ach traillealachd, is aig nach 'eil duais ach bas siorruidh! Rom. vi. 23.

Nach bu thruagh an sealladh e-san air an robh seilbh aig *legion* do dheamhain! Nach cràidheadh e do chridhe bhi ga fhaicinn am measg nan tuama', ga lot féin is ga reubadh? Marc. v. 5. Is i so do staid-sa, 's i so t-obair; tha gach aon bhuille dh' ionnsuidh do chridhe, 1 Tim. vi. 10. Tha gun amharus do choguis an dras na cadal, ach 'nuair a ni bas agus breitheanas do dhusgadh, an sin mothaichidh tu goimh agus cradh gach aon do na lotan so.

VI. "Tha furnais dioghaltais shiorruidh air a teasacha' deas fa d' chomhair," Isai. xxx. 33. Tha ifrinn agus leir-sgrios a' fosgladh am beoil fa d' chomhair, is a' sgaoileadh an gial gu farsuinn as a cheile chum do shlugadh, caib. v. 14. ga d' fhaicinn air a bhruaich, is a' feitheamh gus an tuit thu stigh. Ma tha fearg duine " mar bheucaich leomhain," Seanr. xx. 2. "ni 's truime na ghaineamh, caib. xxvii. 3. ciod i corruich Dhé uile-chumhachdaich? Ma bha furnais lasrach Nebuchadnesair, 'nuair a chaidh a deanamh seachd uaire ni bu teoithe, cho bras as gu 'n do loisg i iadsan a thainig dlu' dhi chum an triuir chloinne chur innte, Dan. iii. 19, 22. cia anbharr teith amhuinn loisgeach fraoch-feirge 'n Uile-chumhachdaich! Mal. iv. 1. "Am feud do chridhe fulang, no do lamhan bhi laidir anns an la sam buin mise riut, arsa an Tighearna Dia?" Esec. xxii. 14. An urradh thu giulan le lasair shiorruidh? an urradh thu conuidh ghabhail an

teine caithteach? Isai. xxxiii. 14. O pheacaich! ma 's duine thu, mur clach gun mhothachadh thu, stad an so, agus beachd-smuainich; smuainich c' ait a bheil thu na d' sheasamh; direach air bruaich na furnais so, "Mar is beo an Tighearna, 's mar is beo t-anam, cha 'n 'eil ach ceum eadar thu 's a bhi innte," 1 Sam. xx. 3. Cha 'n 'eil fios agad 'nuair a luidheas tu san oidhche nach bi thu innte mu 'n tig a mhadainn, is cha 'n 'eil fios agad 'sa mhadainn nach bi thu innte mu 'n tig an oidhche. Am bi thu cho danadh 's gu 'n cuir thu so an neo-bhrigh? An buainich thu ann an staid cho eagalach, mar nach biodh tu idir an cunnart? Ach ma chuireas tu uait na nithe so, 's gun abair thu "Cha 'n 'eil gnothach agam-sa ris so;" seall a ris air a' chaibdeil roimhe so, agus innis da rireadh, am beil aon sam bith do na comharan a chaidh ainmeacha' 'n sin ri fhaotainn ortsa? Na druid go shuilean, na meall thu féin; faic do thruaighe am fad 's a bhios comas agad a bacadh. Smuainich ciod a bhi do dhiobarrach graineil, a d' ghin mhalluichte, a d' shoitheach feirge, sam bi Dia 'm fad is beo e, a' sior thaomadh amach a chorruich, Rom. ix. 22.

VII. "Gun iompachadh tha 'n lagh a' dortadh gach aon do bhagraidhean agus do mhallachdan ort," Gal. iii. 10. Deut. xxviii. O cia uabhasach tairneanach an lagha! tha e lasadh teine 's pronnuisc na t-eudann; tha a bhriathra mar chlaidhean ruisgte, 's mar shaighde geur air an sathadh anns a' chridhe. Tha e gun tamh a' glaodhach dioghaltais, is ag iarruidh ceartais: tha e labhairt blair is bais na t-aghaidh. O na phlaighean uabhasach, is na bais eagalach leis a bheil an canan marbhtach so air a luchdachadh! (leugh

Deut. xxviii. 15, &c.) is tusa mar bhall-amais direach fa chomhair na h-urchair. " O dhuine, thoirt ort gu d' dhaighneachd laidir,' Sech. ix. 12. teich o d' pheacaidh, greas dh' ionnsuidh na cathair dhidein agus an naomh-ionaid, Eabh. xiii. 13. eadhon dh' ionnsuidh an Tighearna Iosa Criosd; falaich thu féin ann-san air neo tha thu caillte, gun dochas gu brath ri teasairginn.

VIII. " Tha 'n soisgeul féin a toirt damnai' siorruidh mar bhinne 'mach na t-aghaidh, 's ga cheangal gu daingean air t-anam," Marc. xvi. 16. Ma dh' fhanas tu san staid 's am beil thu gun aithreachas gun iompacha', biodh fios agad gu 'm beil an soisgeul a' toirt binne moran ni 's eagalaiche 'mach na t-aghaidh na tha bristeadh a' cheud chumhnainte. Is nach eagalach an gnothach an soisgeul féin a bhi seideadh amach bhagraidhean a' t-aghaidh agus ga d' dhamnadh? " An Tighearna bhi 'g eigheach a' t-aghaidh o shliabh Shioin? Ioel iii. 16. Cluinn briathran eagalach Dhé: " An ti nach creid bithidh e air a dhamna'. Mur dean sibh aithreachas theid sibh uil' am mugha', Luc. xiii. 3. Is e so an damna', gun d' thainig solus do'n t-saoghal, agus gu bheil barrachd graidh aig daoine do 'n dorchadas no do 'n t-solus, Eoin iii. 19. an ti nach 'eil a' creidsinn tha fearg Dhé gabhail conuidh air, Eoin iii. 36. Mo bha 'm focal a labhradh le h-aingle seasmhach, is gu'n d' fhuair gach uile bhriseadh agus easumhlachd diol-tuarasdail dligheach, cionnas a theid sinne as ma ni sinn di-mheas air slainte cho mhor? Eabh ii. 2, 3. An ti rinn tair air lagh Mhaois, bhasaich e gun trocair; cia mor is measa na sin am deanas air am measar e-san toiltinneach a shaltair fo chois Mac Dhé?" Eabh. x. 28, 29.

An co-chur. Agus am beil so gun amharus fior? an e so gu beachd do chor ?—Cha chinntiche gu bheil Dia ann, na gur e. Is nach fearr dhuit mata do shuilean fhosgladh agus fhaicinn am fad as a dh' fheudas tu a leigheas, na thu féin a dhalladh agus a chruadhachadh gus am mothaich thu fa dheire na nithe uabhasach sin nach 'eil thu 'n dras a' creidsinn. Ma tha so uile fior, ciod is ciall duit a bhi ri moille na leithid do chunnart?

Eisd ciod tha Dia 'g radh; ' Nach 'eil eagal agaibh romham-sa, arsa an Tighearna, nach 'eil ball-chridh oirbh am lathair?" Ier. v. 22. O dhaoine peacach an cuir sibh an neo-bhrigh an fhearg a tha ri teachd? Mat. iii. 7. Tha mi cinnteach gu bheil àm a' teachd anns nach meas sibh cho suarach i. Ach ciod so? tha na deamhain a' creidsinn agus a crithneacha', Seum. ii. 19. 's am beil sibhs' air ur cruadhachadh ni 's mò na iadsan? An ruith sibh air bile na creige? An cluich sibh aig toll na nathrach? An cuir sibh 'ur lamh ann nead na nathrach nimhe? An danns' sibh air na h'eibhlean gus an loisgear sibh? no'n dean sibh cluiche ri corruich caithteach, mar gu 'm biodh sibh co-dheas an d' theid no nach d' theid sibh as uaipe? O cuthach gun a choimeas! Laimh ris so is duine glic fear cuthaich Sholaimh, a thilgeas leusan teine, saighdean agus bàs, is a their "Am beil mi ach ri sugradh is ri fearas-chuideachd?" Seanr. xxvi. 18. Cha 'n 'eil neach sam bith cho mor air boile ris a pheacach thoileil, Luc. xv. 17. a tha mairsinn na staid neo-iompaichte, gun umhail air bith, mar gu 'm biodh a chor gu lan cheart. An duine a ruitheas gu beul an chanain, is a tilgeas anam air falbh an cluiche no 'n spurt, tha e ciallach, suidhichte,

tuigseach, air a choimeas ris an neach sin tha fathasd a' dol air aghaidh na aingidheachd, Salm lxviii. 21. oir "tha e sineadh amach a lamh an aghaidh Dhia, 's ga neartacha' féin an aghaidh an Uile-chumhachdaich: tha e ruith na chomhail eadhon air a mhuineal, air copaibh tiugha a sgeithe," Iob xv. 25, 26. An gliocas a bhi ri sugra' ris an dara bas, no dol le danadas do 'n loch sin tha losgadh le teine 's pronnusc? Taisb. xxi. 8. Ciod a their mi? Cha 'n urra' mi cainnt fhaotainn no coimeas, leis an cuir mi an ceill cuthach oillteil an anama sin tha dol air aghaidh le danadas na pheacaidh.

Duisg, Duisg, Eph. v. 15. O pheacaich! eirich, is gabh gu teicheadh: Cha 'n 'eil ach aon dorus air am feud thu dol as, agus is e sin dorus cumhainn an iompachaidh agus an fhior-aithreachais. Mur pill thu gu neochealgach o t-uile pheacaidh, mur tig thu dh' ionnsuidh Iosa Chriosd, mur gabh thu e-san mar "an Tighearna t-fhireantachdsa," 's mur glais thu maille ris ann an naomhachd is ann an nuadhachd beatha; mar is beo Dia, cha chinntiche gu bheil thu 'n dras an taobh amach do ifrinn, na gu 'm bi thu 'n ceann beagan do laithean 's do dh' oidhchean an taobh astigh dh'i. O socruich do chridhe gu smuaineach' air do staid. Nach airidh do shonas no do thruaighe bhith-bhuan air cail-eigin do smuaineacha'? Gabh ath-shealladh air truaighe na muinntir neo-iompaichte. Mur do labhair an Tighearna leam-sa, na toir feart orm; ach ma 's e da rireadh focal Dhé gu bheil an truaighe so air do cheann smuainich ciod an cor anns a bheil thu. Am feud duine na cheill fuireach na leithid so do staid, gun na h-uile cabhag na chomas a dheana' gu dol as o leir-sgrios? O dhuine! co

chuir drui'eachd ort, Gal. iii. 1. 'nuair a tha thu comasach air sealltuinn romhad air do chor a thaobh an t-saoghail so, air do chunnart fhaicinn roimh laimh, is air do dhorainn a sheachnadh; ach mu thimchioll gnothaiche cudthromach na siorruidheachd, tha thu caoin-shuarach agus fuar, mar nach buineadh iad idir dhuit?—Ciod so, an ni faoin dhuitsa buaidhean Dhé bhi air fad leagta ri d' mhilleadh? An urradh thu bhi ceart as eugais 'fhabhair? an urradh thu dol as o laimh, no giulan le chorruich? am beil thu cluinntinn a chruthachaidh ag osnaich fodhad, agus ifrinn a' miananaich gu d' shlugadh, 's an saoil thu fathasd gu'm beil do chor gu math? Am beil thu 'n sas ann an spoig an leomhain bheucaich, fo chumhachd a pheacaidh, ann am priosun grain-eil air do chuibhreacha' le anamianna 's ag oib-reacha' damnai' dhuit féin; is nach ion duit smuaineachadh air na nithe so? An cuir thu an neo-bhrigh uile uabhasan an lagha, a mhallachdan, a bhagraidhean, is a bhuillean basmhor, mar nach biodh annta ach cluiche cloinne-bige? An dean thu fanaid air ifrinn agus leir-sgrios; no 'n ol thu cupan searbh fraoch-fheirge an Uile-chumhachdaich?

"Crioslaich suas a nis thu féin mar dhuine? feoruichi' mise dhiot, agus thoir dhomh freagairt," Iob xl. 7. Am beil targaid sam bith agad a ni do dhion o bhuillean do Chruithear? An saoil thu gur cuiseagan a shaighde, no gur conna' mosgain a lanna' marbhtach? Am beil thusa cho uaibhreach as gu 'm meas thu ghathan mar asbhuain, is gu'n dean thu fanaid air 'nuair a chrathas e a lann? Am beil thu cho saor do eagal as gu 'n dean thu spid air a shaighde cor-rannach; Iob xli. Am beil thu cosmhuil ris an each a bhreabas an talamh, is a ni aoibhneas na

neart, a' dol an comhail nam fear fo'n armaibh? Am beil thu deana' fanaid air eagal, is cho saor do gheilt as nach pill thu air t-ais o chlaidhe Dhé, 'nuair a tha' shaighde ga 'n crathadh a' t-aghaidh, a shleagh loinnreach agus a ghath? Iob xxxix. 21—23. Ach mur dean aon chuid bagradh no gairm an fhocail do dhusga' no do chur fo gheilt, tha mi beachdacha gu 'n dean bas agus breitheanas e. O ciod a ni thu 'nuair thig Dia na chorruich amach a t-aghaidh, 's a dh' fhuilingeas tu na nithe sin a tha thu 'n dras a' leughadh 's a' cluinntinn? Ma 's e is 'nuair a chaidh naimhdean Dhaniel a thilgeil an garaidh nan leomhan, iad féin is am mnai is an clann, gu'n d' rinn na leomhain an slugadh 's gach cnaimh dhiu bhriste mu 'n d' rainig iad iochdar na garai', Dan. vi. 24. ciod a thachras dhuitsa 'nuair a thuiteas tu 'n lamhan an Dé bheo, 's a bhruthas agus a mhion-phronnas e thu 'na chorruich a' d' mhilte bloidean?

O mata na dean stri ri Dia? "Dean aithreachas agus bi air t-iompachadh," 's mar sin cha tig aon ni ort do na nithe so, Isai. lv. 6, 7. "Iarraibhs' an Tighearn, am feadh ata e ri fhaotainn; gairmibh air, am feadh ata e 'm fagus: Treigeadh an t-aingidh a shlighe, is an duine eucorach a smuainte? pilleadh e chum an Tighearna 's ni e trocair air, is a chum ar De-ne, oir bheir e maitheanas seachad gu saibhir."

CAIB. VI.

Anns a bheil Seolanna gu iompachadh.

MARC x. 17.—"Thainig neach na ruith, agus leig se e féin air a ghluinibh dha, agus dh'fheoruich e dheth, A mhaighstir mhaith, ciod a ni mi chum gu sealbhaich mi abheatha mhaireanach?"

Mu'n leugh thu na Seolanna so, tha mi 'g earail ort, seadh, tha mi sparradh ort am fiannis Dhé 's

nan aingeal naomha, gu 'n cuir thu romhad an leantuinn (cho fad as a bhios do choguis cinnteach gu bheil iad freagarach do fhocal Dé 's do staid t-anama) 's gun iarr thu cuideachadh is beannacha' Dhé chum an deanamh eifeachdach. Agus mar a dh'iarr mis an Tighearna, 's mar a chuir mi mo chomhairle r'a fhocal ciod na seolanna a bheirinn duit-sa, 's amhluidh dh'fheumas tusa na seolanna so ghabhail le suim, le h-urram, agus le run geill a thoirt doibh, mar is airidh focal an Dé bheo air fhaotainn.

A nis mata thoir aire; Suidhich do chridhe "air na h-uile bhriathra sin mu 'm beil mise toirt fianuis duit air an la 'n diugh; oir cha ni faoin so, tha t-anam ann earbsa ris," Deut. xxxii. 46. Is i so crioch gach ni chaidh a labhairt gu ruige so, a chum as gu 'n cuireadh iad thu air pilleadh agus air gnathachadh na meadhona sin a dh' orduich Dia chum t-iompachaidh. Cha chuirinn dragh oirbh, is cha "chlaoidhinn roi' an àm sibh," le shealladh thoirt duibh air 'ur truaighe shiorruidh, ach amhain air ghaol as gu 'n tugainn oirbh dol as uaipe. Nam biodh sibh cheana ceangailte 'nur truaighe gun chomas leasachai', bu trocair leigeil leibh, is gun an co'-fhurtachd bronach sin a th' agaibh san t-saoghal so a bhuintuinn uaibh. Ach feudaidh sibh fathasd a bhi sonadh, mur cuir sibh le 'r deoin cul ri meadhona na slainte. Feuch, tha Mise a' cumail an doruis fosgailte dhuibh; eiribh, gabhaibh an ruaig: tha mi cur slighe na beatha roimhibh, gluaisibh innte, is "bithidh sibh beo, agus cha'n fhaigh sibh bas," Deut. xxx. 19. Ier. iv. 16. Is goirt leam a smuaineachadh gu 'n dean sibh sibh féin a mhurt, is a thilgeil do ifrinn, 'nuair tha

Dia 's daoine glaodhaich ribh mar a rinn Peadar ann an cuis eile r'a mhaighistir "Caomhainn thu féin."

Eisd mata, O pheacaich! is mar bu mhath leat bhi air t-iompachadh 's air do shabhaladh, lean gu curamach na seolanna so tha thu dol a dh' fhaotainn.

Seola' I. Dean thu féin cinnteach nach feud thu gu brath dol do neamh anns an staid neo-iompaichte sin sam beil thu. "An urradh neach air bith eil' ach Criosd do shabhala'? is tha e-san ag innseadh dhuit nach sabhail e gu brath thu, mur bi thu air t-athghintein agus air t-iompachadh, Mat. xviii. 3. Eoin iii. 3. Nach esan aig a bheil iuchraiche neimh? is am feud thusa faotainn astigh gun a chomas? Oir cha toir e-san comas do neach air bith dol astigh gun bhi air atharrachadh, air iompachadh, air ath-nuadhachadh.

Seola' II. Dean dicheall air sealladh ceart agus geur-mhothacha' fhaotainn air do pheacaidh." Gus am bi daoine sgith agus tromluchdaichte, air am biorradh nan cridhe, 's tinn leis a pheaca', cha tig iad dh' ionnsuidh Chriosd, na shlighe féin, a dh' fhaotainn fois is leighis; agus cha mho dh' fheoruicheas iad le suim, "Ciod a ni sin?" Mat. xi. 28. Gniomh. ii. 37.; Mat. ix. 12. Is eigin doibh iad fein a mheas nan daoine marbha mu 'n tig iad dh' ionnsuidh Chriosd a dh fhaotainn beatha, Eoin v. 40. Oidheirpich air an aobhar sin do pheacaidh air fad a chur an ordugh fa d' chomhair; na biodh eagal ort am faicinn, is deanadh do spiorad sgruda' geur gam faotainn amach, Salm lxxvii. 6. Rannsuich do chridhe 's do chaithe-beatha;

mion-cheasnuich thu féin agus t-uile shlighe, Salm cxix. 59. chum as gu faic thu gu soilleir do staid. Iar comhnadh Spioraid Dé, (agus mothacha' air do dhoille féin) oir is i obair-san gu h-araid do pheacaidh leigeadh ris duit, Eoin xvi. 8. Sgaoil an t-iomlan an lathair do choguis, gus an guil do chridhe 's do shuilean. Na sguir a dheanamh stri ri Dia 's ri t-anam féin, gus an eigin duit glaodhaich amach o iochdar do chridhe mar a rinn fear-coimhead a phriosuin, "Ciod a ni mi chum 's gu sabhalar mi?" Gniomh. xvi. 30. Chum na criche so.

"Smuainich air lionmhoireachd do pheacaidh." Dh' fhailnich cridhe Dhaibhidh 'nuair a smuainich e air so, 's a thug e fainear gu'n robh a pheacai' ni bu lionmhoire na falt a chinn, Salm xl. 12. Thug so air ath-chuinge chur suas airson lionmhoireachd trocaire chaomha' Dhé, Salm li. 1. Cha 'n 'eil a chairbhinn mharbh ni 's graineile le cnuimhean gluasadach na tha 'n t-anam minaomha le anamianna salach. Tha 'n ceann, an cridhe, na suilean is am beul, gu h-iomlan lan diu. Seall air t-ais; ciod an t-aite, no ciod an t-ám anns nach robh thu ri peaca'? Seall astigh; ciod an ceatfa anama no cuirp a th' agad nach 'eil air a phuinseanacha' le peacadh! Ciod an dleasnas a rinn thu riabh nach robh cuid do 'n phuinsean so air a mheasga' leis? O, cia anmhor a nis na fiacha' am beil thu, an deigh bhi ga mheudacha' gach mionaid do d' bheatha, 's gun a pheighin bu lugha dheth riabh air a dhioladh; is gun chomas agad an dras cuideachd a bheag a dhioladh dheth? Seall air truaill' eachd do naduir; seall air mi-ghnathacha do bheatha. Cuimhnich do pheacai' dearmaid, do pheacai' deanadais, peacai' do smuainte, do bhriathra, 's

do ghniomhara, peacai' t-oige, agus t-aoise. Na bi cosmhuil ri aon a chaidh troimh a mhaoin, is air am beil eagal dol a rannsachadh a leabhar cunntais. Leugh teisteas do choguis gu curamach; feumaidh, na leabhraiche so bhi, luath no mall, air am fosgladh, Taisb. xx. 12.

"Smuainich air gach ni tha 'g an-tromachadh do pheacai', gur iad naimhdean Dé, do bheatha, is naimhdean beatha t-anama; seadh, agus naimhde coitcheann a chinne-daoine uile." Cionnus a tha Daibhidh, Esra, Daniel, agus an Leibhitich ag an-tromachadh am peacaidh, o 'n eas-onoir do Dhia, 's o 'n ea-coir ata iad a' deanamh d'a lagh, d'a throcair, is do gach rabhadh a thug e seachad nan aghaidh? Neh. ix. Dan. ix. Esra ix. O, 'n cron a rinn am peacadh san t-saoghal! Se so an namhaid a thug asteach am bas, a spuill is a thraillich an cinne-daoine, a chuidich an t-aibhisteir, is a chladhaich ifrinn, Rom. v. 12.; 2 Pead. iii. 4.; Eoin viii. 34. Is e so an namhaid tha cur an t-saoghail thar a cheile, tha cur ea-sith eadar an duine 's na creatairean, eadar duine 's duine, seadh eadar duine 's e féin? a' cur a chuirp an aghaidh an anama, na toil an aghaidh an reusain, na h-anamiann an aghaidh na coguis; seadh, ni 's measa na so air fad, a' cur naimhdeas eadar Dia agus an duine, le bhi fagail a pheacaich araon fuathach le Dia agus fuathach uime, Seach. ix. 8. O dhuine! cionnus a dh' fheudas am peacadh bhi cho faoin a' d' shuilean? Is e so an namhaid a dhoirt fuil Mhic Dé; a reic e, a rinn fanaid air, a sgiurs e, a thilg sileadh na eudann, a lot a lamhan, a reub a thaobh, a bhruth 'anam, a bhris a chorp, is nach do sguir ga chradh gus 'n do cheangail, gus 'n do dhit, gus 'n do thairn'ich, gus 'n do cheus, agus gus 'n

do chuir e gu naire follais e, Isai. liii. 4—6. So am puinnsean nimheil sin, a tha cho laidir is gu 'n d' ainn aon bhraon deth (a thuit air freamh a chinne daoine) an sliochd air fad a mhilleadh, Rom. v. 18, 19. So am mort-fhear fuilteach sin a mharbh na faidhean, a loisg na fianuisean, a chuir gu bas na h-aostoil, na priomh-athraiche, 's na h-uile righrean agus uachdarain. Is e so a sgrios bailtean a shluig rioghachdan, is a chuir crioch air moran chinneach. Ciod air bith an ionstrumaint, is e 'm peacadh bha do ghnath ris a mhilleadh, Rom. vi. 23. Am beil thu fathasd a saoilsinn gur ni faoin e? Nam biodh Adhamh is a shliochd air fad air an togail as an uaighean, is an cuirp air an carnadh suas ri neamh, is gu 'n rannsuicheadh 'mach ciod am mort-fhear aniochdmhor a bha ciontach anns na bha an so do fhuil? gheibhte mach gu 'n robh an cionta gu h-iomlan ann an sgeith a pheacaidh. Smuainich air nadur a pheacaidh, gus am bi eagal agus grain aig do chridhe dha: agus smuainich air uamharrachd agus an-tromachadh gach aon do d' pheacaidh féin: mar tha iad an aghaidh gach rabhaidh a fhuair thu o Dhia, an aghaidh t-athchuinge féin, an aghaidh trocair, an aghaidh cronuchaidh, an aghaidh soluis, an aghaidh graidh, an aghaidh do bhriathran féin do gheallaidhean, do bhoidean, agus do chumhnantan, &c. Agair do chridhe gu teann airson na nithe so, gus an gabh e naire dheth féin, is an treig e gach barail fhaoin a th' aige air fhireantachd féin; Ezra ix. 6.

"Smuainich air toillteannas a pheacaidh." Tha e glaodhaich suas ri neamh; tha e 'g iarruidh dioghaltais, Gen. xviii. 21. Is e 'dhiol tuarasdail bas agus damnadh; tha e tarruinn

mallachd Dhé air an anam is air chorp, Gal. iii. 10.; Deut. xxviii. Tha 'n aon is suaraiche do d' bhriathra no do d' smuainte peacach ga d' fhagail buailteach do fheirg is do chorruich shiorruith an Dé uile-chumhachdaich, Rom. ii. 8, 9.; Mat. xii. 36. O mata cia an bharr an t-ullach feirge, cia anbharr an cudthrom mhallachd, is an t-ionmhas dioghaltais a tha na milte do mhiltean peahaidh a chuir thu an gniomh a' toill tinn, Rom. ii. 5. Seum. v. 3. O, guidheam ort, thoir breith ort féin, mu 'n toir Dia breitheanas ort, 1 Cor. ix. 31.

"Smuainich air sailchead agus air graineileachd a pheacaidh." Tha e duaichnidh mar ifrinn; fior iomhaigh agus coslas an Aibhisteir air a tharruinn air anam, 1 Eoin iii. 8, 10. Chuireadh e barrachd oilt ort thu féin fhacinn ann an graineileachd do naduir na ged fhaiceadh tu 'n t-Aibhisteir. Cha 'n 'eil otrach air bhith cho salach, cha 'n 'eil cairbhinn cho breun, no plaigh no loibhre sam bith cho oillteil ris a pheacadh, anns a bheil thusa ga d' aornagaich féin, is ga d' fhagail ni 's graineile le Dia na dh' fheudas ni air bith sa' chruthachadh bhi leatsa, Iob xv. 15, 16.—An gabhadh tu losgann a' t-uchd? an tugadh tu speis d'i? feuch, ni 's graineile na tha sin duitsa, tha thusa do naomhachd fhiorghlain Dé, Mat. xxiii. 33. gus am beil thu air do ghlanadh le fuil Iosa, is le cumhadh grais na n-ath-ghineamhuinn.

"Os ceann na h-uile peacadh, thoir aire shonraichte do 'n dithis so; peachda gin, no truaill' eachd naduir, agus am peachda sin anns an usa leat tuiteam." 1. Truailleachd naduir. Is diomhain a bhi gearra' nam meanglan mur d' theid an fhreamh a spionadh à bun. Is diomh-

ain a bhi taomadh an t-struthainn mur teid cosg chur air an tobar. Rachadh t-aithreachas (mar a rinn aithreachas Dhaibhidh) gu ruig freamh a pheacaidh, Salm li. 5 Cha tig an cridhe 'm feasd gu staid cheart gus am bi lanmhothach' aig air uamharrachd a pheacaidh ghin. Air so socruich do chridhe; 's e so tha gad dheana mall gus na h-uile ni math, agus soaomaidh gus na h-uile do-bheart. Rom. vii. 15. 'S e so tha sgaoile claon-bhreith, dorchadais, uabhair agus mi-chreideimh air feadh t-inntinn; naimhdeas, neo-shuidheachas, aindeoineachd air feadh do thoile; mi-mhothachadh, mairbhead, neo-dhilsead air feadh do choguis; agus lasige 's di-chuimhne air do mheodhair. Is e so, an aon fhocal, a chuir gach aon chuibhle do t-anam as a riaghailt, is a rinn e, 'n aite bhi na ionad conuidh aig naomhachd, na thorr aingidheachd is na ifrinn pheacaich, Seum. iii. 6. Is e so a shalaich, a thruaill, agus a thug mi-bhuil as do bhallaibh: a thionndaidh iad gu bhi nan ionstrumainte do eas-ionracas, agus nan seirbhisich do 'n pheacadh, Rom. vi. 19. Is e so a lion an ceann le innleachdan saoghalta agus truaillidh, Mic. ii. 1. an lamh le ea-ceairt, Isai. i. 15. an t-suil le sannt is macnus, 2 Pead. ii. 14. agus an teanga le puinnsean nimheil, Seum. iii. 8. 'S e dh' fhosgail a' chluas gu breugan, miodal agus coradh salach, is a dhruid i 'n aghaidh teagaisg na beatha, Sech. vii. 11, 12. Is e dh' fhag do chridhe na ionad deilbh aimhleis, na thorr aingidheachd, Mat. xv. 19. air chor as gu bheil e gun tamh 'a bruchdadh amach uile, 2 Pead. ii. 14. cho nadurra is cho bitheant' is a chuireas tobar amach uisge, Ier. vi. 7. no thilgeas an fhairge suas a salchar, Isai. lvii. 20. Agus am beil thu fathast

toilichte leat féin, is a saoilsinn gu bheil do chridhe ceart; O, na sguir gu brath a smuaineachadh air do thruailleachd nadurra gus an caoidh thu, cosmhuil ri Ephraim, da staid, Ier. xxxi. 18. is am buail thu air t-uchd le naire 's le bron, mar a rinn am Publicanach, Luc. xviii. 13. a' gabhail grain diot féin mar rinn Iob, is a' deanamh aithreachais ann an duslach agus an luaithre. Iob xlii. 2.

2. "Smuainich air a pheachda sin do'm beil thu 'm bitheantas buailteach, agus anns an usa na cheile leat tuiteam:" faigh amach na h-uile ni tha ga 'n an-tromachadh: 's leig ris do d' chridhe gach aon bhagradh thug Dia na aghaidh. Fograidh aithreachas air falbh gach aon pheacadh, ach gu sonraichte ruaigidh e 'n leannan peacaidh d' am bi barrachd speis againn, is bheir e oidheirp thar gach ni air cur as da, Salm xviii. 23. O, dean dicheall air a pheacadh so dheanamh fuathach do t-anam, agus dublaich t-fhaicill agus t-oidheirp na aghaidh, a chion gur e so tha toirt na h-easonoir is mò do Dhia, 's ga d' chuir féin sa chunnart is mo cuideachd.

Seola' III. "Thoir oidheirp do ghnath air geur-mhothachadh bhi aig do chridhe air do thruaighe." Leugh a ris agus a ris an caibdeil air thoiseach air so, agus dean mar gu 'm b' ann a sgriobhadh air do chridhe O, beachdaich air do thruaighe gus an glaodh do chridhe 'mach airson Chriosd, cho durachdach as a dheanadh duine bhiodh ga bhathadh airson teasairginn. Is eigin do dhaoine an cunnart fhaicinn, agus an tinneas is an truaigh a mhothachadh, air neo is leigh gu 'n mheas nan suilean Criosd, Mat. ix. 12. 'Nuair a bhios an ciontach air a ruagadh le dioghaltair fala 's ann an si a ni e dian-chabhag gu cathair na didein. Is eigin do dhaoine

bhi air an toirt a dh'aindeoin dh'ionnsuidh Chriosd, air neo cha treig iad an ionracas féin, is cha tig iad. 'S ann le fior-eigin agus airc a bha am mac struidheil air aontachadh gu pileadh, Luc. xv. 16, 17. Am fad as a shaoileas Laodicea i féin a bhi beartach agus saibhir, is gun fheum air aon ni, cha 'n 'eil saod orra math a dheanamh: is eigin d'i bhi lan-mhothachail gu bheil i truagh, agus dall, agus bochd, agus lomnochd, mu'n gabh i os laimh teachd dh' ionnsuidh Chriosd airson oir, agus eudaich, agus sabh-shul g'a leighas, Taisb. iii. 17, 18. Air an aobhar sin cum suilean do choguis fosgailt' a dh' fhaicinn do thruaighe cho soilleir, is cho an-mhor as a dh' fheudas tu. Na tugadh uabhas air bith ort do shuilean a dhruideadh air an t-sealladh. Is fearr dhuit an truaighe tha feitheamh riut fhaicinn an dras na mothacha' na dheigh so.

Seola' IV. "Cum do ghnath ann ad aire nach 'eil neart no innleachd air bith agad air thu féin a shabhaladh." Na smuainich gu brath gu 'n dean t'urnuigh, do leugha', t'eisdeachd, t'aidmheil agus do leasachadh, air chor air bith do leigheas. Feumaidh tu na nithe so ghnathachadh gu curamach, ach tha thu caillte mur d' theid thu ni 's faide, Rom. x. 3. Ma leigeas tu do thaic ri ni air bith ach Criosd, dh' fhalbh thu, Gniomh. iv. 12. Is eigin duit cul a chur ri d' ghliocas féin, ri t'fhireantachd féin, ri 'd neart féin, agus thu féin a thilgeil gu h-iomlan air Criosd mar a thilgeas snamhaich e féin air an uisge, air neo cha 'n fheud thu bhi air do thearnadh. Am fad as a bhios earbs' aig daoine asda féin, agus as an deadh oibre, cha tig iad air mhodh slainteil dh' ionnsuidh Chriosd, Luc. xviii. 9. Phil. iii. 3. Is eigin duit fhaicinn nach 'eil na do bhuannachd

ach calldach agus aolach, nach 'eil a' d' neartach anmhuinneachd, 's a' t'fhireantachd ach otrach agus broineaga' mu 'm feud co-cheangal teann air bith bhi eadar thu féin agus Criosd, Phil. iii. 7, 8, 9. 2 Cor. iii. 5. Isai. lxiv. 6. An urradh a choluin mharbh cuibhreachan a bhais fhuasgladh, 's a h-eudach-mairbh a chrathadh dhith? an sin feudaidh thusa thu féin a leigheas, a tha marbh am peacadh 's ann eas-aontas, gun chomas air bith air aon seirbhis thaitneach a thoirt do d' Chruithear anns an staid sin, Rom. viii. 8. Eabh. xi. 6. Air an aobhar sin 'nuair a theid thu gu urnuigh, gu smuaineach, no dleasnas air bith eile gus a bheil thu air do sheoladh, imich amach asad féin, is leig do thaic ri co'nadh an spioraid, a' cuimhneachadh nach feud thu, ann ad neart féin, ni air bith a dheanamh bhios taitneach le Dia. Gidheadh na dearmad uair air bith do dhleasnas agus do dhicheall féin. Luidh aig an tobar, agus feith ris an Spiorad 'na shlighe féin. 'Nuair a bha 'n caillteanach a leughadh 's ann an sin a chuir an Spiorad naomh Philip d'a ionnsuidh, Gniomh. viii. 28, 29. 'Nuair a bha na deisciobuil ri urnuigh, caib. iv. 31. 'nuair a bha Cornelius agus a chairdean ag eisdeachd, caib. x. 44. 's ann an sin a thuirling an Spiorad naomh orra 's a lion e air fad iad. Oidheirpich thu féin thoirt suas do Chriosd; gnath-oidheirpich urnuigh agus smuaineach; oidheirpich so a dheanamh cho math agus is urradh thu, mile agus mile uair; is 'nuair a bhios tu ri dicheall air do dhleasnas a choilionadh cho math as a dh'fheudas tu; thig Spiorad an Tighearna ort, agus cuidichidh e leat an ni sin a dheanamh nach 'eil thu air chor air bith murrach air a dheana' le d' neart féin, Seanr. i. 23.

Seola' V. " Air ball cur cul ri t-uile pheacaidh." Ma bheir thu suas thu féin do chleachdadh aon pheacaidh tha thu caillte, Rom. vi. 17. Is diomhain duit suil a bhi agad ri beatha o Chriosd ni 's lugha na threigeas tu aingidheachd, 2 Tim. ii. 19. Treig do pheacaidh air neo cha 'n fhaigh thu trocair, Seanr. xxviii. 13. Mur bi thu air t-fhuasgladh o d' pheacaidh cha 'n fheud thu bhi air do cheangal ri Criosd. Nan bu mhath leat solas fhaotainn air neamh, na gleidh Delilah ni 's faide na d' uchd. Is eigin duit do pheacaidh a threigsinn no t anam a chall; ma choigleas tu urrad as aon pheacadh, bi cinnteach nach coigil Dia thusa. Na toisich ri leth-sgeul air bith a ghabhail; an dara cuid is eigin do d' pheacaidh basachadh, no 's eigin duitsa basachadh air an son, Salm lxviii. 21. Ma cheadaicheas tu dhuit féin ach aon pheaca', cia suarach, cia diomhair air bith e, ge do thagair thu eigin, is ge d' robh mile lethsgeul agad air a shon, is eigin do bheatha t-anama dioladh airson beath' a pheacaidh sin, Esec. xviii. 21.; agus baralaich fein mur bi e tulle 's daor air a cheannach?

O pheacaich! eisd agus thoir fainear: Ma threigeas tu do pheacai', bheir Dia dhuit a Mhac. Is nach math a mhalairt so? Tha mis' a' toirt fianuis duit air an la so, ma bhasaicheas tu, nach e chionn Slanaighear a bhi air a dheasachadh, 's beatha air a tairgse dhuit is coireach ris, ach a chionn gu 'n do roighnicht hu (leis na h-Iudhaich) mort-fhear air thoiseach air Slanaighear, peaca' air thoiseach air Criosd; is gu 'n tug thu barrachd speis do dhorchadas na do sholus, Eoin iii. 19. Rannsuich mata do chridhe le coinneal, mar a rinn na h-Iudhaich an tighean roimh 'n chaisg airson laibhinn: dean dicheall air do pheac-

aidh fhaotainn amach: imich do d' sheomar uaigneis agus cnuasaich do shlighe:—Ciod an t-olc a bha mi gnathacha'? Ciod an dleasnas a thaobh Dhia air an robh mi deanamh dearmaid? Ciod am peaca' san robh mi cionntach an aghaidh mo choimhearsnaich?—Buail a nis mata na gathan ann an cridhe do pheacaidh amhlui' mar bhuin Ioab ri Absalom, 2 Sam. xviii. 14.

Na seas air chor air bith ag amharc air do pheacadh, no ga thionnda mar ghreim milis fo d theangaidh, Iob xx. 12. ach tilg amach e mar phuinnsean le fuath agus le h-eagal. Och! ciod a bhuannachd a bheir do pheacai' dhuit gu 'm biodh e cho cruaidh leat an cuiteacha'? ni iad miodal riut, ach marbhaidh iad thu; ni iad gair' a' t'eudann, ach gearraidh iad do sgornan, ruisgidh iad claidhe' Dhé a' t-aghaidh, is tairngidh iad corruich an Uile-chumhachdaich air do cheann. Fosglaidh iad ifrinn air do shon, is carnaidh iad conna' suas innte chum do losgadh. Feuch a chrioch a dheasaich iad fa 'd chomhair; O buin riu mar a bhuineadh ri Haman; thoir an sgrios sin orra féin, a b'aill leosan a thoirt ortsa' uait iad, ceus iad, is biodh Criosd amhain na Thighearn ort.

Seola' VI. "Dean roghain sholeimnte agus shiorruidh do Dhia, mar do phorsan agus mar do shonas;" Deut. xxvi. 17. Leis gach uil' aoradh agus urram a'd' chomas aidich an Tighearna mar do Dhia. Cuir an saoghal le a ghloir, le onoir, le sholas agus le inbhe air ad dara laimh; agus cuir Dia, le uile shochaire is le uile bhuaidhean air an laimh eile; 's feuch gu 'n dean thu gu ciallach suidhichte do roghainn, Iosh. xxiv. 15. Gabh t-fhois amhain an Dia, vi. 68. suidh sios fo a sgaile, Caint ii. 3. tionndaidh a gheallana agus a

bhuaidhean a mheigh an aghaidh an t-saoghail gu h-iomlan. Socruich air do chridhe gur leoir am porsan dhuitsa Dia; 's nach feud thu bhi truagh am fad as a bhios e-san agad. Gabh e mar do sgiath, agus mar do dhuais anbharr mor. Is fearr dhuitsa Dia na aonar na 'n saoghal gu h-iomlan; is air an aobhar sin dean thu féin lan-thoilichte leis. Roighnicheadh daoine eile urram agus inbhe 'n t-saoghail, ach iarr thusa do shonas ann an gean-math Dhé, 's ann an dealradh a ghnuis a bhi air a thogail air t-anam, Salm iv. 6, 7.

A pheacaich thruaigh! chlaon thu o Dhia, agus bhrosnuich thu a chorruich is a chumhachd na t-aghaidh; gidheadh biodh fios agad, a thaobh ro-mheud saibhreis a ghrais gu bheil e tairgse bhi na Dhia dhuit ann an Criosd, 2 Cor. vi. 17, 18. Ciod mata tha thu 'g radh ris so? An aill leat an Tighearn a bhi na Dhia dhuit? Ma 's aill, thig d'a ionnsuidh trid Chriosd agus gheibh thu e, Eoin xiv. 6. cuir cul ris gach solas, prodh-ait, agus cliu peacach d'am beil thu striochda, 1 Thess. i. 9. tilg iad so as an cathair agus cuir gloir Dhé suas ann ad chridhe nan aite. Thoir dha, mar is cubhaidh do Dhia fhaotainn, an t-ait is urramaiche ann ad aigne, ann ad mheas, ann ad run, oir cha 'n fhuiling e ni sam bith a chur an coimeas ris. Rom. i. 24. Salm lxxiii. 25.

Seola' VII. "Gabh ris an Tighearn Iosa, na uile oifigibh, le uile mhi-ghoireas, mar do Thigh-earna-sa 's mar do "Shlanaighear." Air na cumhnantan so amhain tha Criosd ri fhaotainn. A pheacaich, rinn thu thu féin a sgrios gu buil-each; tha thu bait' ann an doimhne truaighe, as nach 'éil thu comasach air thu féin a theasairg-inn; ach tha Iosa Criosd comasach agus ullamh gu cuideacha' leat, is gu saor ga thairgse' fèin

duit, Eabh. vii. 25. Eoin iii. 36. Cia lionar air bith do pheacaidh, air meud an uamharrachd, no air fhad 's gan robh iad a' cur dragh ort, gidheadh tha maitheanas agus slaint' agad gu cinnteach ri fhaotainn, mur cuir thu gu h-amaideach cul ris an tairgse so tha mis' an ainm Dhé toirt seachad dhuit. Tha 'n Tighearna Ioaa ag iarrui' ort sealltuin airsan is a bhi air do shabhala', Isai. xlv. 22. "teachd d'a ionnsuidh-san, is nach cuir e air-chor air bith cul riut," Eoin vi. 37. seadh, tha e guidhe' ort a bhi reidh ris, 2 Cor. v. 20. Tha e glaodhaich anns na sraidean, tha e bualadh aig do dhorus, a' furail ort gabhail ris agus do bheatha a chaitheadh maille ris, Seanr. i. 20. Taisb. iii. 20. Ma bhasaicheas tu, is ann a chionn nach b'aill leat teachd d'a ionnsuidh-san airson beatha, Eoin v. 40.

A nis gabh an Slanaighear so th' air a thairgse dhuit, is tha thu air do dheanamh suas gu siorruidh; a nis thoir do thoil suas da, is cha 'n urradh an saoghal gu h-iomlan 'ur sgairachdainn. Na seas amach airson gu bheil thu neo-airdh; tha mis' ag innse' dhuit nach 'eil ni san t-saoghal is urra' do sgrios mur 'eil thu neo-thoileach. Labhair mata; am beil thu deonach bhi air do cheangal ri Criosd? am beil thu toileach gabhail leis anns gach aon daimh agus dreuchd, mar do Righ, mar do Shagairt, agus mar t' Fhaidh? An aill leat e cuideachd leis gach uile mhighoireas agus dochair a dh' fheudas a bhi na dheigh? Na gabh Criosd le buille-tuairmeis; ach suidh sios an toiseach, agus cunnt an cosdus. Am beil thu toileach gach ni th' agad a thilge' sios aig a chasan? am beil thu toileach dol troi' gach aon chunnart air a shon agus maille ris? am beil thu toileach do chrannchur a bhi maille ris, ciod air bith

a thachras? am beil thu toileach "thu féin aicheadh, do chrann-ceusaidh thogail, agus e san a leantuinn? Am beil thu toileach gu suidhichte, gu saor, agus gu daingean dlu-leantuinn ris anns na h-uile staid, agus anns an h-uile am: Ma 's e 's gu bheil, m' anams' airson t-anam-sa, nach d' theid thu gu siorruidh am mugha, ach gu bheil thu air t-aiseag o bhas gu beatha, Eoin iii. 16. So a chuis ris a bheil do slainte gu h-araid an earbsa, thu bhi ann an cumhnanta daingean mar so ri Iosa Criosd; agus air an aobhar sin ma tha gradh agad dhuit féin, feuch gu 'm bi thu dileas do Dhia agus do t-anam féin sa ghnothach so.

Seola' VIII. "Thoir suas t-uile chumhachd t-uile cheatfaidh, is thu féin gu h-iomlan dhasan." Cosmhuil riusan a "Thug eadhon iad féin do 'n Tighearna," 2 Cor. viii. 5. "Thugaibh 'ur cuirp nam "beo-iobairt suas do Dhia," Rom. xii. 1. Tha 'n Tighearn ag iarruidh, cha 'n e 'ur cuid, ach sibh féin. Air an aobhar sin thoir suas dhasan do chorp le uile bhallaibh, agus t-anam le uile cheatfaidh, a chum as gu'm biodh e san air a ghlorachadh ann ad chorp agus ann ad spiorad, oir buinidh iad araon dhasan, 1 Cor. vi. 20.

A ris: is eigin duit gach ni bhuineas duit san t-saoghal a thoirt suas dasan. Ma ghleidheas tu ni sam bith air ais o Chriosd, ni sin do mhilleadh, Luc. xiv. 33. Mur treig thu na h-uile nithe (an run is an deasacha' do chridhe) cha 'n fheud thu bhi d' dheisciobul dhasan. Is eigin duit fuath thoirt do t'athair agus do d' mhathair, agus do d' bheatha féin cuideachd, ann an coimeas risan, agus cho fad as a sheasas iad na aghaidh, Mat. x. 37. Luc. xiv. 26, &c. Ann an aon fhocal, is eigin duit thu féin thoirt suas da, 's gach ni tha agad, gun a bheag a chumail air ais, air neo cha 'n fheud thu cuid sam bith a bhi agad annsan.

Seola' IX. "Dean roghainn do lagh is do aitheanta Chriosd mar riaghailt do smuainte, do bhriathra, is do ghniomhara, " Salm cxix. 30. 'S i so roghainn gach neach a bhios air fhioriompachadh; ach an so, feumaidh tu na tri nithe so thoirt fainear.

1. "Is eigin duit an roighneachadh air fad." Cha 'n fheud thu gu brath dol do neamh le bhi toirt umhlachd amhain do chuid diu'; leugh Salm cxix. 6, 128, 160. Esec. xviii. 21. Na saoileadh neach air bith gur leoir a chuid is ea-truime, 's is usa dheana, do aitheanta Dhé thoirt fainear, is na dleasnais sin tha draghail, no cosdail, no mithaitneach le 'r nadur a leigeadh seachad. Feumaidh tu an t-iomlan diu' ghabhail, air neo gun bheag idir. An duine a bhios air fhior iompachadh, ge d' robh an fhaicill is mò air mu na dleasnais is cudthromiche, gidheadh tha suim aig a choguis cuideachd do na peacaidh is lugha, 's do gach aon dleasnas, Salm cxix. 6, 113. Mat. xxiii. 23.

2. Cha 'n e a mhain gu feum thu 'n coimhead gu h-iomlan, ach mar an ceudna "anns gach aon àm;" an docair is an socair; am fliuch is an tioram. Tha 'm fior-iompachan tulchuiseach na shlighe, seasaidh e daingean aig a roghainn, cha tionndaidh e chul'aobh ris a ghaoith, is cha ghabh e cleachduinn an t-saoghail air son a chreideimh. "Ghreimich mi ri d' theisteas; coimheadaidh mi do reachd gu brath gu crich mo shaoghail, Ghabh mi t-aitheanta mar 'm oighreachd gu siorruidh; bheir mi do ghnath fainear do statuisean," Salm cxix. 31, 33, 44, 111, 117. A nis cha 'n ann gu faoin a dh' fheumas tu so a chuir romhad, ach gu suidhichte 's gu daingean. Thuirt am mac easumhail "Theid mi, Thighearna," ach cha dea-

chaidh e, Mat. xxi. 30. Bu mhath a gheall iadsan a thubhairt, "Gach ni labhras an Tighearn ar Dia riutsa, ni sinne e" Agus theagamh gu 'n robh an run a reir ar aidmheil; ach 'nuair a thainig a chuis gu ait a deuchainn, bha e soilleir nach robh an cridhe togarrach gu dheanamh mar a gheall iad, Deut. v. 27, 29.

3. "Thoir fainear na dleasnais araid sin is mo tha 'n aghaidh do chridhe, 's na peacaidh araid sin d' am mò do speis; agus feuch am beil do chridhe leagta ris a cheud chuid a dheanamh, 's a chuid eil' a sheachnadh." Ciod tha thu 'g radh ri d' leannan peacaidh; ri d' pheaca' prodhaiteach? Ciod tha thu 'g radh ri dleasnais chosdail, chunnartach, agus shearbh do d' nadur? Mu tha thu stad an so, is nach 'eil thu cur romhad, le gras Dhé, an fheoil aicheadh is dol air t-aghaidh, tha do chridhe fathasd mi-fhallain agus cealgach, Salm xviii. 23. agus cxix. 6.

Seola' X. "Thoir faicill nach cuir thu dail ann ad iompachadh, 's gu 'n cuir thu mu thiomchioll gu grad agus durachdach." "Rinn mi deifir, is cha d' rinn mi moille," arsa Daibhidh, Salm cxix. 60. Cuimhnich le ball-chrith air staid nan oighean amaideach nach d' thainig gus an robh dorus na trocair air a dhruideadh, Mat. xxv. 11. agus air Felics a chuir Pol air falbh gu àm eile, nach deachaidh riamh a dheonachadh dha, Gniomh. xxvi. 25. O thig a stigh, am feadh a theirear ris an diugh, eagal gu 'm bi na nithe sin a bhuineas do d' shith air am falach gu siorruidh o d' shuilean." An dras tha trocair a suirdheadh ort; an dras tha Criosd a' feitheamh gu bhi grasmhor dhuit, agus Spiorad Dhé ri stri' riut: an dras tha coguis ga d' bhrosnachadh; an dras tha am marga' fosgailte 's feudaidh tu ola fhaò-

ainn ri cheannach: an dras tha Criosd air a chur gu saor ann ad thairgse. O grad dhean greim air cuire na trocair. O! gabh ris an dras nam b' aill leat a dheana' gu siorruidh. Ma chuireas tu cul ris a chuire so, feudai' Dia mionnacha' na fhearg nach blais thu gu brath d' a shuipeir, Luc. xiv. 24.

Seola' XI. "Feith gu coinnseasach air an fhocal, mar mheadhon t-iompachaidh," Seum. i. 18, 19.; 1 Cor. iv. 15. Feith, tha mi 'g radh, cha 'n ann amhain gu bitheant', ach gu coinnseasach; le togradh, run, dochas agus fiughair gu'm bi thu air t-iompachadh leis. Do gach aon searmoin bu choir dhuit dol le leithid so do smuainte: "O, tha dochas agam gu 'n d' thig Dia nis asteach; tha dochas agam gur e 'n diugh an t-àm, gur e so an duine leis an toir Dia dhathigh mi." 'Nuair tha thu teachd dh' ionnsuidh 'orduighean, tog do chridhe suas mar so ri Dia; "A Thighearna, gu ma h-i so an t-sabaid, gu ma h-e so an t-am sam faigh mise gras gu m' athnuadhachadh. O biodh e air a radh, gu'n robh air an la so neach air a bhreith dhuitsa!"

Seola' XII. "Aontaich leis an Spiorad san uair an toisich e ri oibreachadh air do chridhe." 'Nuair a thoisicheas e ri d' pheacaidh is ri d' staid a leigeadh ris duit, O feuch nach caisg thu e; ach oibrich maille ris, agus guidh air Dia an geur-mhothacha' so thoirt air aghaidh a chum iompachaidh. "Na mùch an Spiorad," 1 Thes. v. 29. Na cuir doilghios air bith, no bacadh air. Feuch nach caisg thu oibreacha' no gheur-mhothachadh, le droch cuideachd no le damhair ghnothaiche saoghalta. 'Nuair a mhothaicheas tu trioblaid air bith ort féin air son peacaidh, no eagal air bith mu thimchioll do staid shiorruidh,

guidh air Dia nach dealaich iad so gu brath ri d' choguis, gus an tarruinn iad air falbh do chridhe gu buileach o pheaca', is an toir iad thairis e dh' ionnsuidh Chriosd. Abair ris, "A Thighearna gabh air t-aghaidh le t-obair, agus na sguir 'na meadhon. Ma tha thu faicinn nach 'eil mise fathasd air mo lot gu leoir, is nach 'eil mi fo bhriste-chridhe gu leoir air son mo pheacaidh, lot mi, Thighearna, ni 's doimhne; ruig iochdar mo thruaill'eachd, agus claoidh gu tur mo pheacaidh." Mar so thoir thu féin suas do dh' oibreachadh an Spioraid, agus sgaoil do shiuil a ghlacadh a ghaoithe.

Seola' XIII. "Cleachd urnuigh dhurachdach ri Dia gu curamach agus gu coilionta." An ti nach 'eil ri urnuigh, cha 'n 'eil ann ach peacach mi-naomh aingidh, Iob xv. 4.; is an ti nach 'eil coiliont, ann an urnuigh, cha 'n 'eil ann ach cealgair, Iob xxvii. 10. Is e aon do na ceud nithe sam beil iompacha' soilleir, gu 'n cuir e daoine gu urnuigh, Gniomh. ix. 11. Air an aobhar sin cuir thusa mu thimchioll an dleasnais so: na leig le latha dol tharad anns nach cuir thu 'thaobh cail-eigin do uine, moch agus anmoch, air son aora' suidhichte agus soleimnte a thoirt do Dhia ann an uaigneas. Air an doigh cheudna gach aon latha, gairm do theaghlach ri cheile gu coilionta, gu aoradh thoirt do Dhia maille riut. Mo thruaigh thusa ma gheibhear do theaghlach-sa 'n aireamh nan teaghlaiche sin nach 'eil a' gairm air Dia, Ier. x. 25. Ach cuimhnich nach ruig crabha' fuar agus marbh leth an rathaid gu neamh. Bi durachdach agus dian-leantuinneach. Bheir dian-leanmhuinn agus stridh amach buaidh; ach as eugais so cha toir thu gu brath amach rioghachd neimh, Mat. xi. 12. Feumaidh

tu cruai'-spairn a dheanamh gu dol asteach, Luc. xiii. 24. agus gleachd le deoir agus ath-chuinge, cosmhuil ri Iacob, ma b' aill leat gu 'n rachadh tu air falbh le beannacha', Gen. xxxii. 24. le Hos. xxii. 4. As eugais grais, tha thu gu sior-ruidh caillte, is air an aobhar sin is eigin duit cuir mu thimchioll, agus a chur romhad nach gabh thu diultadh. An duine sin tha leagta ris so fhaotainn, d' an cainnt, "Is eigin domh gras fhaotainn, is gu brath cha sguir mi gus am faigh mi e; iarruidh mi, feithidh mi, gleachdaidh mi ri Dia 's ri mo chridhe féin, gus an dean e m' ath-nuadhachadh le cumhachd a ghrais:—is e so an duine th' air an rathad dhireach gu gras fhaotainn.

Seola' XIV. "Treig do dhroch chuideachd, Seanr. ix. 5. agus seachainn gach aobhar agus cion-fath peacaidh." Seanr. xxiii. 31. Cha phill thu gu brath o pheaca' gus an seachainn thu gach slighe 's gach buaire' tha ga d' tharruinn d'a ionnsuidh. Gu brath gus an aicheadh thu thu féin an fhad so, cha bhi suil agam ri d'iompachadh. Ma bhios tu ri cluich' air a bhruaich, is a' cur do chois ann am beul an rib, theid t-anam gu cinnteach a ghlacadh. 'Nuair a bheir freasdal Dé sinn an luib buairidh nach b' urra' sinn a sheachnadh, feudaidh suil a bhi againn ri comh-nadh araid, ann an gnathacha' nam meadhona: ach 'nuair a bhuaireas sinn Dia, le ruith do 'r deoin am builsgean cunnairt, cha 'n 'eil e geallt-uinn na leithid sin do bhuaire' gu'n cum e suas sinn. Agus do na h-uile buaireadh, cha mhor gu bheil aon air bith is cunnairtaiche 's is measa na droch chuideachd. O cia tric a mhilleadh le is so a mhuinntir a b' fhearr coslas! O na h-anama, na teaghlaiche, na h-oighreachda, is na bailtean

a chaidh a mhilleadh leis so! cia lion peacach truagh, bha air an dusgadh, is air an soillseachadh, direach ullamh gus an t-Aibhisteir a threigsinn, is an deigh an cas a shaoradh as a rib; ach a bha na dheigh sin air fad air an tarruinn air an ais, agus air an deanamh nan cloinn do ifrinn seachd uairean ni 's mò na bha iad roimhe? Ann an aon fhocal, cha 'n 'eil earbsa air bith agam asad, ni 's lugha na chrathas tu dhiot do dhroch chuideachd. Tha Criosd ag radh riut mar thuirt e aon uair ann seadh eile, "Ma tha thu 'g am iarruidh-sa, leig leo sin falbh," Eoin xviii. 8. Ris so tha t-anam an earbsa: treig iad sin, air neo cha 'n fheud thu bhi beo, Seanr. ix. 6. Am bi thu ni 's measa na 'n t-ainmhidh, gu'n ruithe' tu air t-aghaidh 's tu faicinn an Tighearna le claidhe ruisgte san t-slighe? Aireamh xxii. 33. Biodh na briathra so air am bualadh gu domhain air do choguis, *Sgriosar companach nan amadan*, Seanr. xiii. 20. Labhair Dia so, agus co bhacas e? 'S an ruith thus' an comhair do chinn gu leir-sgrios, an deigh do Dhia co-lion rabhadh thoirt duit? Ma dh' atharraicheas Dia m' feasd do chridhe, chithear e o mhutha do chuideachd. O, fuathaich agus seachainn an slochd a shluig co-lion mile anam sios gu truaighe. Bithidh e cruaidh ort gun amharus dol as; bithidh do chompanaich ri fanaid air do chrabhadh, 's ag oidheirpeachadh do lionadh le fuath an aghaidh diadhachd; mar ni mi-sholasach agus tuirseach. Gnathaichidh iad gach miodal agus mealladh nan innleachd; ach cuimhnich thusa rabhadh an Spioraid naoimh: "A mhic, ma bhrosnuicheas peacaich thu, na h-aontaich leo: ma their iad riut, Thig leinne, tilg do chrannchur asteach 'nar measg: na h-imich anns an t-slighe maille riu;

cum do chas air a h-ais o 'n casan; seachainn e, na siubhail ann, pill uaithe, agus imich romhad: oir tha slighe nan aingidh mar dhorchadas, cha 'n 'eil fios aca ciod tha toirt tuislidh dhoibh: tha iad a' luidhe 'm plaid airson fala, is a' luidhe 'n uaigneas airson an anama féin," Seanr. i. 10—18. agus iv. 14—19.

Mar so dh' innis mi dhuit ciod is eigin duit a dheanamh chum bhi air do shabhala'. Nach toir thu geill do ghuth an Tighearna? nach eirich thu 's nach cuir thu mu thimchioll na h-oibre? O dhuine, ciod am freagra' bheir thu seachad, no ciod an leth-sgeul a bhios agad, ma bhasaicheas tu le h-aingealtachd air a cheann mu dheire, 'n deigh dhuit eolas fhaotainn air slighe na beatha! Cha 'n 'eil eagal orm gu n' d' theid thu air seacharan, mur dean do neo-churam agus do leisg féin do mhille', le dearmad a dheanamh air na meadhona sin a chaidh cho soilleir a sheoladh dhuit. Duisg mata, O lunndaire, is leig air t-obair; toisich agus bi deanamh, is bithidh an Tighearna maille riut.

CAIB. VII.

Anns a bheil argumainte gu Iompachadh.

Ged bu leoir na chaidh a chur an ceill cheana, mu thimchioll *feumalachd an iompachaidh, agus truaighe na muinntir neo-iompaichte*, gu thoirt air creatair reusant' air bith cur mu thimchioll grad philleadh ri Dia, gidheadh o'n tha fios agam gu bheil cridhe 'n duine cho aingidh agus do-lubaidh, mheas mi iomchuidh cuid argumainte gu iompacha', thoirt seachad an deigh nam meadhona is nan seolanna a chaidh ainmeacha' cheana.

"A Thighearna, na treig mi nis ann am oidh-

eirp dheireannach: mata anam air bith a leugh gu ruige so, is nach d' fhuair fathasd mothachadh; nis a Thighearna, dean greim air agus dean t-obair. A nis glac a chridhe, is dean stri ris, gus an abair e, *Thug thu buaidh, oir is treise thu na mise.*—A Thighearna, nach d' rinn thu dhiomhsa iasgair dhaoine, agus shaothraich mi fad na h-uine, is cha do ghlac mi bheag. Och! gu 'n caithinn mo spionnadh gun ni air bith do bhuannachd! Anis 'nuair tha mi toirt na h-urchair mu dheireadh, seas thus a Thighearna Iosa air an traigh, agus seol dhomh cionus agus c' ait an sgaoil mi no lion. Cuidich leam na h-anama sin air a bheil mi 'n toir a chuartachd le argumaint, cho laidir 's nach feud iad dol as. A nis, a Thighearna, thoir dhomh tarruinn phailt! O Thighearna Dhia; cuimhnich orm, guidheam ort, agus neartaich mi ach an aon uair so, O mo Dhia!"

O cia lionar na h argumainte dh' fheudainn a ghnathachadh sa ghnothach so? Ma tha gliocas air bith san t-saoghal, is e so e, aithreachas a dheanamh 's teachd asteach: ma tha ni air bith ceart, ma tha ni air bith reusanta, is e so e: 's ma tha ni sam bith anns an t-saoghal, a tha cuthach agus amaideach agus mi-reusanta, is e thu bhi *dol air t-aghaidh ann ad staid neo-iompaichte.* Guidheam ort mata, mur bu mhath leat thu féin a sgrios gu toileil, suidh sios, agus cudromich, leis na chaidh a radh cheana, na h-argumainte so leanas.

1. "Tha 'n Dia chruthaich thu go ro ghrasmhor a toirt cuiridh dhuit."

(1.) "Tha a nadur iochdmhor agus trocaireach ga d' chuireadh." O cia iochdmhor agus teo-chridheach Dia; cia pailt, os ceann a bheag

air bith' is urra' sinn a' smuainteadh, a throcair! Tha i ni 's airde na neamh ciod a dh' fheudas sinne dheanamh? ni's doimhne na ifrinn ciod a dh' fheudas sinne thuigsinn? Iob ix. 7, 8, 9. "Tha e lan do iochd agus do ghras; fad-fhulangach, agus saibhir ann an trocair," Salm lxxxvi. 15. Nach laidir an argumaint so gu peacaich a tharruinn d'a ionnsuidh? "Phillibh ris an Tighearna ar Dia oir tha e iochdmhor agus trocaireach, mall a chum feirge, agus saibhir ann an gras." "Co an Dia is cosmhuil riutsa, a mhaitheas aingidheachd?" Mic. vii. 18, 19. O pheacacha', faicibh ciod an Dia ris a bheil 'ur gnothach: ma 's e 's gu 'n dean sibhs' ach pilleadh, "pillidh esan a ris agus ni e iochd oirbh; ceannsuichidh e 'ur n-eas-aontais, agus tilgidh e 'ur peacaidh ann an doimhne na fairge." "Pillibh riumsa, arsa Tighearna nam feart, agus pillidh mise ribhsa." Cha 'n e idir meud na baralach a th' aig peacaich air trocair Dhé tha gam milleadh, ach gu bheil iad dichuimhneach air a cheartas, agus earbsach a trocair air sheol nach 'eil i air a gealltuinn. Ged tha throcair os ceann smuainte, Isai. lv. 9. mor, 1 Chron. xxi. 13. lionmhor, Neh. ix. 19. caomh, Salm xxv. 6. cinnteach, Isai. lv. 3. siorruidh, Salm ciii. 17. Isai. liv. 8. gheibh thusa coir air an iomlan, ma's e 's gu 'm pill thu—Am beil thu toileach teachd asteach mata? Feuch, chuir Dia uabhasan a thaoibh, chuir e suas cathair throcair tha e sineadh amach slat-shuaicheanteis a shith: bean d'i agus bi beo. An deanadh duine trocaireach a namhaid a mharbhadh, agus e na luidhe aig a chasan, ag aideachadh a chionta, 's a' guidhe trocair? Nach lugha gu mor a ni Dia nan gras?—Cuimhnich ciod e ainm, Exod. xxxiv. 7. agus fiosrachadh nan naomh, Neh. ix. 17.

(2.) "Tha na h-uile gairm agus gealladh solasach a tha e toirt duit ga d' chuireadh." O cia durachdach tha throcair ga 'd leantuinn! cia teann, cia togarrach tha i 'n toir ort! "Pill, O Israeil chul-sleamhnach, ars' an Tighearna, agus cha toir mis' air mo chorruich tuiteam ort; oir tha mi trocaireach ars' an Tighearna, 's cha ghleidh mi gu siorruidh mo chorruich; amhain aidich do chionta. Phillibh, O chlann chul-sleamhnach, ars' an Tighearna, oir tha mise posda ribh; pillibh, agus leighisidh mi 'ur cul-sleamhnachaidh." Ier. iii. 11—14, 22. "Mar is beo mi, ars' an Tighearna Dia, cha 'n 'eil tlachd agamsa am bas an aingidh, ach is i mo roghainn gu'm pilleadh e o shlighe, is gu'm biodh e beo. Pillibh, pillibh o 'r droch shlighean c'air son a bhasaicheas sibh, O thigh Israeil?" Esec. xxxiii. 11. "Ma philleas an t-aingidh o uile pheacaidh a chuir e 'n gniomh, is gu 'n coimhid e mo reachdsa uile, 's gu 'n dean e an ni sin a tha dleasnach agus ceart, bithidh e gun amharus beo, cha 'n fhaigh e bas. Cha toirear iomradh ris air uile pheacaidh a chuir e 'n gniomh; na fhireantachd a rinn e bithidh e beo. Pillibh, agus tionndaibh o 'r peacaidh, 's mar sin cha dean aingidheachd 'ur sgrios. Cuiribh air falbh 'ur n-uile pheacaidh, is deanaibh dhuibh féin cridhe nuadh agus spiorad nuadh, oir c' air son a bhasaicheas sibh; O thigh Israeil, oir cha 'n 'eil tlachd agams' am bas an neach a bhasaicheas, ars' an Tighearna Dia, air an aobhar sin pillibh sibh féin, agus bithibh beo? Esec. xviii. 21, 23, 30—32.

O cia trocaireach na briathra so! guth Dhé, agus cha 'n e guth duine! Cha 'n e so beus dhaoine, gu 'n iarradh an t-uachdaran an deigh an traill a chuir corruich air. O gun eisde' tusa

'n diugh a ghuth, 'nuair tha o ga d' leanntuinn agus a furail trocair ort!

2. "Tha geataidh neimh air am fosgladh dhuit, is na dorsan siorruidh air an sgaoile' gu farsuinn, a chum as gu feuda' tu dol asteach do rioghachd Dhé." Tha Criosd a nis a' labhairt ruit mar a rinn Iesebel ri Ahab, "Eirich agus gabh seilbh," 1 Righ xxi. 15. Gabh sealladh do ghloir an t-saoghail eile mar tha i air a leigeadh ris san t-soisgeul, dirich Pisgah, sliabh nan geallaidhean, is tog suas do shuil gu deas is gu tuath, gu 'n ear is gu 'n iar, is faic am fearann math sin tha 'n taobh thall do Iordan, is an sliabh math sin; feuch parras Dé, air uisgeacha' le struthan gloire. Eirich, agus imich feadh an fhearainn, air fhad agus air a leud, oir am fearann a tha thu faicinn, bheir Dia gu siorruidh dhuit e, mas e 's gum pill thu, Gen. xii. 14, 15, 17. Ceadaich dhomh a radh riut, mar thuirt Pol ri Agrippa, "Am beil thu creidsinn nam Faidhean?" Ma tha thu da rireadh a creidsinn, dean ach sealla' ghabhail do "na nithe gloirmhor sin a th' air labhairt mu thimchioll cathair an Dé bheo." Salm lxxxvii. 3. is biodh fios agad gu bheil iad sin uile an so air an tairgse dhuit an ainm Dhé: cho cinnteach as is beo Dia, buinidh iad gu siorruidh dhuitsa, ma philleas tu, is ma bhios tu air t-iompachadh

Feuch a chathair sin aig a bheil gloir mar sholus, agus Dia mar theampull! Feuch a geatai' sgaoilte, 's gach aon a faotainn cuireadh gu saor gu dol asteach! "O amadana, is mall-chridheach gu creidsinn!" an cuir sibh cul ri gloir shiorruidh? an diult sibh dol asteach gu parras, 'nuair tha 'n claidhe lasrach sin a chuireadh aon uair gu'r cumail amach, an dras, mar

gu 'm b' ann, g' ar n-iomain astigh? Ma dhiultas, an dara cuid cha 'n 'eil creideamh agaibh, air neo cha 'n 'eil ciall agaibh.

Nach dean sibh ach aire thoirt do na nithe sin, a th' air an tairgseadh dhuibh: "rioghachd gloire," 1 Thess. ii. 12. "rioghachd shith," Rom. xiv. 17. "rioghachd shiorruidh," 2 Pead. i. 11. O! rioghachd bheannaichte gun amharus! an so gabhaidh tu comhnuidh; an so riaghlaidh tu gu siorruidh, agus cuiridh Dia thu na d' shuidhe air righ-chathair-gloir, Mat. xix. 28. Cuiridh e le laimh féin crun rioghail air do cheann, is cha 'n e crun sgithich; oir san aite san cha bhi peacadh, 's ni mò bhias fulangas, Taisb. xxi. 27. agus xxii. 3–5. "Cha 'n e crun oir (oir cha bhi meas air bith air so san la sin,) ach "crun beatha," Seum. i. 12. "crun fireantachd," 2 Tim. iv. 8. "crun gloire," 1 Pead. v. 4. seath, "cuiridh tu umad gloir mar thrusgan," 1 Cor. xv. 43. agus "dealruidh tu mar a' ghrian 'sna speuran, ann an gloir t-Athar," Mat. xiii. 43. Amhairc a nis air do cholainn ghraineil, air a chrèidh sin a bhios na lòn do na daolan; bithidh a cheart fheoil, a cheart chrè so ni 's dealruiche na na reultan, Dan. xii. 13.—An athghoird, bithidh tu air do dheanamh "cosmhuil ri Aingle Dhé," Luc. xx. 36. agus dearcaidh tu air a ghnuis-san ann am fireantachd," Salm xvii. 15. Amhairc a nis an taobh astigh dhiot, agus innis domh, Am beil thu fathasd a' creidsinn? Mur 'eil, is eigin do d' choguis a radh gur *ana-creideach* thu, oir is e so Focal Dé.

Ach ma their thu gu bheil thu creidsinn, innis domh nis, ciod e do run. An gabh thu ris an ni so tha d' thairgse mar do shonas? An cuir thu cul ri d' phrodhait pheacaich, ri d' sholas toir-

misgte? An saltair thu air urram an t-saoghail; an spion thu thu féin à glacan do sholais? Am beil thu toileach gabhail ri masladh 's ri bochdainn, ma tharlas iad ort anns an t-slighe gu neamh, agus Criosd a leantuinn le caithe-beatha iriosal agus féin-aich'eil? Ma tha, is leats' an t-iomlan, agus is leat e gu siorruidh.

Nach gloirmhor mata na bheil a'd' thairgse? Nach airidh air damna' e-san a theid air aghaidh 's a bhasaicheas, 'nuair tha so uil' aig airson a thogail? An gabh thu Dia air fhocal? An leig thu uait do ghreim do 'n t-saoghal, an glan thu do lamhan o' n peacadh, 's an dean thu greim air a bheatha mhairtheannaich? Mur dean, innseadh do choguis duit mur 'eil thu air dhiobhail ceille, 'nuair a tha thu deana' dearmaid air roghainn cho math, leis am feudadh tu bhi sonadh gu siorruidh.

3. "Bheir Dia sochairean do-labhairt duit san t-saoghal a tha lathair, 1 Cor. iii. 22. Eabh. xii. 22—24. Ge d' robh iomlaineachd do shonais air a ghleidheadh gu saoghal eile, gidheadh bheir Dia dhuit nithe nach 'eil suarach an laimh."

Saoraidh e o thrailleachd thu, Eoin viii. 36. spionaidh e thu à glac an leomhain; Col. i. 13. bruthaidh an nathair do shail, ach bruthaidh tusa a' ceann, Gen. iii. 15. saoraidh e thu o 'n t-saoghal olc a tha lathair, Gal. i. 4. Cha dean socair do sgrios, agus cha dean docair do sgaradh uaithe-san, Rom. viii. 35—38. saoraidh e o chumhachd na h-uaighe thu, Salm xlix. 15. agus ni e righ nan uamhas na theachdaire sith dhiut. Bheir e air falbh am mallachd o 'n chranncheusaidh; Salm cxix. 71. bheir e air docair agus trioblaid féin am mol a sheideadh air falbh, is an inntinn a ghlanadh, Dan. xii. 10. Isai. xxvii. 9.

Ni e do thearnadh o dhiteadh an lagha, 's am mallachd a thionndadh gu bhi na bheannachadh dhuit, Rom. vi. 14.; Gal. iii. 24. Is ann aige tha iuchraichean a' bhais agus na h-ifrinn, agus is e a dhruideas agus cha 'n urra' neach fosgladh, Taisb. iii. 7. agus i 18. druididh e am beul so, mar a rinn e aon uair beul nan leomhan, Dan. vi. 22. air chor as nach bi thus' air do chiuradh leis an dara bàs, Taisb. ii. 11.

Ach cha'n e 'mhain gu 'n saor e o thruaighe thu; bheir e dhuit mar an ceudna sochairean do-labhairt. Bheir e e-féin duit: bithidh e na charaid agus na Athair dhuit, 2 Cor. vi. 18. is grian agus is sgiath dhuit e, Salm lxxxiv. 12. ann an aon fhocal, bidh e na Dhia dhuit, Gen. xvii. 7. agus ciod tuille dh' fheudar a radh? Ni e dhuit gach ni dh' fheudas Dia féin a dheanamh. Esan aig am bi righ mar athair no mar charaid, bidh suil aige ri gibhtean rioghail uaithe. Ach ciod iad prionnsaidh agus righre talmhaidh air an coimeas ri Dia! Mar tha esan neo-chriochnach an gloir is an cumhachd os ceann an duslaich so, is amhlui' bheir e da reir sin sonas neo-chriochnach d'a luchd-muinntir os ceann na 's urradh iadsan a thoirt do 'n mhuinntir da 'm beil speis aca. "Bheir e dhuibh gras is gloir, is cha chum e uaibh aon ni math." Salm lxxxiv. 11. Gabhaidh e sibh nur n-oighreachan air a gheallana, Eabh. vi. 17. agus daighnichidh e leibh a chumhnanta gu siorruidh, Ier. xxxii. 40. Ni e 'ur saoradh o gach ni is urradh an lagh, a chog-uis, no an t-Aibhisteir a chur 'nur n-aghaidh, Rom. viii. 33, 34. Bheir e dhuibh saor-chomas teachd na fhianuis, gabhaidh e ri 'r pearsa, is eisdidh e 'ur n-urnuigh, Eph. iii. 12. agus i. 6. 1 Eoin v. 14. Gabhaidh e comhnuidh maille

ribh, bheir e dhuibh a run, agus cumaidh e co-chomunn coiliont agus cairdeil ri 'r n-anam, Eoin xiii. 23. agus xxv. 15. 1 Eoin i. 3. Bidh a chluas fosgailte, bidh a dhorus fosgailte, is bidh a stòr fosgailte 's gach aon àm dhuibh. Bidh a bheannachadh do ghnath maille ribh, agus bheir e air na h-uile nithe co-oibreacha' chum 'ur maith, Salm cxv. 13. Rom. viii. 28.

4. "Tha cumhnanta na trocair air a thoirt cho iosal air 'ur son as tha e comasach." Chrom Dia air son pheacach cho iosal as a dh' fheudadh e. Cha 'n fheud e bhi na ughdair peacaidh, no smal a tharruinn air gloir a naomhachd; agus, gun so a dheanamh, cionnus a dh' fheudadh e teachd ni b' isle na rinn e? Leig e dheth nithe ea-comasach a cheud chumhnainte, Ier. iii. 23. Marc. v. 36. Gniomh. xvi. 31 agus iii. 19. Sean. xviii. 13. Cha 'n 'eil e ag iarruidh oirbh ni air bith mi reusanta no ea-comasach mar chumhnanta beatha. Fo'n cheud chumhnant bha dà ni mar fhiacha oirbh; 1. "Lan-dioladh a thoirt do cheartas Dé air son peacai' na h-uine chaidh seachad." 2. "Umhlachd fhoirfe agus iomlan a thoirt nur pearsaibh féin do gach puinc do 'n lagh anns an uine ri teachd." Bha iad so le cheile neo chomasach dhuinne, Rom. viii. 3. ach feuch cho trocaireach as a rinn Dia an isleachadh. An lan-dioladh sin a dh' fheudadh e iarruidh oirnn, tha e toileach a ghabhail o 'n Urras sin a rinn e féin a dheasacha', 2 Cor. v. 10. Tha e 'g innseadh gu 'n d' fhuair e dioladh, Iob xxxiii. 24. 1 Tim. ii. 6. is nach 'eil e 'g iarruidh ni air bith oirbh ach gabhail r' a Mhac, is gu 'm bi e "na fhireantachd agus na shaoirse dhuibh," Eoin i. 12.; 1 Cor. i. 30. Agus airson umhlachd san uine ri teachd, tha e toileach aontacha' le 'r

n-anmhuinneachd, is gun bhi ro-theann gu 'r failinn a chomhrachadh. Cha 'n 'eil e seasamh aig foirfeachd mar chumhnanta beatha. Ge d' tha e 'g innseadh gur e so a dhlighe, tha e toileach treibh-dhireas a ghabhail na aite, Gen. xvii. 1. Seanr. xi. 20. Ged nach urradh thu do fhiacha air fad a phaighe', gabhaidh e uait a reir do chomais; an toil airson a' ghniomh, agus an run airson a' choilionaidh, 2 Cor. viii. 12. 2 Chron. vi. 8. Eabh. xi. 17. Seadh, ma thig sibh da ionnsuidh trid Chriosd, is gu 'n socruich sibh 'ur cridhe chum a thoileachadh, is gu 'n dean sibh 'ur n-uile dhicheall na sheirbhis, bheir e cliu agus duais dhuibh, ge d' robh an saoitheach air a mhilleadh 'nur lamhan.

O! smuanaichibh air iochd 'ur Cruithear; leigibh dhomh a radh ribh mar a thuirt a sheirbhiseach ri Naaman, O athair, nan abradh am Faidh riut ni mor-eigin a dheanamh, nach deanadh tu e? nach mò gu mor na sin 'nuair tha e ag radh riut a mhain Ionnail agus bi glan? 2 Righ. v. 13. Nan iarradh Dia ni eigin teann, cruaidh, agus eagalach air do laimh-sa chum dol as o dhamnadh siorruidh, nach deanadh tu e? Ge d' iarradh e ort do laithean air fad a chaithe' ri bron ann am fuar-fhasaich, thu féin a chlaoidh le gort, no toradh do chuirp a thoirt seachad air son peaca' t'anama," nach gabhadh tu gu toileach slainte shiorruidh, ge b' e so féin an cumhnant? Nan deanadh do Chruithear air an do chuir thu corruich, do chumail rè aon bhliadhna, air leabaidh chraidh, agus an sin iarruidh ort do pheacaidh threigsinn, gabhail ri Criosd, agus seirbhis a thoirt da car beagan do bhliadhnai', mar tha e cur mar fhiach ort san t-soisgeul air neo luidhe san staid so fad saoghal nan saoghal,

nach gabhadh tu gu toileach an cuirè, gun fhuireach fada san ioma'-chomhairle? O pheacaich, pill agus bi beo; c'ar son a bhasaicheas tu, 'nuair tha beatha ri faotainn air son a gabhail; 'nuair tha trocair, mar gu 'm b' ann, a griosadh ort gun diultadh? Nam b' urradh thu radh gun amharus, "A thighearna, bha fios agam gu 'm bu duine cruaidh thu?" Mat. xxv. 24. Bha ni-eigin do lethsgeul agad; ach 'nuair a dh' islich Dia neimh e féin cho mor, is a chrom e cho iosal, co is urradh smid a radh as do leth, mas e 's na dheigh sin uile gu 'n seas thu amach?—Os-barr.

5. "Far am beil thusa lag, tha Dia tairgse dhuit grais chum do dheanamh comasach." "Shìn mi 'mach mo lamh, is cha d' thug aon neach fainear," Seanr. i. 24. Ge d' tha thu air do thilgeadh san t-slochd thruaighe sin, as nach urradh thu féin gu brath teachd amach, gidheadh tha Criosd a' tairgse comhnadh leat; tha e sineadh amach a laimhe dhuit, is ma bhasaicheas tu 's ann a chionn gu bheil thu cur cuil r'a chuidheacha'. "Feuch, tha mis' am sheasamh aig an dorus agus a' bualadh, ma dh' fhosglas neach air bith dhomh, thig mi 'steach," Taisb. iii 20 Ciod e ge d' robh thu bochd agus truagh, agus dall, agus ruisgte; tha Criosd a tairgse leighis air son gach aon do t-uireasuidh, tha e furail ort 'fhireantachd agus a ghrais. "Comhairlicheam dhuit òr a cheannach uamsa, chum as gum bi thu saibhir; agus trusgan geal, a chum as gu'n codaichear thu; agus ung-sa do shuile le sàbhshùl a chum as gur leir dhuit." Taisb. iii. 17, 18. Am beil thu cur an ceill gu bheil so cruaidh a chionn nach 'eil agad ni air bith leis an ceannaich thu? Ma tha, biodh fios agad gu bheil an ceannach so, "gun airgiod agus gun luach,"

Isai. lv. i. Tha e ri fhaotainn le 'iarraidh agus le 'ghuidhe, trid gnathachadh durachdach agus coilionta nam meadhona sin a dh' orduich Dia, Seanr. ii. 3, 4. Tha Dia 'g iarruidh ort eolas a ghabhail air, agus eagal a bhi agad roimhe. Am beil thu 'g radh gu bheil t'inntinn dall is do chridhe cruaidh air chor as nach 'eil thu comasach air so a dheanamh! Tha mi 'g innse' dhuit gu bheil Dia tairgse t'inntinn a shoilseachadh, 's eagal-san a chur ann do chridhe: ma 's e so do roghainn, Seanr. i. 29. "Do bhrigh gu 'n d' fhuathaich iad eolas, agus nach do roighnich iad eagal an Tighearna;" so far a bheil an fhàilinn. Air chor as ma bhios daoine nan coigrich air Dia, agus aineolach, gur ann a chionn nach 'eil "toil aca eolas a ghabhail air a shlighe," Iob xx. 14. "Ma tha thu 'g eigheach an deigh eolais, ma tha thu 'ga iarruidh mar airgiod, &c. an sin tuigidh tu eagal an Tighearna, is gheibh thu eolas Dhé," Seanr. ii. 3—5. Nach math an tairgse so? "pillibh air m' achasan-sa, feuch, doirtidh mi mach mo Spiorad chugaibh Seanr. i. 23. Ge nach urradh sibh ni air bith a dheanamh uaibh féin, gidheadh feudaidh sibh na h-uile nithe dheanamh le Spiorad-san ga'r cuideachadh; is tha e tairgse dhuibh a chomhnadh trid gnathachadh dicheallach air na meadhona. Tha Dia 'g iarraidh oirbh "sibh féin ionnlad agus a ghlanadh," Isai. i. 16. tha sibhs' ag radh gu bheil sibh cho neo-chomasach air so, as a tha 'n liopard air a bhreice chur uaithe. Ier. xiii. 23. Ach tha Dia tairgse 'ur glanadh, air chor as ma bhios sibh salach an deigh sin gur h-ann le'r n-antoil féin a thachras e. Esec. xxiv. 13. "ghlan mis' thu, agus cha robh thu glan," Ier. xiii. 27. O Ierusalem, nach bi thu air do dheanamh glan? c'uin

idir a bhitheas e? Tha Dia a' feitheamh gus an aill leibh bhi air 'ur glanadh, gus an gabh sibh a thairgse, is gus an leig sibh leis na nithe sin a dheanamh annaibh agus air 'ur son, nach urra' sibh a dheanamh air 'ur son féin. Cha'n 'eil fios agaibh ciod a ni Dia air 'ur n-athchuinge, ma leanas sibh e gun fhois, agus ma bhuanaicheas sibh ann an urnuigh, Luc. xi. 8. agus xviii. 5. Ge d' eisd e ribh tamull, gidheadh bheir e freagra' dhuibh an àm iomchuidh, is ni e mu dheire' trocair oirbh; oir cha d' iar neach riabh gnuis Dé Iacoib an diomhain, Isai. xlv. 19.

CO-DHUNADH AN IOMLAIN.

A NIS, mo bhraithre, leigibh ris domh 'ur n-inntinn ciod tha sibh a' cur roimhibh a dheanamh? An d' theid sibh air 'ur n-aghaidh 's am basaich sibh? no, an cuir sibh mu thimchioll iompachaidh iomlain agus grad, is an dean sibh greim air a bheatha mhaireannaich? Cia fhad a ni sibh moille ann an Sodom? "Cia fhad a sheasas sibh eadar dà bharail?" 1 Righ xviii. 21. Am beil sibh fathasd an aga' co dhiu' is e Criosd no Barrabas, co dhiu' is e sòlas no claoidh, co dhiu' is e fearann Chabuil, 1 Righ ix. 13. no parras Dé, roghainn is taitniche?—Am feud thu bhi 'n amharus air bith co dhiu' is fearr Abana agus Pharphar, aimhnichean Dhamascuis, na uile shrutha Edein; no co dhiu' is fearr clabar a pheacaidh na uisge na beatha, glan mar ghloine, teachd amach o ri-chathair Dhé is an Uain? An urradh an saoghal gun amharus na nithe sin a dheanamh air do shon a ni Criosd? An seas e laimh riut fad siorruidheachd? An d' theid solas, fearann,

ionmhas agus urram sios do 'n uaigh leat? Salm xlix. 17. 1 Tim. vi 7. Mur d' theid, nach iomchuidh sealltainn mu 'n cuairt air son ni-eigin a leannas riut? Ciod is ciall duit a bhi san ioma'-chomhairle mar so, air t-ais agus air t-aghaidh? A chlann amaideach! cia fhad a dh' fhanas sibh mar so an eadar-roinn? An eigin domh 'ur fagail air a cheann mu dheireadh cosmhuil ri Agrippa, gun bhi ach dluth air bhi 'nur Criosduidhean? Ma dh' fhagas mi n so sibh, tha sibh gu brath caillte; mur Criosdui'ean sibh idir. Tha leth-run agaibh 'ur caithe-beatha neo-churamach a leigeadh dhibh, is cuir mu thimchioll giulain naomha agus fhaicillich; b' fhearr leibh gu 'm biodh sibh cosmhuil ri cuid eile, 's gu 'm b' urradh sibh a dheanamh mar ni iadsan; ach cia fhad a dh' fhanas sibh aig a leithid so do run faoin is do ghuidhe diomhain? C' uin a thig sibh gu run lan, daingean, agus tul-chuiseach a bhi 'nur Criosduidhean da rireadh? Nach 'eil sibh faicinn mar tha n' t-Aibhisteir ga 'r mealladh le bhi toirt oirbh dail a chur 'nur n-iompachadh? Cia fhad a chum e cheana sibh an slighe an aimhleis? Cia lion bliadhna bha sibh a' cur roimhibh leasachadh? Ciod nan deanadh Dia 'ur gearradh sios anns an uine so?

Guidheam oirbh, na cuiribh air falbh mi gun fhreagradh; na tugaibh iomradh air an uine ri teachd; is eigin domh 'ur toil fhaotainn air ball. Mur 'eil 'ur run suidhichte nis, 'nuair tha Dia ri stri' ribh, tha e moran ni 's ea-coslaiche gu m' bi sibh toileach na dheigh so, 'nuair a bhios na smuainte so air dealachadh ribh, is a bhios sibh air 'ur cruadhachadh trid mealltaireachd a pheacaidh. An sin sibh dhomh 'ur lamhan? an toir sibh seilbh do 'n Tighearn Iosa gu h-ullamh is

gu h-iomlan? Am beil sibh toileach sibh féin a nasgadh an cumhanta ris? Ciod tha sibh ag radh? Ma tha sibh fathasd a' cur dail sa' chuis, chaill mise mo shaothair, is thig gach ni rinn mi gu neo-bhrigh. Guidheam oirbh, na leigibh dha so tachairt: thigibh; tilgibh asteach 'ur crann-chur; deanaibh roghainn: "So an t-àm taitneach, so latha na shlainte; an diugh ma dh eisdeas sibh a ghuth."—Cuim' nach b' e so an la o 'n tionnsgain do shonas? Cuim' an gabhadh tu do dhanadas fuireach la ni 's faide sa' chunnart eagalach sa' bheil thu? Ciod nan iarraidh Dia air an oidhche so uait t'anam? "O gu 'm b' aithne dhuit, ann ad la so féin, na nithe a bhuineas do d' shith, mu 'm bi iad iar am falach o d' shuilean," Luc. xix. 42. Is e so do la, is cha 'n 'eil ann ach la, Eoin ix. 4. Fhuair daoine eil' an latha féin, is fhuair iad na dheigh sin am binne, 's tha thus' a nis air do thoirt dh' ionnsuidh an t-saoghail a thilgeil do chrannchuir air son siorruidheachd. Cuimhnich gur ann ri d' ghiulan an dras tha do chor fad saoghal nan saoghal an earbsa. Mur dean thu roghainn ghlic an dras, tha thu caillte gu siorruidh. Bi faicilleach mata mu d' roghainn, oir bithidh do chor da reir gu siorruidh suthainn, Luc. x. 42. agus xvi. 25. Seanr. i. 27—29.

Is am beil so gun amharus fior? Am beil beatha agus bas a'd' roghainn? Seadh, tha e cho fior as a dh' fheudas firinn a bhith, Deut. xiii. 14. c'arson mata nach bi thusa sonadh? Ciod ach do dhearmad, no do dhiulta' toileil féin is urradh do bhacadh. "Feuch an so tha uisge," (ars' an Caillteanach ri Philip) "ciod a bhacas mise gu bhi air mo bhaiste'?" Air an doigh cheudna, feudaidh mise radh riutsa, Feuch an so

tha Criosd, an so trocair, maitheanas agus beatha; ciod a bhacas tusa bhi air do shaoradh, is air do shabhaladh; O pheacaich! an loisg thusa, is do mhaitheanas a'd' thairgse? Nach toir thu suas thu féin do Chriosd, nach cuir thu cul ri d' pheacaidh, nach aicheadh thu thu féin, is nach tog thu a'chuing is an crann-ceusaidh, agus theid an latha leat. Seadh, ma ni thu so, is leat Criosd, maitheanas, sith beatha, sonas, na h-uile nithe. 'S nach math is fhiach dhuit gabhail ri leithid so do thairgse? C'arson a sheasas tu an aga', no an ioma'-chomhairle? Am beil agadh air bith nach fearr Dia na diomhanas, agus gloir na peacadh? C'arson a threigeas tu do shonas, is a pheacaicheas tu 'n aghaidh t-anama féin? C' uin a chrathas tu dhiot do leisg, is a chuireas tu do leth-sgeula air chul? "Na dean uaill as an la-maireach," oir cha 'n 'eil fios agad c'ait am feud an oidhche nochd do thasgaidh, Seanr. xxvii. 1.

A mhuinntir mo ghraidh, tha 'n Spiorad naomh an dras a' stri ribh, ach cha dean e stri ribh an comhnuidh.—Nach do mhothaich thu, dhuine, do chridhe blath leis an fhocal, is nach beag nach do chuireadh mar fhiacha' ort do pheacaidh a threigsin is teachd dh' ionnsuidh Dhé? Nach do mhothaich thu cuid do smuainte math a' gluasad a'd' chridhe, bha toirt rabhadh dhuit air do chunnart, is ag innseadh dhut c' ait an criochnaich do ghiulan mi-fhaicilleach agus aingidh? Theagamh gu bheil thu cosmhuil ris an leanabh Samuel, aig nach robh fios, 'nuair a ghlaodh Dia ris aon uair, agus a ris, gu 'm b' e guth a Thighearna bh' ann, 1 Sam. iii. 6, 7. Gidheadh is iad na smuainte so cuire, gairm, agus stridh an Spiorad: O, ceap an ceol-mara, agus aithnich latha do shith.

An dras tha 'n Tighearn Iosa, le glacaibh sgaoilte, ullamh gu gabhail riut; agus 'a guidheamh, ort leinne teachd d'a ionnsuidh. Cia durachdach, cia trocaireach, cia iochdmhor tha e glaodhaich riut! Cia grad tha 'n eaglais a' mosgladh le fuaim a ghutha? "'S e guth mo ghraidh ata ann!" Caint. ii. 8. O, an cum thusa cluas bhodhar r'a ghuth? Cha 'n e an guth sin a bhristeas na cedair, is a bheir air na sleibhtean clisgeadh, a chuireas an fhasach air chrith, 's a sgaoileas an dealanach, leis a bheil e labhairt riut; cha mho is e tairneanach Shinai th' ann, ach guth ciuin agus samhach; cha 'n e guth sleibh Ebail, guth mallachaidh agus uamhais a th' ann, ach guth sleibh Gerisim, guth beannachaidh, agus aitsgeula. Deut. xxvii. 12, 13. Cha 'n e guth na trompaid no a' chogaidh a th' ann, ach teachdaireachd sith o Righ na sith, Eph. vi. 15. 2 Cor. v. 18, 20. Shaoilinn, 'nuair tha a' chuis mar so, gun abradh tusa leis an leannan, "Dh' fhailnich mo chridhe 'nuair a labhair e," Caint. v. 6. Feudaidh mi radh riut, O pheacaich, mar thubhairt Marta, r'a piuthair, "Tha am Maighistir a' teachd, agus tha e ga d' ghairm." Eoin xi. 28. O, eirich a nis gu grad le Muire, 's thig d'a ionnsuidh. Cia solasach agus cia saor a chuire! "Ma tha tart air neach air bith, thigeadh e m' ionnsuidhsa agus oladh e," Eoin vii. 37. Seanr. i. 21. Tha e fosgladh a thaoibh gu iocshlaint' a thoirt do gach neach, is cha 'n 'eil e bacadh aon, "Co air bith leis an aill, thigeadh e is gabhadh e uisge na beatha gu saor," Taisb. xxii. 17. Co air bith ata glic thigeadh e 'steach an so. Thigibh, ithibh do m' aran, olaibh do 'n fhion a mheasg mi," Seanr. ix. 4—6. "Thigibh a m' ionnsuidh-sa, &c. gabhaibh mo chuing oirbh,

agus foghluimibh uam, agus gheibh sibh fois do 'r n-anama," Mat. xi. 28, 29. "An ti thig am ionnsuidh, cha tilg mi air chor sam bith amach e," Eoin vi. 37. Cia goirt a tha e caoidh na muinntir tha cur cul ris? "O Ierusalem, Ierusalem! cia minic a b' ail leam do chlann a chruinneachadh r' a cheile mar a chruinneachas cearc a h-eoin f'a sgiathan agus cha b' aill leibh!" Mat. xxiii. 39. "Feuch mise, feuch mise, sgaoil mi 'mach mo lamhan fad an la do chinneach easumhal," Isai. lxv. 1, 2, O, tilgibh sibh féin a nis fa dheireadh ann an glacaibh a ghraidh, agus bithidh gu brath tearuinte.

Feuch, O chlann nan daoine, dh' fhosgail an Tighearn Iosa a nis am priosun, is tha e teachd do 'r n-ionnsuidh mar na h-uachdarain dh' ionnsuidh nan abstol, Gniomh. xvi. 39. agus a' guidhe oirbh teachd amach. Nam b' ann a parras, no a luchairt a bhiodh Criosd ga 'r gairm, cha b' ioghnadh ged nach biodh sibh toileach; (is gidheadh cia furasd a bha Adhamh air a mhealladh as a sin!) Ach is ann o 'r priosun, a dhaoine, o 'r geimhlibh, o aimhleas agus o dhorchadas, a tha e ga 'r gairm, Isai. xlii. 6, 7. agus an e nach tig sibh? Tha e ga 'r gairm gu saoirse, Gal. v. 13. agus nach eisd sibh ris? Tha a chuing eatrom, a lagh furasd, a sheirbhis saor, Mat. xi. 30. Seum. i. 25. 1 Cor. vii. 22. Agus cia beag air bith tlachd th' agaibh an dras do shlighe Dhé, ma chreideas sibh e féin, mothachaidh sibh gu goirid gu 'm beil i lan do shith agus do sholas, blaisidh sibh aoibhneas do-labhairt, agus gheibh sibh sonas neo-chriochnach innte, Sean. iii. 17. Salm cxix. 103, 111, 165. 1 Pead. i. 8.

A mhuinntir ionmhuinn, is duilich leam dealachadh ribh; cha 'n 'eil fios agam cionnus a bheir mi thairis sibh. Tha mi nis ullamh gu co'-

dhunadh, ach bu mhiannach, leam mu 'n sguir mi an cumhnanta so a nasgadh eadar Criosd agus sibh-se, mu 'n d' theid mi air m' ais a dh' ionnsuidh mo mhaighistir, le gearan goirt gu 'n do chuir sibh cul ri m' theachdaireachd. Ach is suarach cul a chuir rium-sa, tha sibh a' cur cuil ri trocair Dhé, ri iochd an t-Slanaighear, is ri gras an Spioraid, Gniomh. vii. 11.

Ach ge do ghlaodh mi fada ribh is ge do dhiult sibh, an aon uair so fathasd togaidh mi suas mo ghuth mar thrompaid, agus glaodhaidh mi o ionada arda a' bhaile, mu 'n toir mi n eigh thruagh agus dheireannach gu 'n do leig mi gu buileach dhiom sibh. Aon uair eile glaodhaidh mi 'n deigh pheacach gun mhothachadh, chum is ma tha e comasach gu 'n duisginn iad: "O thalaimh, a thalaimh, a thalaimh, cluinn briathra 'n Tighearna," Ier. xxii. 29. Mur 'eil sibh leagta ri basachadh, thugaibh aire, mar gu 'm b' ann, do 'n chuire dheireannach a gheibh sibh o throcair. Feuch, an ainm Dhé, tha mis gu follas a reic na teachdaireachd ribh. "Eisdibh rium, O chlann, eisdibh ri teagasg, agus bithibh glic, is na cuiribh cul ris," Seanr. viii. 32, 33.

Ho! gach aon air am beil tart, thigibh a chum nan uisgeachan; agus esan aig nach 'eil airgiod; thigibh, ceannaichibh agus ithibh; seadh, thigibh, ceannaichibh fion agus bainne, gun airgiod agus gun luach. C'arson a chaitheas sibh 'ur n-airgiod airson sin nach aran, agus 'ur saothair airson an ni sin nach sasaich? Eisdibh gu durachdach riumsa, agus ithibh an ni math, agus biodh 'ur n-anam lan do sholas. Aomaibh 'ur cluas agus thigibh am ionnsuidh sa; eisdibh, agus mairidh 'ur n-anam beo, is ni mise cumhnanta siorruidh ribh, eadhon trocaire cinnteach Dhaibhidh, Isai. lv. 1—3.

Ho! gach neach tha tinn le gne air bith eacail

no craidh, Mat. iv. 23, 24. no th' air a bhuaire' le droch spiorad, ardan, feirg, no anamiann, no sannt, thigibh a chum an Leigh, is thugaibh leibh 'ur daoine tinne; feuch an so tha esan "leighiseas gach gne thinneis, agus gach gne eacail a measg a phobuill."

Ho! gach aon tha am peacadh, gach aon a tha am buaire, gach aon a tha 'n cruai'chas air bith no an trioblaid, cruinnichibh sibh féin a chum Chriosd, agus bithidh e na Chaiptean oirbh; tearnaidh e sibh o theanndachd an lagha, agus saoraidh e sibh o dhioghaltas. Feuch, tha e na thearuinteachd chinnteach dhuibh is na aite-didein, Eabh. vi. 18. Salm xiviii. 3. Cuiribh uaibh bhur peacadh, is teichibh da ionnsuidh mu 'n glacar sibh le corruich an Uile-chumhachdaich.

Ho! gach peacach ain-eolach, thig agus ceánnuich sàbh-shùl a chum as gu 'r leir dhut, Taisb. iii. 18. Cuir uait gach lethsgeul; tha thu gu siorruidh caillte, ma dh' fhanas tu sa' bheachd 's am beil thu, 2 Cor. iv. 3. Ach gabh ri Criosd mar t'fhaidh, agus bheir e solus dhuit, Isai. xlii. 6. Eph. v. 14. Glaodh ris airson eolais, rannsuich 'fhocal, meoruich steidh do chreidimh, irislich thu féin na lathair, agus teagaisgidh e dhut a shlighe, is ni e glic thu chum slainte, Mat. xiii. 36. Luc. viii. 9. Eoin. v. 49. Ach mur gnathaich thu gu durachdach na meadhona, is gu 'n suidh thu sios gu lunndach, a chionn nach 'eil agad ach aon talant, ni e do dhite' mar sheirbhiseach leisg agus aingidh, Mat. xxv. 24, 26.

Ho! gach peacach ain-diadhaidh, ciod air bith thu, thig a steach agus bi beo: pill ris an Tighearna, agus ni e trocair ort. O, gabh os laimh pilleadh agus teachd, thus' a shalaich do bheul le mallachadh, is le mionnan, is le breugan; bithidh gach gne pheacaidh agus blaspheimi "air

am maitheadh dhuit." Marc. iii. 28, ma philleas tu gu h-iomlan, is ma thig thu dh' ionnsuidh Chriosd, ge do bha thu cho neo-ghlan ri Magdalen, "cuir uait do neo-ghlaine as do shealladh, is t-adhaltrus o d' chridhe," 's thoir suas thu féin do Chriosd mar shoitheach naomha, iomchuidh airson a sheirbhis! agus an sin ge d' robh do pheacai' mar scarlaid bithidh iad mar olainn, is ge d' robh iad mar chorcar bithidh iad geal mar shneachda, Luc. vii. 47; Isai. i. 18. Eabh. ix. 14.

Eisdibh, O mhisgeara, "cia fhad a bhitheas sibh air mhisg; cuiribh uaibh 'ur deoch laidir," 1 Sam. i. 14. Ge do bha sibh roimhe so ga 'r n-aorneagaich nar salaiche féin, pillibh a nis le h-aithreachas, agus cuiribh gu buileach cul ri 'r n-anamianna, 's bithidh sibh air 'ur failteachadh leis an Tighearn, 2 Cor. vi. 17. Thugaibh suas sibh féin do Chriosd, a chum 'ur beatha a chaithe gu measara, gu cothromach, agus gu diadhaidh: deanaibh greim air fhireantachd-san, striochdaibh da uachdranachd, is cia graineil air bith a bha sibh, ni esan 'ur n-ionnlad agus 'ur glanadh, Taisb. i. 5.

Eisdibh, O chuideachd dhiomhain aig am beil tlachd an companas aingidh agus amaideach, a chum 'ur beatha a chluich air falbh an aighear is an sugradh, thigibh a steach air iarrtas gliocais; roighnichibh i féin agus a slighe, is mairidh sibh beo, Seanr. ix. 5, 6.

Eisdibh, O luchd fanaid, eisdibh guth an Tighearna; ge do rinn sibh fanaid air diadhachd, is air a luchd aidmheil, ge do rinn sibh tair air Criosd agus air a shlighe, gidheadh ribhse tha e glaodhaich sibh féin a chruinneachadh fo sgiathan a throcair, Seanr. i. 22, 23. Ann an aon fhocal, ge d' robh sibh am measg na cuid is measa do 'n

aireamh mhi-dhiadhaidh, 1 Cor. vi. 9, 10. gidheadh air dhuibh fior-iompachadh, bithidh sibh air 'ur naomhachadh an ainm an Tighearn Iosa, agus le Spiorad ar Dia-ne, rann 11.

Ho! gach fear aidmheil fuar agus saobhchrabhach, thusa nach 'eil ach ad Chriosduidh meadh-bhlath agus leth-bhruich, is a tha stad ann an coslas na diadhachd, thoir thairis d' bhacaiche 's do d' leth-dheanadas, bi ann ad Chriosduidh gu h-iomlan, bi eudmhor agus dean aithreachas; agus an sin cia graineil air bith a bha thu le Criosd roimhe so, bithidh tu nis ann ad thoilinntinn d'a chridhe, Taisb. vii. 16, 19, 20.

A nis thugaibh fianuis gu 'n deachaidh trocair a thairgse dhuibh. "Tha mi gairm neamh agus talamh gu fianuis a thogail 'nur n-aghaidh air an la 'n diugh, gu 'n do chuir mi mu 'r coinneamh beatha agus bas, beannachadh agus mallachadh; uime sin roighnichibh beatha, chum as gu mair sibh beo," Deut. xxx. 19. Cha 'n urradh mis' ach cuire' thoirt duibh agus rabhadh; cha 'n urra' mi 'ur n-eigneachadh gu bhi sonadh, na 'm b' urradh dheanain e. Ciod mata m' freagradh chuireas sibh leamsa dh' ionnsuidh mo mhaighstir? Leigibh dhomh labhairt ribh ann am briathra sheirbhisich mhath Abraham, "Agus a nis ma bhuineas sibh gu caoimhneil agus firinneach ri m' mhaighstir, innsibh dhomh," Gen. xxiv. 49.—O gu freagradh sibhs' a nis cho taitneach as a rinn Rebecca, caib. xxiv. rann 57, 58. "Agus thubhairt iad gairmidh sinn a mhaighdean, agus feoraichidh sinn d'a beul féin. Agus ghairm iad Rebeca, 's thubhairt iad rithe, An d' theid thu leis an duine so? agus thubhairt ise, Theid mi leis."—O gu faighinnsa 'm freagradh ceudna uaibhse! C' arson is eigin domhsa 'ur diteadh.

Mat. x. 14, 15. 'nuair tha mi 'n ti cho mor air 'ur sabhaladh? C' arson a bhios gach cuireadh 's gach strì tha trocair a' deanamh ribh, air an tionndadh gu bhi 'nan an-tromachadh d' ur cionntadh 's nan co-chuideachadh d'ur truaighe? Thugaibh féin breitheanas: an saoil sibh nach bi diteadh na muinntir sin an-bhar eagalach, a theid air an aghaidh nam peacaidh, an deigh na h-uile meadhon agus dicheall a bhi air an gnathachadh chum am pilleadh? Cha 'n 'eil aga' air bith nach bi e ni 's "so-iomchaire do Thirus agus do Shidon, seadh, do Shodom agus do Ghomorrha, ann an la a bhreitheanais, na dhuibhse," Mat. xi. 22, 24.

A mhuinntir mo ghraidh, ma tha iochd air bith agaibh air 'ur n-anama truagha, grad dheanaibh greim air an trocair sin a tha 'nur tairgse: na cuiribh sibh féin ann tuille cunnairt, agus na tugaibh dhuinne tuille peine. Mata ughdaras air bith aig an Dia a chruthaich sibh os 'ur ceann, thugaibh geil da aithne, 's thigibh asteach: Mur b' aill leibh tarcuis a dheanamh air gras agus dorus na trocair a dhruideadh oirbh féin, grad dheanaibh aithreachas agus bithibh air 'ur n-iompachadh. Na leigibh le neamh seasamh fosgailt' air 'ur son an diomhain: na leigibh leis an Tighearn Iosa gach seud priseil a th' aige chur m' 'ur coinneamh, is iarruidh oirbh ceannach gun airgiod agus gun luach, an diomhain; na leigibh le 'mhinistearan is le 'spiorad stri' a dheanamh ribh an diomhain; is 'ur fagail mu dheire' gun iompachadh; air eagal gu 'n d' thig am binne so amach 'nur n-aghaidh, "Tha na builg air an losgadh, tha 'n luaith air a caithe' leis an teine, tha 'm fear-leughaidh a leughadh an diomhain, oir cha 'n 'eil na h-aingidh air an tarruinn as:

droch airgiod, goiridh daoine riu, do bhrigh gu 'n do dhiult an Tighearn iad," Ier. vi. 29, 30.

O Athair nan uile spiorad, gabh thus' a' d' laimh féin an cridhe sin tha tuille 's cruaidh air mo shonsa, creatair lag agus ea-treoirach. Na sguir thusa ge do sguir mise: ni an lide is lugha uaitse an gnothach; oir cha 'n 'eil ni sam bith cruaidh air do chumhachd. O thus' aig a bheil iuchair Dhaibhidh; a dh' fhosglas agus cha 'n urradh neach druideadh, fosgail thus' an cridhe so mar a rinn thu cridhe Lidia, 's leig le Righ na gloire dol asteach, chum gu 'n gabhadh e seilbh air an anam. Na leig leis a bhuaireadair a mhealladh le neochuram, no le dail; na leig dha glideacha' as an aite so, no shuil thoirt bharr nam briathra so, gus an gabh e run suidhichte gu 'n treig e pheacai', 's an dean e greim air beatha, air na cumhnantan sin air a bheil thusa ga tairgse. Ann a t-ainm-sa, O Thighearna Dhé, thionnsgain mise san t-saothair so, agus ann a t-ainm tha ma nis ga co-dhunadh. Na leig do 'n uine sin a bhuillich mi m' a thimchioll, a bhi gu buileach air a call; na leig do gach smuainte, do gach curam, is do gach saothair a ghabh mi, bhi air fad an diomhain. A Thighearna, cuir do lamh a steach agus bean ri cridhe na ti tha ga leughadh so, no ga eisdeachd, agus cuir d'a ionnsuidh do Spiorad, mar a chuir thu Philip dh' ionnsuidh a Chaillteanaich 'nuair a bha e na charbad a' leughadh an fhocail; is ge nach bi fios agams' air gu brath am fad is beo mi, gidheadh guidheam ort, O Thighearna Dhia, faicear air an la sin, anns an gairmear sinn uile gu cunntas, gu 'n robh cuid do anama air an iompachadh leis an obair so, agus deonuich gu 'm feud cuid seasamh suas an sin agus a radh gu 'n do chuir na h-argumainte so iompachd orra gu pilleadh riutsa. Amen, Amen.

A MHUINNTIR ionmhuinn, cha 'n 'eil fiughair agam ur toirt gu brath gu slainte as eugais naomhachaidh, no gu 'n d' theid am feasd 'ur cur an seilbh sonais mur bi sibh an toiseach naomha. Tha fios aig Dia nach 'eil an dochas is lugh' agam gu 'm faic mi aon aghaidh agaibh gu brath an neamh, mur bi sibh air 'ur n-iompachadh is air 'ur naomhachadh, is air 'ur cleachdadh ri diadhachd. Guidheam oirbh mata, bithibh diadhaidh 'nur pearsa féin, agus diadhaidh n'ur teaghlaichean.

1. N'ur pearsa féin. Feuchaibh gur e u'r curam, araid Criosd a chur suas 'nur cridheachan; feuchaibh gu striochd 'ur gnothaiche saoghalta air fadh dhasan; is gu 'm bi sibh féin is gach ni bhuineas duibh deas gach àm a' feitheamh air a sheirbhis. Ma bheir sibh d' 'ur deoin, am bitheantas, agus le fios duibh, fardach do pheaca' sam bith, tha sibh caillte, Salm lxviii. 21. Esec. xviii. 10. Feuch gu 'n gabh sibh gu neochealgach lagh Chriosd mar riaghailt 'ur smuainte, briathra, agus gniomhara. Striochdaibh an duine gu h-iomlan, eadar cholann agus inntinn gu dileas dasan, Salm cxix. 34. Rom. vi. 13. Mur 'eil fior speis agaibh do aitheantan Dhé gu leir, cha 'n 'eil 'ur cridhe fallain, Salm cxix. 6. O, thugaibh gach oidheirp gu iomhaigh Dhé fhaotainn air a bualadh oirbh an taobh astigh. Toisichibh aig a chridhe, air neo tha sibh a' togail gun aon steidh. Deanaibh dicheall air atharrachadh slainteil fhaotainn o'n taobh astigh, air neo 's diomhain gach seirbhis a ni sibh o 'n taobh amach. Oidheirpichibh an sin cumhachd na diadhachd a leigeal fhaicinn 'nur caithe-beatha. Gu ma h-e

urram agus eagal Dé 'ur ceud churam agus 'ur curam sonraichte. So dleasnas is mo air bith. Feuchaibh nach bi aon neach agaibh mi-chrabhach, no ri dearmad air urnuigh, oir is comhara cinnteach so gu bheil neach gun Chriosd, gun ghras aige, is gu bheil e na fhior choigreach air eagal Dé, Salm v. 7. Na leigibh do 'ur Biobuil cadal diomhanach; feuchaibh gu 'm bi sibh gach la a' coradh ri focal Dé, Eoin v. 39. Cha 'n 'eil gnothach aig an duine sin gu brath ri sonas aig nach 'eil tlachd an naomh-reachd Dhé, 's nach 'eil ga rannsachadh sin, a's a chridhe, féin a dh' oidhch' a's a la, Salm i. 1, 2.

Ach cha 'n 'eil an eagal Dé gun seirc do dhaoine ach leth ar dleasnais, seadh, cha 'n 'eil ann ach cealg ghraineil. Cha 'n fheud sinn clair an lagh a ro nn. Feuch mata gu 'n dean thu ceartas agus gu 'n gradhaich thu trocair; gu 'n ruith cothrom agus gras air feadh gach aon cheum do d' ghiulan. Bi measarra anns na h-uile nithe'; is thoir geamnui'eachd agus stuamachd leat gach taobh a theid thu. Biodh firinn agus glaine, socair agus cudrom, a' cuir maise do ghnath air do choradh. Biodh foighidinn agus irisleachd, aon-fhilteachd agus treibh-dhireas a' dealradh anns gach earrainn do d' choluadar. Feuch gu 'n dichuimhnich is gu 'n toir thu maitheanas anns gach ea-coir, is gu 'n diol thu math air son an uile, mar bu mhath leat a bhi 'n aireamh cloinne Dé. Bi ciuin agus seirceil, ann a t-achasan, agus cuir an dreach agus an seadh is fabharaiche 's urrainn thu air giulan do bhraithrean. Bi mall gu gealladh, ach cinnteach gu mionaid ann an coilionadh. Leig le ciuineas agus neo-chiontachd, le suairceas agus le nadur so-lubaidh agus saor o cheilg, do ghiulan a dheanamh, taitneach do na h-uile dhaoine. Thoir do d' luchd-daimh

an gradh, an t-urram, an dleasnas, an t-seirc, a' chaomhalachd agus an curam, a bhuineas doibh fhaotainn anns gach daimh fa leth. Is e so da rireadh diadhachd. Tha mi sparradh oirbh uile 'n lathair an Dé is ro-airde, nach bi aon air bith agaibh ri mionnan, no ri breugan no mi-runach, no sanntach, no misgeach, no geocach, eas-ionraic na ghnothach, neo-ghlan na chaithe-beatha, a' dusgadh aimhreite, ri goid, no cul-chaine, no ri anacainnt agus trod; oir tha mi ga 'r deanamh cinnteach o 'n Dia bheo, gur leir-sgrios agus damnadh is crioch dhoibh so air fad, Seanr. xiii. 20. Seum. v. 12. Taisb. xxi. 8. 1 Cor. vi. 9, 10. Gal. v. 19—21.

2. *'Nur teaghlaichean.* Esan a chuir Criosd suas na chridhe, cha dean e dearmad air a chur suas na theaghlach cuideachd. Biodh gach aon teaghlach na theampull do Dhia, na chomhthional Criosduidh, 1 Cor. vi. 19. gach tigh na thigh urnuigh. Abradh gach ceann teaghlaich mar thubhairt Ioshua, "Bheir mis' agus mo theaghlach seirbhes do 'n Tighearna;" caib. xxiv. 15 agus cuireadh e roimhe le Daibhidh gu 'n gluais "e na fhardaich le chridhe fior-ghlan ceart," Salm ci. 2. A thaobh so, leigibh dhomh a sparradh oirbh:

An toiseach. Diadhachd a bhi 'nur teaghlaichean, cha 'n ann mar leth-obair, (a ni sibh air 'ur socair, 'nuair a bheir an saoghal agus 'ur gnothaiche cead duibh,) an teaghlaich. Na deanaibh dearmad air urnuigh ni 's mo na air 'ur lon air na traith suidhichte. Am beil aon air bith do 'r teaghlaichean nach faigh uine gu 'm biadh ghabhail? a dhuine thruaigh! nach co fhurasd duit nine fhaotainn gu urnuigh nam biodh tu cho toileach?

A ris, Socrichibh air an ceangal suas ann an

anamaibh 'ur teaghlaich. Tha iad air an earbsa ribhse, 's ma bhios iad air an call le 'r neochuram, theid an iarruidh air 'ur lamhan. A dhaoine, mur 'eil fios agaibh air, mothaichidh sibh fathasd, gu 'm beil curam anama na churam mor, is gu 'm beil fuil anama na thromchionnta. O dhuine, am beil iad so agad ri freagairt air an son, is nach 'eil thu toirt gach oidheirp air an sabhaladh, chum as nach faighear am fuil ann ad sgeith? Nach dean thu tuill' air son nan anama nach basaich na ni thu air son nam bruide basmhor? Ciod tha thu deanamh air son do chloinne 's do sheirbheiseach? tha thu toirt doibh beidh agus dibhe iomchuidh ri an nadur; is nach 'eil thu deanamh so cuideachd air son t-ainmhidhean? tha thu gan leighas agus gan eiridin 'nuair a bhios iad tinn; agus nach 'eil thu ri so cuideachd air son do bhruidean?—Thugaibh mata gu sonraichte fainear.

1. Gu 'm bi am focal gu soleimnte air 'a leughadh, agus sailm air an seinn 'nur teaghlaichean, Eoin. v. 39. Salm cxviii. 15. Faic Criosd a' seinn le theaghlach, eadhon le dheisciobuil, Mat. xxvi. 30.

2. Biodh gach aon 'nur teaghlaichean air an gairm gu cunntas cho teann, ciod a bhuil a tha iad a' toirt as an fhocal a tha iad ag eisdeachd no a' leughadh, 's a bhitheas iad mu ghnothach air bith leibh féin a dh' earbsa sibh riu. Is dleasnas ro fheumail so, agus meadhon araid a thoirt air gach neach fo 'ur curam buil mhath a dheanamh do na chluinneas iad, agus a ghleidheadh nan cuimhne. Faic eisimpleir Chriosd a' gairm a theaghlaich mar so gu cunntas, Mat. xvi. 11, 13, 15.

3. Gabhaibh cunntas tric do na h-anama fo 'ur curam mu thimchioll an staid spioradail, (an so feumaidh sibh bhi 'nur luchd leanmhuim air Criosd, Mat. xiii. 10. 36. 51. Marc. iv. 10, 11.) rannsaichibh amach an cor, leigibh ris doibh gu tric an cionnta 's an truaighe thaobh naduir agus am feum a th' ac' air iompachadh is air ath-ghineamhuinn a chum bhi air an sabhaladh. Thugaibh rabhadh dhoibh le suim, mu thimchioll am peacaidh, thugaibh misneach dhoibh anns gach toiseach leasachaidh, leanaibh iad gu durachdach, is na tugaibh fois doibh gu brath gus am faic sibh atharrachadh slainteil air teachd orra. Is dleasnas ro-chudromach so, ach tha eagal orm gu bheil e gu ro-uamhasach air a leigeil air dearmad. Nach 'eil do choguis ag radh, "Is tus' an duine?

4. Thoir aire theann gu 'm bi 'n t sàbaid air a naomhachadh le d' theaghlach gu h-iomlan, Ecsod. xx. 10. Lebh. xxiii. 3. Tha iomadh teaghlach bochd aig nach 'eile moran uine ri sheachnadh ach so. O builichibh 'ur sàbaidean an saoithreachadh cho durachdach (a dh' fhaotainn eolais, agus a thoirt seirbhis do 'r Cruithear) as a tha sibh a' deanamh 'nur gnothaichean saoghalta air laithean eile, 's cha 'n 'eil eagal nach soirbhich sibh.

5. Gach aon la, moch agus anmoch, biodh urnuigh sholeimnte, mar iobairt mhaidne agus fheasgair, air a cur suas anns gach aon do 'r teaghlaichean, Salm xcii. 1, 2. Ecsod. xxx. 7, 8. Luc. i. 9, 10. Thugaibh aire nach faighear sibh an aireamh nan teaghlaiche sin nach 'eil a' gairm air Dia; oir c' arson a bhios corruich Dhé air a dortadh air 'ur teaghlaichean-sa? Ier. x. 25. O theaghlaiche thruagha, tha gun Dia san t-saoghal,

a tha gun aoradh 'nur taighean! A bheil coilion easbhuidh, coilion trocair agaibh, mar theaghlach, is nach bi urnuigh-teaghlaich agaibh cuideachd! Gun urnuigh-teaghlaich, cionnus tha sibhse "'g urnuigh leis gach gne urnuigh agus ath-chuinge," Eph. vi. 18.—Na h-abair, "Cha 'n 'eil ùin agam." Ciod an leth-sgeul so! Nach ann a chum seirbhis a thoirt do Dhia, 's t'anam a shabhaladh, a tha t-uine gu h-iomlan air a deonachadh dhut? Is gidheadh am beil thu 'g radh nach eile uine agad chuige so? Ma gheibh thu cridhe, cha 'n 'eile curam nach faigh thu uine. Cum o d' bhiadh, no cum o do chadal i, mu 'm bi i uait air son na h-oibre so.—Na h-abair, "Cha toir mo gnothaiche cead dhomh;" cha 'n 'eil gnothach air bith is mò na thu féin a shabhaladh, is na h-anama sin a chaidh earbsa riut a thearnadh. Cha chall-gnothaich idir feitheamh ri urnuigh. Is ann le urnuigh gheibh thu beannachadh do 'n iomlan, Ier. xxix. 11, 12.; 2 Sam. xii. 29. agus ciod is fiu do gnothaiche mur toir Dia dhut a bheannachadh?—Na h-abair, "Cha 'n 'eil mi comasach;" builich an aon talanta 's bheir Dia dhut an tuille, Mat. xxv. 14, &c. Tha cuideachadh agad ri fhaotainn gus am bi thu ni 's comasaiche. No mar 'eil atharrachadh do sheol agad, is eigin duit dol maille ri d' choimhearsnach is mò comas; thug Dia gealladh sonraichte do urnuigh ann an co-chuideachd, Seum. v. 4—12. Gniomh. xii. 5, 10, 12.; 2 Cor. i. 11. air an aobhar sin is eigin duit na h uile cothrom a ghabhail air an dleasnas so a choilionadh.

6. Cuiribh gach aon 'nur teaghlaichean air urnuigh a dheanamh an uaigneas. Bithibh furachair gu bheil iad ga thoirt so fainear ma bhios e feumail, faighibh dhoibh riaghailt g' an cuideachadh gus an urradh iad deanamh a's eugais. Seolaibh

dhoibh cionnus a ni iad urnuigh, le bhi toirt fainear dhoibh am peacaidh, an uireasbhuidh, agus an tiolaca; oir is iad so cungaidh na h-uile urnuigh —So an cleachadh a bh' aig Eoin, agus aig Iosa, Luc. xi. 1. &c.

7. Cuiribh suas ceasnachadh 'nur teaghlaichean air a chuid is lugha uair san t-seachduin. Am beil suim idir agaibh do iartas an Uile chumhachdaich, sibh a "theagasg na nithe so gu curamach do 'r cloinn, agus labhairt m' an timchioll 'nuair a shuidheas sibh 'nur taighean? Deut. vi. 6, &c. is 'ur "clann a thogail suas anns an t-slighe san coir dhoibh gluasad?" Seanr. xxii. 6. An do chliudhaich Dia Abraham cho mor, air son "a chlann is a theaghlach a theagasg," Gen. xviii. 19. is a chionn gu 'n robh aige moran do "sheirbhisich aig an robh eolas," (mar tha cuid gu eadar-theangacha,) Gen. xiv. 14. is an d' thug e dha gealladh cho mor air a shon so; is am beil thusa gun toil pairt a bhi agad aon chuid sa' chliu no sa' ghealladh? An do chuir Criosd onoir air ceasnacha' le lathaireachd féin; Luc. ii. 46. is nach cuir thus' an suim e le bhi ga chleachdadh?—Na h-abair "Tha iad neo-churamach, is cha 'n ionnsuich iad:" c' arson a fhuair thusa ughdaras ach a chum a ghnathachdadh air son Dia agus leas an anama-sa? Gairmidh tu mach iad is bheir thu orra t'obair féin a dheanamh, is nach bu choir dhut, air a chuid bu lugha, bi cho eudmhor gu 'n cur dh' ionnsuidh obair Dhé? Na h-abair gu bheil iad "dall agus neo-chomasach:" Ma tha iad dùr no dall, tha Dia 'g iarruidh ort an tuille curaim agus foighidin a ghnathachadh leo: ach dur agus dall mar tha iad, bheir thu orr' ionnsachadh cionnus a ni iad obair; agus nach feud thu ionnsachadh dhoibh cuideachd cionnus a ni iad urnuigh? Am

beil iad comasach air eolas a ghabhail air ceaird, is nach 'eil iad comasach air eolas a ghabhail air cinn shoilleir a chreidimh? Uime sin mata ma bu mhath leibh gu faiceadh sibh am feasd diadhachd a fas, aineolas air a leigheas, aingidheachd air a cosgadh, agus mearachd air a chuir air falbh, coilionaibh m' aibhneas-sa ann an gnathachadh an dleasnais so.

Am freagair gach gairm a tha sibh a' faotainn o fhreasdal Dé? Am b ail leibh na trioblaidean tha oirbh a chui'teachadh, no na trioblaidean tha dluth dhuibh a philleadh? Am b' aill leibh geugan a phlanndachadh ar son eaglais Dé? Am b' ail leibh gu 'n togadh Dia suas ur taighean, agus gu'm beannaicheadh e 'ur maoin? Am b' ail leibh gu 'n tugadh 'ur clann am beannachd oirbh? Am b' aill leibh gu 'n co'laicheadh sibh 'ur clann, 'ur seirbhisich, 'ur luchd-teagaisg agus 'ur Tighearna gun eagal 'nuair a sheasas sin uile aig cathair a bhreitheanais? O mata, cuiribh urnuigh suas 'nur teaghlaichean agus urram Dhé 'nur taighean, mar bu mhath leibh gu brath a bhi beannaichte, na bhi 'nur beannachadh. Biodh 'ur cridheachan agus 'ur teaghlaichean nan teampuil do 'n Dia bheo, anns am faigh e (reir nan seolanna a chaidh thoirt seachad) aoradh gu coilionta, agus gu h-uramach. Seanr. xxix. 1. An ti gheibh achasan minic, is a chruaidhicheas a mhuineal, theid esan a sgrios gu h-oban agus gun tearnadh." O bithibh glic ri tim, a chum as nach bi sibh truagh fad siorruidheachd!

A' CHRIOCH.

~

See the many companion volumes under Protestant Books & Sermons online at www.hailandfire.com:

"Grace Abounding to the Chief of Sinners, in a faithful account of the life and death of John Bunyan"
by John Bunyan (1628-1688)

"Spiritual Perfection Unfolded and Enforced " (Originally published 1699; 1848 Edition)
William Bates, D.D.

"The Benefit of Christ's Death" (Originally published 1543 in Italian; English & Italian Editions)
by Aonio Paleario, Protestant Martyr

"Religious Affections"
by Jonathan Edwards (1703-1758)

"The Forgiveness of Sin"
by John Owen, D.D. (1616-1683, English Puritan & Chancellor of Oxford University)

"The Works of the English Reformers: John Frith" (1831 Edition)
by John Frith (1503-1533)

"Holy Living and Dying" together with **"Prayers containing the Whole Duty of a Christian"** (Originally published 1651; 1851 Edition)
by Rev. Jeremy Taylor (1613-1667, Chaplain to King Charles I)

"The Almost Christian Discovered or the False Professor Tried and Cast" (Originally published 1661; 1819 Edition)
by Matthew Mead

"Select Practical Writings," Sermons and commentary on Galatians, Hebrews, Ephesians, Philippians, etc. & **"A Vindication of the Protestant Doctrine of Justification**
Its Preachers & Professors, from the Unjust Charge of Antinomianism" (Originally published in 1692;1845 Edition)
by John Frith Rev. Robert Traill (1642-1716)

"A Divine Cordial" or **"The Transcendent Privilege of those that Love God, and are Savingly Called"** (Originally published 1657; 1838 Edition)
by Thomas Watson, D.D. (1620 - 1686)

~